



G.A

H.M. 284

Scat. h. 102 & 121





X

AN NUADH BHREITH,

LEIS AN

URRAMACH IAIN U. FLETCHER

COMH-ARBA BH' ANN AM MADELI SALOP,

AGUS

GAIRM DHUSGAIDH BHO 'N

DIA SHIORRUIDH,

DO MIUINNTIR NEO-IOMPUICHTE,

LE MR. SAMUEL CORBIN,

Seann Ìmhínistéir Foisgeulach.

IAR AN EADAR-THEANGACHADH LE

ALASTAIR M. ROS, A. M.


"Ma tha neach sam bith ann an Criod is crentair
nuadh e: chaidh na seann nithe seach, feuch rinneadh
na h-uile nithe nuadh."—*Pol.*

E I L I G I N N :

CLODH-BHUAILTE LE ALASTAIR C. ERANDER;

Airson an Eadar-theangair, agus R. DOUGLAS, ann
am Baille-Dhuthais, agus gach Leabhar-reiceadair
eile 'sa Ghaidhealtachd.

1833.



CLAR-INNSIDH.

TAOIBH.

Roimh-radh	5
Tionnsgnadh ,	12
CEANN I. Co dha, agus cionnas a shearmonuich ar Slanuighear Ath-ghineamhuinn	17
II. Ciod a ta sinn r' a thuiginn leis na briath- raibh so “ Bhi iar ar breith a ris ; bhi iar ar n-ath ghineamhuinn.” .	27
III. C' arson nach feud duine air bith riogh- achd Dhe fhaicinn, dh' easbhuidh bhi iar a bhreith aris	35
IV. ROIINN I.— Cia co cunnartach 's a ta e, riaghailteachd ar caithe-beath' a ghabh- ail airson ath-bhreith ar u-anmanna	45
ROIINN II.— An diubhras a ta eadar ath- leasachadh an Phairisich agus ath-ghin- eamhuinn a Chriosduidh, ni 's mion iar a thabhairt fainear	53
COMH-DHUNADH.— Ciod iad na meadhona leis am faod anam bhi iar a bhreith aris .	61
GAIRM DHUSGAIDH.— Bho' n Dia Shiorruidh do mhuinntir neo-iompuichte.	79

RABHADH

CHUM

AN LEUGHADOIR.


Chi thu gu-n robh a chridhe agam focal beag a ghnathachadh ann an seadh 's nach do ghnathaich Eadar-theangair ùr cho fad 's a ta fios agams' e ; eadhon "*Iar*."

Ann an Leabhar-taibse Gaidhlig an Urramaich Ollamh Alastair Stiubhard bha 'n Duneidin, chi thu mar so timchioll an fhocail cheudna. *Taobh duilleig* 90.

The preposition 'iar' has been improperly confounded with 'air' *on*. I have ventured to restore t, from the Irish Grammarians. "IAR" is in common use in the Irish dialect signifying *after*. Thus, 'Iar sin' *after that*, 'Iar leaghadh an t-shoisgeil' *after reading the gospel*, 'Iar sleachdadadh do n iomlan' *after all have kneeled down*, 'Iar seasamh suas', *having stood up*. See Irish Book of Common Prayer.

'Air' when applied to time, signifies not *after* but *at or on*, "Air an am so, air an uair so' *at this time*, 'air an la sin' *on that day*. There is therefore sufficient reason to believe that, in the case in question, 'IAR' is the proper word, and that it has been corruptly supplanted by 'Air.'

ROIMH-RADH.



AR dhomh bhi 'faicinn staid mo luchd-dutcha ionmuinn, an togradh leis am bheil iad ag iarraidh na Scriobtuire 'nan cànain fein, agus an iotadh coitchionn a ta 'nam measg' an deigh leithid leabhraichean 'sa dh' fhaodas iad a leughadh agus a thuigsinn gu furasda, mheas mi e na dhleasdan-as ceangailte orm, coghnadh a dheanamh chum-eolas crabhlach chuir air aghaidh 'nam measg leis an Leabhran so eadar-theangachadh bho'n Bheurla; Oir tha e' cuir mor mhulad orm gu-m bitheadh uiread a ghainne lòn orra nis aig àm anns an faodamaid, agus anns am bheil sinn fo fhiachaibh an cail airson eolas feumail a shàsachadh,

Am measg nan leabhraichean gann 'an air-eamh a dh 'fhaodas bhi iar fhaotuinn 'sa chainnt Ghaelach cha-n fhios domh aon de bheag thomad a ta 'cumail a mach an teagastg chudthromach a

ta so.—Ath-ghineamhuinn agus ged 'se teagascg ar n-ath-ghineamhuinn, no ar nuadh-bhreith ann an Iosa Crisod, aon de na teagasgaibh a's ro-chudthromaicthe de'r naomh-chreidimh, ged 'ta e co solleir agus co tric iar a sparradh oirne 's na seriobhanaibh naomh “'s gu-m faod an ti 'ta ruidh a leughadh.” seadh, ged 'se an dearbh ludan e air am bheil slainte gach aon againn a' crochadh, agus fòs ged a's teasasg e, air am bheil na h-uile fior-chriosduidh a' co'-chordadh: gidheadh, a ta e co ainmig iar a thabhairt fainear, agus co beag iar a thuigsinn gu fein-fhiosrachail, leis a chuid a's mo de luchd aidmheil, 's nan rachamaid thabhairt breth air 'fhirinn bho chleachdadhl moran de 'n dream a ta 'gairm Crioduidhean diubh fein, bhitheamaid ullamh r'a shaoilsinn nach cuala iad uiread 's gu bheil Ath-ghineamhuinn ann. Air leam gu bheil a chuid a's mo 'nar duthaich-ne fallain ann am puingibh coitchionn an creidimh, a ta iad 'a creidsinn “nach eil ann ach aon Dia agus aon Eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an duine Iosa Crisod; a thug e fein na eiric air son nan uile,” agus nach 'eil ainm air bith eile fo neamh iar a thabhairt am measg dhaoine, tre 'm faod sinn bhi iar ar tearnadh ach ainm-san.” Ged tha iad ag aontachadh ri so, bitheadh a chridhe aig duine innseadh dhoibh, gur éigin doibh bhi iar an am breith bho 'n airde, gur éigin doibh bhi ar an ath-nuadhachadh 'nan spiorad, agus ann an uile

cheud-fathaibh an inntinn, roimh dha bhi 'nan comas, fior dhéarbheadh a thabhairt air cuibhrionn bhi aca ann an toilteanas fuil luachmhor Chriosd, no dhol a steach do 'n Ierusalem neamhaidh, chum nach' teid air chor sam bith a steach aon ní: a shalaicheas, no adh' oibricheas graineileachd "no a ni breug: ach iadsan amhain a ta sgriobhte ann an leabhar beath an Uain," agus bithidh iad ullamh gu éigheach amach mar rinn Nicodemus, "Cionnas adh' fhaodas na nithe 'so bhith,'" agus le muinntir na h-Aithne "Ciod a b'aill leis an fhear-bhith-bbriathrach so a radh."

Tha mi gabhail an cothrom so chum fios a thabhairt dhoibhsan aig an robh suil ris an leabhar so an úiridh, gun deachaidh grabadh chuir orm trid adhbharaibh bhitheadh gun sta dhoibh ged chuirinn-sa an ceill iad agus gu bheil mi 'tabhairt "Gairm Dhusgaidh bho 'n Dia Shiorruidh do Mhuinitir Neo-iompuichte," aig iarrtas shonruichte an Urramaich Mhaighstir Carment, Ministeir Roscuinge, ann an aite nan Seolaidhean chum a Gaelic a leughadh a gheall mi.

Ged chuala mi cuid mbor de mo luchd-dutchá a' gearan nach 'eil e comasach doibh a Gaelic a leughadh gu snasmhor 'nuair a ta cuid ga lenghadh do reir an dual-chainnt, agus cuid eile, do reiram mac-meamnadh fein, gun colas fhaotuinn mu rioghaitaibh shuidhuithe, mheas mi gu-m

bitheadh an leasachadh ud ni bu bhuanachdaile doibh na na Seolaidhean. A chionn gu bheil a nis Foclair Poceil Gaelic agus Bheurla, gu bhi iar a chuir a mach le Maighstir N. Macalpuin, 's an Eilean Ileach, anns ann bheil ni h-e ambain doigh-labhairt na cānain ach fos Leabhar taibse Gaelic*, a bhitheas freagarrach do na h-uile, araon a thaobh tomad agus pris.

A thuilleadh air ministirean ainmeal agus daoine diadhaidh a mhisнич mi chum an leabhar so chuir amach, fhuair mi litir bho Mhaighstir Iain Brown,† ministeir urramach agus iomraideach bha aig Whitburn, a bh' aig mor shaothair agus chosdas e-fein, ann bhi cuir leabhraichean amach, cha-n ann amhain chum leas a luchd-dutcha fein, ach mar an ceudna chum leas anamanna nан Gael a chuir air aghaidh, anns am bheil e mar so ag radh.—“Tha mi subhach gu bheil a rùn ort Gairm Chorbin a chuir a mach, bha e ghnath iar a mheas leamsa na leabhar luachmhòr, agus 'nam bheachd ni 's soisgeulaiche na Gairm deadh Mhaighstir Baestair, fo lanh freasdail fhuair mi aig caochladh am mile dhiubh iar an clo' bhualadh.— Ma bhitheas e air son maith sam bith dhuit, faodaidh tu aium mo Bhrathair, ‡ agus m' ainm

* Gaelic Grammar.

† Rev. John Brown, late Minister of Whitburn,

‡ Rev. Ebenezer Brown, Inverkeithing,

Sons of the Rev. John Brown, late of Haddington.

fein a ghnathachadh mar bhi 'moladh an leabhar, agus 'ga mheas na mheadhon iomchuidh trid beannachadh ~~an~~ Ti a's airde, chum peacaich a mhosgladh, faodaidh so bhi araon ann am Beurla agus an Gaelic."—Chaidh Gairm Chorbin eadar theangachadh roimh so, cha d'rinn mise ach a sgrudadh agus mearachdan a Chlobhualaidh a leasachadh.

Bha e nam bheachd cunnas a thabhairt mu Bheatha agus Bhiuthas Mhaighstir Fletcher, a thagh mi as an Leabhar a scriobh an t-Urramach Raibeart Coes mu thimchioll, ach an t-eagal gun atadhl e an leabhar gu meud ro-mhor, cuiridh mi dail ann an sin a dheanamh aig an am; ach mu theid ~~an~~ leabhar a chlo'-bhualadh am deigh so leam, faodaidh e bhith, gu-n cuir mi an sin ris e, air an sgath-san a ta 'gabbail tlachd ann an scriobh-anaibh eachdruidheil.

A Leughadoit ghradhaich, faodaidh tu a chreidsian nach e gradh bhi 'nam Eadar-theangair, no muinghinn spailpeil 'nam chomasaibh fein mar aon, thug orm bhi 'gam fhoillseachadh fein 'san t-suidheachadh 'sam bheil mi aig an ãm, ach dian-dheothas airson a chainnt reachdmhor sin anns an do chau ar Filidh allonta Oisian, agus eud airson do bhuanachd san t-saoghal so, agus leas shiorruidh d-anam neobhasmhor san t-saoghal ri teachd, "Oir ta an

diadhach l tarbhach chum nan uile nithe, aig am bheil gealladh na beatha a ta lathair agus chum teachd." Agus 'se dùrachd mo chridhe gu-n deanadh tu " roghainn de' n chuid mhaith sin nach toirear uait." Cia be air bith mar tha 'n t-eadar-theangachadh iar a dheanamh, cha bhui e domhsa a radh, ach rinn mi mo dhichioll gu-m bitheadh e' co dlù ris a cheud chuis agus co so-thuigseach 's a cheadaicheadh gnaths na cainnte, agus tha dochas agam gu-n gabbh thu ris gu seirceil, agus ma ghabhas, is subhaile seirc, a ta "fad-f hulangach agus caoimhneil, nach smuaintich ole sam bith, ach ni gairdeachas 'san fhirinn, comhdaichidh i na h-uile nithe, creididh i na h-uile nithe, giùlainidh i na h-uile nithe, cha teid seirc air cul a chaoidh."

Gu robh an t-subhaile so iar 'a sealbhachadh leatsa gu pailte, agus d-ainm iar fhaotuinn scriobte 'san "leabhar-cuimhne sin a sgriobhadh airson na muinntir air ann bheil eagal an Tighearna, agus a ta 'smuainteachadh air ainm, anns 'an la sin anns an dean e suas a sheudan," agus gu robh na tha san leabhar bheag so dhuitsa mar bhriathra nan daoine glic iar an sparradh mar bhioraibh agus mar thairngibh le uachdranaibh cho' tbional a thugadh le aon aodhaire, gu-n deanadh an Ti sin" a ghradh-aich an saoghal co mor 's gu-n d' thug e aon-ghin Mhic fein chum a's cia b'e neach a chreideas ann nach sgriosare, ach gu-m bi a bheatha mhaireannach aige," an oidhirp anfhan so a bheannachadh,

agus gu-n co-chuidicheadh se e, le, lan dearbhadh an spiorad, agus a chumhachid, agus gu n co-chuireadh e na firinne ta ann ri eridheachaibh nan uile a leughas no chluinneas iad, chum iad bhi 'nam meadhon 'na lamh chumhachdach-sau, chum "suilean nan dall fhosgladh, chum an tioinndadh bho dhorchadas gu solus, agus bho chumhachd Shatain gn Dia, chum gu faigh iad maiteanais pheacanna agus oighreachd maille ris a' mhuinnitir sin a ta iar an naomhachadh tre' n chreidimh a ta ann an Iosa Crisod,"

"A nis gu deanadh Dia na sithe, a thug air ais bho na marbhaibh ar Tighearna Iosa, ard-bhuachaill nan caorach, tre fhuil a' choimh-cheangail shiorruidh. *thu* coimhlionta anns gach uile dheadh obair, chum *thu* dheanamh a thoil-san, ag oibreachdh annad an ni a ta taitneach 'na lathair-san, tre Iosa Criod : dihasan *gu robh* gloir gu saoghal nan saoghal." Amen.

Tulaich, Manachuinn Rois,
20amh la de mhios dheireannach,
an t-Shamhraidh, 1832.

AN NUADH BHREITH.

EION iii. 3.

"Fhreagair Iosa agus thubhaint e ris, gu deimhin
deimhin a ta mi ag radh riut, mur beirear duine a ris
nach feud e rioghachd Dhe fhaicinn."

TA truaill 'éachd an t-saoghail Chriosduidh agus
meadh-bhlathas gu h-inbh bhig coitchionn, an
dream aig am bheil ni-eigin de speis airson
diadhachd, 'ga dbeanamh neo chomasach bhi
'searmonachadh firinne doilleir a chreidimh chriosd-
uidh gu follaiseach agus gu bidheanta, gun bhi
'tabhairt oilbheum coitchionn,

Cia co nadurra, iar bhi ag deanamh spairn mhaith
chum ruigheachd air slainte, 's a ta sinn a' gabhail
fois dhuinn fein, mar gu-m bitheamaid aig ceann
ar cursa ! Theagamh fós, gu bheil sinn 'gar
smuainteachadh fein cinnteach de'n gheall, roimh
duinn bhi iar toiseachadh an reis ! agus ma

bhitheas a chridhe aig neach air bith amaideachd agus cunnart leithid a chleachda chur fo'r comhar, a ta sinn ga mheas mar neach dubhach, a ta amhain a' tabhairt fainear taoblh dorcha na cuis, agus a ta g iarr gu-m beachdaicheamaid nithe amhuil ris fein.

Is e so aon de na h-adhbharaibh airson am bheil eagal orrasan th' iar an cuir amach chum slighe na slainte a nochdadhbh dhuinn stad, air sin a thubhairt Iosa Criod mu thimchioll cruidh-chasaibh an t-slighe, agus teircead an dream a ta 'g imeachd innse. A rireadh, ma tha sinn fein anns an t-slighe leathain a ta' treorachadh chum sgrios, cha-n 'eil e iongantach gu bheil sinn cho aimig a labhairt mu-n t-slighe neo-thathaichte a ta 'treorachadh chum beatha; agus gu bheil sinn araon neo-mhisneachail agus seachainnteach ann a bhf 'sparradh na firinne sin leis an éigin do na saoghaltaich fein faidheoidh bhi aon chuid air am mothachadh no air an cuir fo ambluadh. Ach thn e cinnteach ma tha sinn ni's treibhdhirich gu-a eirich ionadh cruidh-chas suas chum moille a chur oirne, agus chum na ruintean a dhealbh sinn an aghaidh dian shruth chlaon-bhreith agus midhiadhachd a chrathadh.

Ata eagal oirne gu-m bi sinn iar ar diteadh bhi dbeasbhuidhseirce, machuireas sinn an ceil co laidri'sa tha an Scrioibhtuir a deanamh " mur eil Spiorad Criod aig neach nach buin e dha " Rom viii, 9.

Ata eagal oirne gu-m bi bhi searmonachadh teagascg ùr iar a chuir as ar leth, manochdas sinn, leis an Abstol Seumas, "gu bheil an ti tha na charaid do'n t-saoghal 'na namhuid do Dhia" Seum iv. 4. No le Pol" gu bheil ise a ta caitheadh a beatha gu sōghail, iar dhi bhi beo, marbh" 1 Tim. v. 6. Agus ata fein-f hiosrachadh muladach a' teagascg dhuinn gu-m feum sinn cuir snas le bhi iar ar meas 'nar taisbeanaich agus 'nar baoth-chreidmhich, no stad bhi cuir an ceilidh leis an Abstol cheudna, gur duine an fhor Chriosduidh tha" ambain a' deanamh uaill ann an crann-ceusaith Chriosd; neach iar dha bhi iar fhireanachadh tre chreidimh, aig am bheil gu cinnteach sith ri Dia; agus "ata 'morthachadh sith Dhe 'na anam mar sheula maitheanas a pheacaidh." Agus gu bheil e 'deanamh uaill ann dochas gloire Dhe, agus gu bheil e 'deanamh uaill ann an trioblaidibh, do bhrigh gu bheil gradh Dhe iar a dhortaideadh amach ann a chrdhe, tre 'n Spiorad Naomh a thugadh dha, "Rom. v. 2—5. Oir ta e cinnteach, gu bheil an saoghal a ghnath ionnan, agus gu bheil teagascg Chriosd co maith r'a chrann-ceusaith an daonnan na "cheap-tuislidh do na Iudhaich, agus do no Greugaich na amaideachd" 1 Cor. i. 23. Gu bheil e do ghnath a' brosnachadh corruiich an dream ata gu breugach a' gairm clann De dhiubh fein, agus iar a sgeigeadh leo-san a lion gliocas amaideach an t-saoghal so le danarrachd, Gidheadh, mar am measg an dream a ta diultadh comhairle Dhe, ann bhi tabhairt baoth-chreidimh

agus trom-smuaintean cunnartach mar ainm dha, ata cuid th'iar an eadar-dhealachadh le'n deadh thograidbibh, agus le cuid de shradaibh éud airson creidimh an aithrichean; agus mar 'nam measgsan ata 'cogadh an aghaidh Dhe, ata moran 'ga dheanamh tre aineolas a' creidsinn gu bheil iad a deanamh seirbhis dha.—Oidharpicheamaid anns an teagasc a leanas, aon de fhirinnibh ro-fheumail a chreidimh chriosduidh, air am bheil na leth-chriosduidhean cho ainmig a beachd-smuainteachadh, agus a ta iad cho-tric a ruidh sios, a inhineachadh, sin r'a radh, teagasc ar n-ath-ghineamhuinn, no ar Nuadh-bhreith ann an Iosa Croisd. Agus chum aire dhurachdach a chumail suas le ordugh na cuise, co maith 's le cudthrom an steigh-theagasg, rannusuicheamaid,

'Sa cheud aite, ciod am fath air an do chuir ar Tighearna Iosa Criod an ceil, mur beirear duine a ris nach faod e rioghachd Dhe fhaicinn,

'San dara aite, ciod a ta sinn r'a thuiginn leis na briathraibh so, "Bhi iar ar breith aris," a bhi iar ar n-ath-ghineamhuinn ?

'San treas aite, ciod iad na h-adhbharan air an bheil eigin ionlan ar n-ath-bhreith iar a steighachadh : agus cia co furasda, agus fòs cunnartach 'sa ta e, ath-leasachadh ar caithe-beatha a ghabhail air son ath-bhreith ar n-anama.

'San aite fa dheireadh, Cionnas a dh' fhaodas sinn ruigheachd air fior ath-nuadbachadh : ni, dh' easbhuidh nach faod duine air bith rioghachd Dhe fhaicinn.

A Leughadoir ma tha gradh agad-sa do 'n fhirinn agus ma tha urram' agad do Mhac Shiorruidh Dhe, do 'm buin na focail a ta sinn a nis r 'a thabhairt fainear, tog suas d' a ionnsuidh eridhe saor bho chlaon-bhrieth, agus guidh air, chum gu-n co' chuireadh e ri do chridhe agus ri d'-inntinn firinne cudthromach ar steigh-theagasg. Theagaisg é fein iad ré laithean fheoil, agus ata e a ghnath trid ungadh a spiorad, a tabhairt eolas umpa. Ata, a Shlánughear neamhuidh ! deanadh do ghras ar teagasg, agus bithidh t-fhocal aig an am so na "sholus do 'r cosaibh." Deonuich an t-slige a theagasg agus a sheoladh dhuinn, a threoraicheas sinn a t-ionnsuidh fein, agus tabhair dhuinn an toil agus an comas chum ruidh ann, agus do leantuinn 'san ath-ghineamhuiinn, gus an teid sinn steach trid-sa chum do rioghachd ; oir is cu-sa amhain an t-slige, an dorus, an fhirinn agus a bheatha.

CEANN I.

Co dha, agus cionnas, a shearmonuich ar Slan-wighcar Ath-ghineamhuinn.

Tha 'n soisgeulach a 'teagascg dhuinn gu-n robh Nicodemus Iudhach, a bha co comharrachté airson a dhlu-leannmhuiinn r'a chreidimh fein, 'sa bha e airson a chliu, agus 'inbhe, iar dha bhi 'cluinntinn mu n'hiorbhuilibh Iosa, a co' dhúnadh gu-m b' f haidh è thainig bho Dlia, agus thainig e chum Iosa 's an oicheche, a reir coslais a dh 'friosrachadh dheth mu thimchioll rioghachd Dhe, airson an robh na h-Iudhaich diadhaidh uile 'feitheamh gu durachd-ach. Iar do fios bhi aig ar Tigbearna gu n robh na barailean bb' aig Nicodemus mu thimchioll a rioghachd-san co neo-thuigseach, 'sa bha iadsan bli' aig a chuid eile de 'n chinneach ghabh e an cothrom so chum a chuir ceart agus a theagascg. Ata e 'cuir an ceilidh da, gu bheil rioghachd nèimh dhe nadur co spioradail, 's nach 'eil cumhaeud aig duine dhol a steach innte, ni-h eadh, nach urrainn e bhi ann an staid a faicinn, gun fior iompachadh. Ri so tha e cuir, " Deirim riut mur beirear duine a ris nach faod è rioghachd Dhe fhaicinn."

Mar gu-n abaireadh e, na dean thu fein a mhealladh, a Nicodemus, cha n 'eil mo rioghachd-sa de 'n t-saoghal so. Dhealbh thu barailean mealta dhith. 'S e aireamh gaun de 'n chinne—

daonna tha commasach a faicinn, agus cha-n urradh thu dhol a steach innte thu-fein. Cha d' ullaich do mheasarrachd agus do shubhailcean beusach, t-eud airson creidimh t-aithrichean, agus an riaghailteachd leis am bheil thu co' lionadh do dhleasasan bho 'n taobh mach fathast thu airson lathareachd Dhe. Mur bi thu iar do shaoradh as an staid 's am bheil thu aig an am, Aithnich, gu-m buanaich t' anam a ghnath iar a chuaireachadh le dorchadas co tiugh ri sin a ta cuairteachadh naoidhein nach fbaca an solus fathast. A ta thu a' deanamh gairdeachas ann am beatha corporra agus talmhuidh; ach chaill thu ann an Adhamh beatha spioradail agus neambuidh, chaill thu beatha Dhé as t-anam agus cha-n urradh thu ath-bhuannachadh, ach le bhi iar do bhreith a ris. Gun bhreith spioradail bithidh e co neo-chomasach dhuit Dia fhaicinn, agus gairdeachas a dheanamh ann an dealradh a ghnuis'sa bhithreas e do naoidhein nach d' rugadh fathast a ghrian fhaotaimh a mach, agus gairdeachas a dheanamh na solus.

Cha b-urradh an teagasc so, iongantach gu leirmar b' eigin da bhi do dhuine nadurach, bhi gu h-i omlan neo-aithnichte do fhear-teagaisg Iudhach Gheall Dia do na h-Israeilich le beul fhaidhean gu-n "Cuireadh è cridhe nuadh 'n an taoblh stigh gu-m buineadh è air falbh an cridhe cloiche as am feola; gu-n timchioll-ghearradh," no gu' uirtl adh e gu h-ionlan, an cridheachan, chum gu-n gradh-

aicheadh iad e “le an uile anam, agus le 'n uile neart.” Thagair Daibhidh le dian-shruth dheoir gu-n cruthaicheadh Dia ann “eridhe glan, agus gu-n ath-nuadhaicheadh è spiorad ceart an taobh a stigh dbeth,” Salm. li. 10. Agus dh' eigh Eseciel ris an t-sluagh uile, “Tilgibh uaibh 'ur n-uile chionta, deanaibh dhuibh féin eridhe nuadh, agus spiorad nuadh; oir c' arson a bhascaicheas sibh, O thigh Israel?” Esec. xviii. 31. Faodaidh sinn a chreidsinn an deigh na geallanna, na h-iarrtasan, na gairmean, agus na bagraidhean, th' iar an cuirsios cho soilleir 'san t-sean Tiomnadh, gu-m bidh-eadh beachd-eigin aig Iudhach ionraic de 'n chaochladh spioradail sin a ta 'g eadar-dhealachadh an dream a ta firinneach bho chloinn an t-saoghal so. Ach mar aig an am so, am measg pobull Dhe, a ta cuid, gu coguisseach a coi' lionadh iomadh dleasnas modhannail, agus a' gluasad le ionracas ann an orduighibh na diadhachd bho 'n taobl a' m'ch, gu-n l'mi aig an am cheudna x' brethneachadh le fein-fhiosrachadh, ciod anns am bheil an Nuadh Bhreith a co' sheasadh, mar sin bha e ann an laithibh ar Slanuighear. A dh' aindeoimh uile a dheadh bheus, a dhiadhachd. 'eud 'ionracas, agus a ghradh airson foghlaim, cha robb Nicodemus fathast iar ath-ghineamhuiunn; agus air an adhbhar sin, mhend-aich è aireamh na muinnitr fein-f hirinneach sin a ta 'smuainteachadh nach 'eil feum aca-san air fior aithreachas, no ath-nuathbachadh Spioradail.

Uime sin iar dha bhi iar a bhualadh le ioghnadh 'nuair chuala è briathran Chriosd, agus e fathast co dall 's nach do thuig è iad ach ann an seadh dorcha agus litireil, Dh' eigh e, "cionnus a dhír' fhendas duine bhi iar a bhreith 'nuair a ta e aosda? am bheil e comasach air dol a stigh an dara uair do bhroinn a mhathair agus a bhi iar a bhreith?" Eoin iii. 4. Fhreagair Iosa, "An ni sin a ta iar a bhreithibhò 'n fheoil, is feoil e." r. 6. Bu diomhain duit bhi iar do bhreith an dara uair bho fhuil agus bho fheoil, nach urrainn a dhol a stigh do rioghachd nèimh. Cha b' urradh thu, le sin, bhi ann an staid gu dhol a stigh do 'n rioghachd sin, oir is e nadur truaillidh, feolmhor, agus talmhuidh amhain a ta thu comasach a thabhairt amach as broinn do mhathair. 'Sann mu bhreith spioradail ata mise a labhairt, oir an ni sin amhain, "a ta iar a bhreith bho' u spiorad, is spiorade e." Agus a chionn gu bheil rioghachd Dhe gu h-iomlan spioradail, a ta mi ag aithris dhuit a ris, "Gu deimhin, deimhin, mur bi duine iar a bhreith ò uisge agus o 'n spiorad eba 'n urrainn e dol a steach do rioghachd Dhe." Mur dean uisgeachan fiorghlannan gras, air am bheil iad sin ann am baisteadh samhlachail "geal, mar an sneachda na peacanna sin a ta dearg mar an sgarlaid," Isa. i. 18. agus mur dean oibreachadh cumhachdach spioraid Dhe uile bhuaidhean 'anam ath mnadhachadh, a tabhairt air "bhi iar a bhreith bho shiol neo-thruaillidh," Pead. i. 23. leis an ath-bhuanach e ionlaigh a

chruith 'ear, agus gu-m bi e mar so "na fhear com-pairt de n' nadur neamhuidh." Cha bhi cuibhrionn aig adh'oighreachd nan naomh 'san t-solus; bithidh dorus an rioghachd sin iar a dhruideadh na aghaidh gu brath.

Agus mur nach bu leoir gu-n do chuir e an ceil, da uair gu bheil ath-ghineamhuinn gu h-araidh feumail chum slainte, agus gu-n do neartaich e a dhara dearbhadh leis am focal, (seadh fòs leis a mhionn,) Gu deimhin, iar aithris mar an ceudna, da uair, iar do Mhac Dhe ioghnadh fhaicinn iar a dhath air gnuis Nicodemus, agus bhi faotuinn a mach leis na suilibh sin, a ta 'rannsachadh na eridheachan agus a' sgrudadh' na h-airnean, nach robh e murrach air a theagast a ghabhail a steach, do bhrigh nach robh e comasach da a thuigsinn, ciod e oibreachadh an spioraid leis am b'urrainn anam bhi iar ath-ghineamhuinn; ata Mac Dhe a guidhe air le caomhalachd, gun ionghnadh bhi air, ged theireadh e riusan uile bha lathair, co maith 's a thubhairt e ris-fein, "'Seigin duibh bhi iar ar breith a ris.'" Agus iar eagal bhi air, gu-n tugadh sin a ta diomhair ann an ath-nuadhachadh an anam air, bhi 'diultadh na thubhairt e mar ni amaideach agus eu-comasach, a ta e le foighidinn agus gliocas, fior ion-mholta, ag oirpeachadh thabhairt air, comas mothachaидh h-eiseachdan nan gras sin a ta 'g ath-ghineamhuinn, fhaicinn, agus mar an ceudna, neo-chomas 'oibreachadh a chuir an ceil gu poncail.

Nach mòr an giorrad agus an neart th' iar an aonadh ann an reusanachadh ar slanuighear! " Tha a' ghaoth, ta e' gradh, seideadh far an aill leatha, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim, ach cha-n 'eil f'hiös agad cia as a tha i 'teachd, no c'ait' a tha i dol : is ann mar sin a tha gach neach a tha iar a bhreith bho'n spiorad," Eoin iii. 8. Mar gu-m bitheadh e iar radh, cha-n 'eil thu cuir ann an ag gur ni fior a ghaoth. Aig an am cheudna, cha-n urradh thu a dath, no a mineachadh do dhuine nach urradh a faireachduinn ; agus bhith-eadh e ni bu deacair a radh, cia as a ta i 'teachd no c'ait a tha i dol. Air an doigh cheudna, tha fios aig peacach ata iar ath-ghineamhuinn,aig an do sheid Dia anail na beatha spioradail 'na anam, gu bheil neulta a thugse iar an sgaoileadh, " gu-n do ghairm Dia a mach e a dorchadas chum a sholuis iongantach fein;" agus gu-n d' eirich Grian na Fireantachd air. Ata e le mor ghairdeachas naomh a mothachadh an t-atharrachadh solasach a rinneadh an taobh stigh dheth. Ata e 'faicinn, " gu bheil," e iar dol thairis bho bhas gu beatha," agus a ta e a faireachduinn gu'r leanabh le Dia è, do bhrigh gu-n " d' fhuair e Spiorad na h-uchd-mhacachd, " a ta' gairm na chridhe, " Abba—Athair !" Do bhrigh gu bheil co' f hurtachd an Tighearn' mar shéimh-ghaoth Spioradail (ma dh' fheudas mi na briathra a ghnathachadh) a beothachadh 'anam ; agus do bhrigh gu-n d'rinneadh e na f hear-compairt de

chumhachd a bha roimhe neo-aithnichte dha. agus de shonas, " nach fhaca suil, nach cuala' cluas," agus nach d' arduich riamh cridhe an duine nach 'eil iar ath-ghineamhuinn. Ach ged a ta e a' mothachadh an t-atharrachadh so ann fein. Cha-n 'eil e comasach da a dhath, no cunntas a thabhairt mu 'n doigh 's an d' oibricheadh le spiorad Dé è. Cha-n 'eil, cha-n 'eil e comasach thabhairt air duine, aig nach 'eil a shùilean iar am fosgladhl leis an Tighearna, rioghachd Dhe, a ta iar a daighneachadh 'na anam, fhaicinn, cha-n urradh e thabhairt air na h-uisgeachan so a bhlasad, a ta sruthadh suas chum a bheatha shiorruidh ; an t-sonas do labhairt so, a ta cuir thairis ann an cridhe a chreidmhich. 'S e so " neamhnuid a mhòr-luach, an ionnhas f holaichte, agus an ainm nuadh nach aithne do neach air bith, ach do 'n ti a gheibh e." Is e so focal na beatha, am mana f holaichte, a dh' fheumas gach aon a mhothachadh le a lamhaibh fein, a dh' f heumas gach aon a bhlasad le 'bheul fein. 'S e " rùn diomhair a chreidimh e, iar a choimhead ann an coguis ghloin." 'S e an siol neo-thruaillidh e, dh' easbhuidh nach urradh duine air bith bhi iar a ghineadh bho Dhia, no rioghachd neimh f haicinn.

Dh' fhaodadh freagradh co dearbh-chinnteach, Nicodemus a thoileachadh, ach dh' eignich a mhi-chreidimh e fathast chum a ghlaodhaich a mach, " cionnas a dh' fhaodas na nithe so bhi ?" Cia ce

cinnteach 's a ta e gu bheil an duine nadurach, go d-bhitheadh-e firinneach, treibhdhireach, measariadh, agus ann an tombas diadhaidh, "neo chomhasach air na nithe a bhuineas do Spierad Dhe a thug-sinn?" Cia co cinnteach 's a ta e gu-m bheil iad 'man amайдeachd dha, agus gu-m bheil e a gmath 'gam meas mar nithe neo chomhasach, mur dean Dia am foileachadh dha, air dhoigh nach 'eil e 'deanamh do 'n t saeghal. Na lithreach, nime sin iengantas ort ri giulan an dream sin de 'm bheil sinn gu tric a cuir firinne diomhar a chreidimh chriosdibh an ceill. Dh' eigh Nicodemus subh-eilceach e fein a math, "ciorras a dh' fhaedas na nithe se a libh?" Faodaidh na leth-chriosuidhean a radh mar an ceudna, Ata so 'giul in nithe ro-fhada; 's e so bhi 'geileadh do bhaeth-chreidimh: 's e so sinn fein a chall 's na neil. 'Se an doigh 's fearr chum beoil na mi-chreid'ich so a chruideadh, am freagradh, mar fhreagair ar Tighearna Nicodemus. "Am bheil thusa" thubhairt e, "a'ld flear-tergaisg Israeil agus nach aithne dhuit na nithe so? An ni a 's fios duinn a ta sinne a labhairt, agus air an ni sin a chunnaithe sinn a ta sinne a 'tabhairt fianuis: ach, (iar dhuiibh-se Ibh iar 'ur dalladh le glicas meallta) cha glabh sih ar fianuis." - Ma labhair mi ruibh mu nitheilh corpora agus talmbuidh, mu bhuaidbibh a ghaoth, a ta sibh a' faireachd iuion, agus a ta sibh a' cluinn-tinn gach lath a' scideasadh air an talamb, agus nach 'eil sibh a' creidsinn, iar duibh bli eu-comhasach a

thigsean, no dhibhar a labhairt air a dhia
 ci sain a bhithinn e mar comas agus bláthadh
 a chreidhinn agus a thigsean, na labhairt am
 mairiúilibh spioralait agus aeadmhaibh. Na
 labhairtan libh inta obreachadh doibh far gress na
 h-ath-ghineamhuma, mu ãraítheadh libh an fada
 breith sin, dhí easthnuill nach fheadh tuine air ór
 an 'Tighearn' fhaicinn? 'Sann mar so, a ta b' a
 Criost a' cuir aineolas agus as er icibh an ñlanna
 Israeleach so thar a chéile, oif faidis tcha b' aithne
 dha sin bu choir dha theagasc do chach. Mar so,
 th's e tabhairt chasan r' a thugann, agus tháinig
 mar an crutha, nach 'fíl diadhaichd a co-scaibh
 ann an ùr sgualabhl beurlid all air na teangeal
 a ta i a tabhast, agus a' cuir far conaill, — aon an
 eolas fein-fhiorsachail air a ráimh si dionnadh,
 am an creidimh neo-ghluasadach, am an goilliam
 aibh Dhè, am an roinnt blianta eit air a n-haith sin, ata
 an creidimh so a cosnuadh air ar son, agus a'ins na
 smuaintibh beo agus laidir a threorúicheas calg-
 dhreach chum gnathaelachadh uile nan dleasmasa a'na
 'nan dearbhailean air nuadh chuithe-beatha. A
 Lenghadoir, an e do mhíann sa buamachd fhaistían
 bho theagascabhl so Mac Dhe? Ma th'a thu a
 creidhinn gu'n do choir an Ti sin do nach uradh
 breug a dheanamh, no aon sam libh a nheadhach,
 an ceil, gur éigin dhuit bli iar do bláith a'ns,
 chum a dhóla stigh d' a rioghachd, na caill tiota ann
 am barailibh faoin. Tuft sios air do ghluainibh an
 lathair an Ti sin emhain a ta comasach do chridhe

clachach a thaiseachadh, agus a bheir air na lannan tuiteam bho d' shuilibh. Guidhe, gu-n deanadh e comasach thu air éigin iomlan an ath-bhreith fhaicinn agus a mhothachadh, agus guidbe gu-m faigheadh tu gras chum iarruidh le deoir an fhior-aithreachais. 'Sann mar so rinn Nicodemus. Ged bha e an toiseach, mi-thoileach gabhail ri teagascg an ath-ghineamhuinn, gidheadh iar da bhi iar a chuir as a bharail le briathraibh ar Slanuighear, faidheoidh thug se e fein thairis, chreid e, agus rinneadh e na "chreutair nuadh;" oir tha an Soisgeul a' teagascg dhuinn gu-n d' aidich esan Iosa gu follaiseach (agus an comh-lorg sin a theagascg,) eadhon 'nuair a threig a dheisciobuil uile è, ged nach robh a chridhe aig roimhe so theachd d' a ionnsuidh ach san oidhche, agus sin amhain chum cur 'na aghaidh, O bitheamaid iar ar nearteachadh, chum gu-m faod sinn bhi co ullamh eisimpleir a chreidimh-san a leantuin 's a tha na saoghaltaich gu cur n a aghaidh, mar a rinn esan ! agus a radh, "cionnas a dh' fhaodas na nithe so bhith ?"

CEANN II.

*Ciod à ta sinn r'a thuigsinn leis na briathraibh so
 "Bhi iar ar breith aris ; bhi iur ar n-ath-
 ghineamhuinn."*

Ged dhiult ar Slanuighear ceist gun stā an Ollamh Iudhach mu 'n doigh anns am bheil anam iar ath-bhreith, a fhreagairt, a ta e, gidheadh, comasach staid anam a ta iar a bhreith a ris a mhineachadh agus fós sin anns an bheil ath-ghineamhuinn a co-sheasamh. Gu coitcliomh faoduidh sinn a radh gur e an atharrachadh mor trid am bheil duin' a dol thairis bho staid naduir gu staid grais. Bha e na dhuine feolmhor; iar da bhi iar a bhreith a ris, tinneadh e na dhuine spioradail. Rinn a bhreith nadurrach cosmhuil e ri Adhamh iar da tuiteam, cosmhuil ris an t-sean duine, an aghaidh an d' thug Dia a mach binn a bhais, do bhrigh gur è tuarasdail a pheacaidh. Ach a ta a bhreith spioradail ga dheanamh cosmhuil ri Iosa Criosc, an "duine nuadh, a tha iar a chruthachadh a réir Dhé am fireantachd agus am fior naomhachd," Ephes. iv, 24. Roimh so, bu leanabh feirg e, ardanach, mi-gheimnidh, agus lan de mhi-chreidimh, iar a lionadh le gradh an t-saoghal, fein ghradh, agus urram talmhaidh, bha e mar an ceudna, "borb, gun ghaol do 'n mbaith, fealltach, ceann laidir, a tabhairt barr graidh do shaimh na do Dhia," 2 Tim. iii, 4. Ach trid ath-

ghineamhuinn, rinneadh e na leanabh do Dhia agus na oighre air, agus na cho-oighre maille ri Criod. Tha irioslachd, macantas, agus gradh Iosa iar a dhortadh amach ann a chridhe trid an Spiorad Naomh a thugado dha, agus mar sin a ta e giulan ionhaigh an dara Adhamh. “Ata e ann an Criod na chreutair nuadh; chaith na seann nithe seach, agus rinneadh na h-uile nithe nuadh,” 2 Cor. v. 17. Ata uile chumhachdan agus cheud-fathan anam iar an ath-nuadhachadh. Ata a thuigse bha roimhe so iar a còmhdaichadh le dorchadas, a nis iar a soillseachadh, trid an eolas fiosrachail tha aig mu Dhia, agus mu Mhac Iosa Criod.

Ata a choguis bh' aig fois, agus neo-mhothachail a nis 'na duisg agus a' labhairt le treibhdhireas neo-choireach. Ata a chridhe cruaidh iar a thaiseachadh agus iar a bhriseadh. Ata a thoil, bha reasgeach agus coirte iar a mhaothachadh, agus a' geileadh, agus mar sin, iar a dheanadh freagarrach ri toil Dhe. Ata 'aignidhean mi-riaghailteach, talmhaidh agus feolmhor a striochdadh do riagh-ladh nan gras, agus dhiu fein a pilleadh chum-nan cuspairean sin ata neo-fhaicsinneach agus neamhuidh; agus a ta buill a chuirp bha roimh so, nan seirbhisich adh' aingidheachd, a nis an sàs ann an seirbhis na fireanteachd a chum naomhachd. Bho 'n adhbhar so, a ta 'anam, a chorpa, agus a Spiorad a ruith, le luathas coimh-ionnan ann an slighe dhireach na h-umhlachd, agus a ta gach

ni a ta 'n taobh stigh dheth, ag eigheachd a mach, " Nar leigeadh Dia, gu deanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh an Tighearna Iosa Criosd " mo shlanuighear, " tre'm bheil an saoghal iar a cheusadh dhomh-sa agus mise do 'n t saoghal." Gal. vi. 14. " Cha 'n aithne dhomh a so suas aon duine a reir na feola," 2 Cor. v. 16. " Tha mi iar mo cheusadh maille ri Criosd : gidheadh a ta mi beò ; ach cha mhiise, ach Criosd a ta beo annam : agus a bheatha, a ta mi nis a 'caitheadh san fheoil, tha mi 'ga caitheadh tre chreidimh Mhic Dhe, a ghradhaich mi, agus a thug e féin air mo shon," Gal. ii. 20.

'Se leithid so adh' atharrachadh mòr agus iongantach ata creidimh beo a tabhairt a mach ann an anam peacach aithreachail. 'Se so an t-atharrachadh, ris am bheil an t-Abstol ag radh, " nuadh chruthachadh, ais-eirigh bho na marbhäibb, dol thai-ris bho bhas gu beatha, cumbachd Dhe chum slainte, do gach neach a chreideas, agus trid an do thogadh e maille ri Criosd, agus am bheil è a' gluasad ann an nuadhachd beatha," Rom. vi. 4.

Ach chum bhith ni 's mion. Faodaidh sinn gu cothromach a shaoilsinn, 'nuair thubhairt ar Tighearna ri Nicodemus, nach robh e comasach do dhuine rioghachd Dhe fhaicinn, gun bhi iar a bħreith a ris, gu-n do rùnaich e breith spioradail leinibh Dhe a choimeasachadh, ri breith nadurrach

leiuibh Adhaimh : mar so, chum gu-n sealbhaich-eamaid barail ceart de'n cheud bhreith, a ta e feumail gu-n tugadh sinn fainear an dara breith, agus gu-n eireadh sinn bho sin a ta faicsiunneach agus talmhaidh, gu sin ata neo-fhaicsiunneach agus neamhuidh.

Cha-n 'eil naoidhein nach 'eil fathast iar a bhreith a mothachadh an aileadh, no na nithe sin trid am bheil a bheatha aig. Cha-n 'eil e a tuigsinn : cha-n 'eil buill a thuisge ann an staid chum obair. Cha-n aithnich e a bheag, iar do shuilean bhi druidte do 'n t-solus, agus do gach gne chuspair. Ata e fior, nuair bhitheas e fogus do 'n bhreith, gu bheil ceud-thus na beatha iar a nochdadh, agus gu bheil cuid-eigin degluasadibh an-fhanna' toiseachadh chum 'eadar-dhealachadh bho mheall marbh ; ach cha-n 'eil na cuspairean tha ga chuairteachadh, nis fearr iar an aithneachadh. Ged tha e 'san t-saoghal, tha e co ain-eolach mu na nithibh a ta ga chuairteachadh 's ged nach bitheadh an saoghal ann ; cha-n ann amhain a chionn nach 'eil a cheud-fathan fathast iar am fosgladh suas, ach airson an sgaile tiugh a ta ga chuairteachadh, agus ga bhacadh bho na cuspairibh a ta co fogus air fhaotuinn a mach. Mar so, tha e dha-san nach deachaidh ath-bhreith. Ann an Dia a ta e beò agus a' gluasad, agus tha a bhith aig ; Ach cha-n 'eil e 'mothachadh a lathareachd, no 'n analachadh neamhuidh, agus diadhaidh sin a ta

'g arach beatha Spioradail an dream ata iar an ath-bhreith, cha-n 'eil nithe Dhe, a ta ghnath 'g am foillseachadh fein do inntinn chloinn Dhé, a drugh-adh air-san. Ata Dia a' gairm, ach cha-n 'eil e a' tuigsinn a ghlinn. Ata Criosd ga thraigse fein dha mar an t aran a ta 'teachd anuas bho neamh ; ach cha-n urradh e-san a bhlasadh gu bheil an Tighearn' maith. Dheanadh Dia e fein aithnichte dha, air mhodh nach 'eil e' deanamh do 'n t-saoghal, ach a ta suilean a thuigse iar an comhdachadh le neul co tiugh, 's nach bitheadh e 'na chomhas 'fhaotuinn amach. Ata e 'na choigreach agus 'na choimheach mar ata Pol a gradh ; a ta e na "choimheach do bheatha Dhe thaobh an aineolas a ta aum," aineolas a ta 'deanamh a staid neo-mhothachail dha-fein. Faodaidh cuid-eigin de thus, agus de ghluaasadaibh na beatha Spioradail bhi aig roimh dha bhi iar ath-ghineamhuinn. Faodaidh e iarrasan maith a mhethachadh, agus spairn a dheanamh chum pilleadh gu Dia ; ach cha-n 'eil a thograidhean Spioradail fathast iar am fosgladh suas, iar do sgaile na doilleireachd bhi fathast a' comhdachadh anam, cha-n 'eil e 'na chomhas Grian na Fireantachd fhaicinn, no latha na beatha shiorruidh : cha-n 'eil e fathast iar a bhreith bho Dhia.

Buanaichamaid fathast au samhladh. Tha breith naoidhein, gu coichionn iar a cho-chuideachadh le doilgheasaibh do-labhairt. 'Ta am beann-

achd so a' cos Iosnáidhean, deoir, agus fós għodli-
aish għinnejah oir aċċa Dia ri Ewropa, iar dh' i-
peacach luu. "Ann am pein beiridh tu clawn?"
Agus a tu a blim luu, a tħixx no bheag, mar an
eċċidha iar a eċċi luu, ann an eż-żebha spioradaj
air na h-nile peacach a tha teachid cluun beatha trid
ath-ghineam luu. Mar d' flahr ix-Lidja pein
na h-aħħirekx is-achx airson tiota, roimh do 'n
Tigħearn a criheen flosglad; ma bha trī' mile
peursa "iar am bioradhi 'nan eridhe," rē searmon-
achadli Pheadair, agus iar ball an deigh sin, iar
an ath-ġħin, a' faotu inn "maitheanas pheccanna,
agus ti-oddhae an spioraid maoi luu,"—Thi 'n ġerib-
tuir a' teagaq dhuu u nach deach luu Daibbi, ih
Heseciah, Manaseh, agus Pol thairis, klo bhas gu
beatha cho zitħgħarr, no cho furasda. Ach cia
be air bith, mar dh' fhaodadh eadar-dhealachad
bhi 'nan staid, tha e cianteach gu bheil an t-ath-
arrachadli tha 'co-chuideachadlu an n-nadu-bħreith,
a leithid 's nnekk urra luu aon air bith flimxir eolos
air, tre fhein-fhiosrachad, bhi neċ-ċiex-hachail
dheth.

Cha luuithe tha naoidhein iar a bhreith, na tha
a blu u aig air mhod luu b-iom luu eadar-dheal-
aichte, a ta e 'g analaechadli, agus a faireach luu
u ailead luu tha 'ga chuui teachad luu, agus air m'huth ad
doigh 'ga għabbail a steach, agus a għmath, ga
chuir amach. A ta a cheud-faithen corporra
uile iar an druigħead luu, agus iar an guath-

achadh air an eispairean eadair. Thá 'shuileann iar an fosgladh do'n t-solus, agus bho sin, a ta e tabhairt faicear caochlaibh cle' nithibh nuadh gnu chrioch. Ata 'chluasan iar an lualadh le ionadh fuaim eng-samhlúil; agus ata a chomasan mothachaidh, mar atá, laraliseachadh, blasadh, agus faireachadh aí facuian a meach dha na h-uile tiota, ní eigin de na nithibh feumisil sin a ta fo'n glréin. "Ata Athghlinnean huinn aí deanadh atharrachadh co ionann sunn an anam a pheacach. Chaluaithe tú a e iar a ghlinneadh bho Dlia, na tha e 'mothachadh latreibh-aichd an Ti a's Airde; Le Daibhí'h, 'S urraim e 'rath 'Am dheigh, agus ronham, chuirteach thu mi, agus cloir' thu de làmh orm," Seicx xxxix. 5. Ata e 'gath-dhigladh, do ghnath, do I-hia le ùranigh agus molach anail a theathla Spieradail, a ta e 'faighail tre chreidimh: agus, gach tieta, thá e 'luannsachd neart ùr, thá 'cheud-sathan Spioradail iar am fosgladh suaoi, i r an cleachdadh, agus iar an deanadh ionchuidd 'chum euspairean Spieradail a bheachdachadh.

Mar so, iar do'n pheacach bhi iar ath-glin, thá suilean a thugse iar am fosgladh, thá e anns gach ait' aí faiciún an Ti ata neo-thaicsinneach "Ata Dia thubhairt ris an t-solus soillseachadh á dorchadas, a dealradh ann a chliobe, a tabhairt dha soluis eoh is gloire Dhé, ann an gnuis ar Tighearn Iosa Criost," 2 Cor. iv, 6. "Thá Dia 'togailear air solus a gnuis," Sailm iv, 6,—Cosmhain ri Ahraham, thá e 'faicinn, i.e. an Tighearn, an la a ta dha-san na

thoiseach air beatha siorruidh ; agus iar da bhi 'ga fhaicinn, tha e 'deanamh gairdeachas le aoibh-neas do-labhait. Tha 'chluasan iar am fosgladh mar an ceudna. A nis cha-n ann an diomhanas tha Dia a'gairm, tha e a' tuigsinn, 's aithne dha guth 'aodhaire, tha e teachd d'a ionnsuidh, tha e blasadh focal maith Dhe, agus cumhachdan an t-saoghail ri teachd. Ann am focal, tha 'chaileachdan Spioradail uile an sas, tha'n sgaile iar a tabhairt air falbh, cha-n 'eil nithe Dhe ni 's faide nan diomharachd no nan amaideachd. 'Tha e 'gan aithneachadh, agus 'gan tuigsinn, tha e 'mothachadh "an sith chaidh thar gach uile thugse, aoibhneas an Spioraid naoimh, agus gradh Dhe iar a dhortadh a mach anns a chridhe." Tha fios aig gu bheil e iar a ghineadh bho Dhia, agus gu bheil e 'na chomhnuidh ann an Dia, agus Dia annsan.

A Leughadoir, 's e so do staid-sa, ma tha thu 'nad chreid'each ; ma tha 'n creidimh sin agad, ni gur e "brigh nan nithe ri'm bheil dochas, dearbh-chinnte nan nithe nach faicear." Ach mar d' fhuair thu riamh faireachdainn air an t-atharrachadh sin, san leth stigh, tabhair breth ort fein, chum 's nach toirear breth ort leis an Tigbearna, bi ro-bhrònach agus aidich, a chionn nach 'eil thu fathast iar do bhreith a ris nach feud thu rioghachd Dhe fhaicinn. Tabhair fainear na h-adhbharan tha dearbhadh èigin iomlan an ath-bhreith, fagaidh

iad ris thu gun ag, ma cheadaicheas tu do ghras
 Dhe thabhairt ort an neart agus an sta fhaireachd-
 uinn gu drughteach.

CEANN III.

*C'arson nach feud duine air bith rioghachd Dhe
 fhaicinn, dh' eusb'huidh bhi iar a bhreith a ris.*

THA e cinnteach, bho theisteas an Scriobtuir naomh, gu-n robh ar nadur roimh thuiteam Adhaimh, a' co' pairteachadh de naomhachd agus de mhaitheas, dhe nach 'eil fuigheal sam bith againn 'nar teachid chum an t-saoghal. Ann an staid na beatha spioradail so ghradhaich an duine Dia le uile a chridhe, le uile 'anam. agus le 'uil' a neart. Rinn e seirbhis dha le uil' a neart, rinn é gairdeachas le aoibhneas do-labhairt, agus bha co' chomunn bidheanta aig maille ris, tre 'n Spiorad naomh, dhe 'n robh e 'na theampull; "Ach tre aon duine, thainig peacadh steach do 'n t saoghal agus bas tre 'n pheacadh, mar sin, mar an ceudna thainig bas air na h-uile dhaoinibh, do bhrigh gu-n do pheacaich iad uile," Rom. v, 12. Mar so, rugadh sinn 'nar cloinn feirg, cha-n ann amhain orduichte chum bas corporra, agus ann an cunnart bas shiorruidh, ach cheana marbh gu spioradail ann am peacadh gin. "Iar ar gineamhuinn ann am peacadh, agus iar ar dealbhadh ann an eu-ceart," tha

sinn 'nar coimhich do bheath Dhe, iar bhith againn ambain tograidean feolmhor agus talmhuidh, anns am bheil, Pol ag radh, gu bheil bas ar n-anam a' co' sheasanadh, agus mar nach' eil Dia na Dbia do na marbhaibh, ach do na beo-ibh tha e soilleir roinmh dhuinn bhi comasach Tighearn a ghairm de Iosa, tre 'n Spiorad naomh, no Athair trid Spiorad na h-uehd-mhaeacachd, roinmh dhunn eolas tre fhein-fhiosrachadh fhaotinn air sin ris am bheil Pol ag radh "beatha Dhe," gu-n feum sinn cumhachd ais-eirigh Iosa Crisod a mborthachadh ann ar taobh stigh, agus cridhe nnadh agus Spiorad ceart fhaotuinn uaith-san, agus fós tograidhean Spioradail agus neamhuiadh. 'Se so nn ola naomh leis aen bheil Dia ag ungadh fior Chriosduidhean, Se bhi dh' easbhuidh an ola so, an gras beothaichidh so, an t-adhibhar airsen an bith na h-oighean amaideach iar an druideadh a mach bho rioghachd nèimh co maith ris na h-adhaldranaich.

Ach a ris, iar do orduighean Dhe bhi neochaochlaideach, bithidh na neamhan iar an gluasad, agus failbhichidh firinn Dhe roinmh do leanadh Adhaimh bhi comasach gnuis Dhe fhaicinn dh easbhuidh naomhachadh agus "ath-nuadbachadh an Spioraid Naoimh." Séigin duit bhi iar do "chruth-atharrachadh tre ath-nuadbachadh d-inntinn, chum gu-n dearbh thu, ciod i toil mhaith, thaitneach, agus dbiongmalta sin Dhe," Rom. xii,2. Agus

's éigin, "gu-n cuir thu umad an nuadh-dhuine a tha iar a chruthachadh a reir Dhè am fireantachd, agus am fior-naombachd," Ephes. iv. 24. Agus tha e gu solaimte le beul a Mhic, a' cuir an céill, nach fhaic aon air bith a rioghachd gun bhi iar am breith a ris. Agus am bheil thus' a' smuainteachadh do bhrigh gu bheil Dia maith gu n stad e bhi firinneach, agus gu-n di-chuimhnich e bhi naomh, do bhrigh gu bheil e fad-fhulangach; cha stad, cha dean a throcair Athair na breige dheth, agus bu choir dhuit a chuimhneachadh, ged rachadh "nèamh agus talamh seach, nach teid f-hocail-san seach a chaoibh," Marc. xiii. 31.

Ach am bheil thu fathast ag iarruidh fhaotuinn a uach, c'arson nach teid ni air bith a ta neoghlanc agus a shalaicheas a steach do rioghachd Dhe, agus c'arson nach 'eil fa chomhair a righ-chathair-san, ach "Sporada nam firean iar an deanamh fairfe," agus naoiñh aig am bheil "an trusgain iar an nigheadh, agus iar an deanamh geal ann am fail an Uain." Tha 'n t-adhbhar soilleir, cha-n fheud pescadh, luibhre sin an diabhoil, òilbheum thabhairt dha-san, aig am bheil a shuileant ro-ghlan' chum an h-arc air ole, cha-n 'eil è comasach gu n gabhadh salchar agus aingidbeachd cemhnuidh maille ri Righ nan Naomh, cha n 'eil didean, no aite-comhnuidh 's an Ierusalem neamhaidh do nathrichibh nimhe, do mhadraibh, no do mhlucaibh, cha n 'eil e comasach dhoibh-

san a ta ardanach, reasgach, breugach, agus diogh-altaigh, no fòs dhoibh-san a ta farmadach, sauntach, agus mi-gheimnidh dhol a steach an sin, agus ged bhithheadh e comasach dhoibh, 'sann na theine dian-loisgeach amhain gheibheadh iad-Dia. Co, "arsa Daibhidh," theid suas gu sliabh an Tighearn? "Esan aig am bheil lamhan neo-chiontach agus eridhe glan, nach do thog 'anam ri diomhanas, agus nach do mhionnaich chum ceilge," Saimh xxiv. 3—4. "S beannuichte na daoine a ta glan 'nan eridhe :" arsa Iosa, "oir chi iad Dia" Ach 's truagh dhoibh-san aig nach 'eil an eridheachan iar an glanadh, oir am feasd cha-n fhaic iad-sau e. Cha-n 'eil comunn aig an t-solus ris an dorchadas, no réite aig Criod ri Belial. Chum gnis Dhe fhaicinn ann am fireantachd 's eigin duinn bhi iar ar glanadh bho 'r truaillidheachd nadurrach, agus bhi iar ar deanadh 'nar luchd compairt de nadur Chriod agus adh' iombaigh Dhe. Bho 'n adhbhar so tha e soilleir, gur e ath-ghineamhuiunn an ceud cheum chum slainte, 'Se gras an t-slighe amhain chum gloire, agus naomhachd aon steigh an fhorshonais, mar bi eolas faireachdail againn air Iosa Criod 's an t-saoghal so, oir's e amhain shaoras a shluagh bho 'm peacaibh, cluinnidh sinn e lath-eigin ag radh, "cha-n aithne dhomh sibh, co as a ta sibh : imichibh uam, sibhse, a luchd-deanamh na h-eucorach." Lucas, xiii, 27. Cha ghabh Dia a steach chum a rioghachd, ach iadsan amhain a naomhaicheas Criod 'nan anam, 'nan corp, agus

nan Spiorad; mar 'se air aon taobh, peacadh siad a bhais, a ta ifrinn a' toiseachadh anna-san nach 'eil iar an ath-ghin ; air an taobh eile, 'se naomhachd a bheatha mhaireannach, agus ata neamh a cheana iar fhosgladh 'san anam ata a' creidsiun, "Ann ti a ta creidsinn annam-sa," deir Iosa, "tha bheatha mhaireannach aige," Eoin vi, 47. A ta 'h-earlas, a seula, a gus a roi-bhlas aig, agus mar nach urradh ifrinn bhi air an son-san a ta iar an sabhaladh bho 'm peacannaibh trid Iosa, cha-mho s 'urradh, pàrras bhi iar an son san nach 'eil 'nan luchd-compairt de nadur Dhe ; agus mar an ceudna faodaidh sinn a radh gu bheil e co baoghalta, sinn fein a mhiodalachadh le dochas na gloire, gun bhi iar dol trid an ath-ghineamhuium, 'sa bhithheadh dochas meadhon-la fhaicinn roimh theachd a mhaduinn, no an samhradh roimh an t-earrach. Osbarr, chum gairdeachas a' dheanamh 'sna sòlasaibh th' aig deas-laimh Dhè gu brath, a ta e feumail gu-m bitheadh, caileachdan agus tograidean againn a cho-fhreagaireas riu : Saltairichidh mù-can neamhnuidean fo 'n cosaibh ; cha mheas eù meall òr ni 's luachmhòr na ailbhinn, Tha deas-chainte snasmhor an fheallsanaich do-fhulangach do fhear-ceirde baoghalta ; agus ata fear-duthcha aineolach iar da theachd an lathair dhaoine foghluimte agus seolta, iar a ghraineachadh, agus fòs ag osnaich an deigh a bhaile-beag, agus a' nochdadh, nach do mheasadh leis, uair riamh co fada ri sin, a chaith e' nan cuideachd. Amhuiò

sin bhithheadh e do dhuine nach 'eil iar ath-
ghin naen b' urradh dhuinn a shaoilsinn gu-n
di-chuinibhnicheadh Dia co mor' fhirinn 's gu-m
fosgladh e geata neimh do leithid a dhuine. Mar
bitheadh a chridhe iar ath nuadhachadh, mar
bitheadh e iar atharrachadh bho bhi na dhuine
nadurra gu bhi na dhuine spioradail, cia be air
bith co neo choireach 'sa bhithheadh e ré uin a
bheatha, bhithheadh co neo-chomasach dha aoibh-
neas a dheanamh 'sa ghradh sin, a ta 'deanamh
suas sonas nan naoimh th' iar an gloireachadh, 'sa
bhithheadh e do each oirdheirceas daoimein a
chlinthachadh no do mhuc boisgealachd neamh-
nuid a thabhairt fainear, cha-n 'eil è eolach mu
chainnte a Chanaain neamhuidh, cha-n urradh e
leudachadh air gradh Iosa, maille ris an luchd-
aitichidh neamhuidh, bhithheadh e do-fhulangach
dha 'san staid 'sam bheil e beachd-smuainteachadh
re aon uair air coimh-liontachd Dhè. Ciod uime sin,
dheanadh e a measg chernbim agus seraphim,
"agus spiorada nam firean iar an deanamh foirfe,"
tha uath-san a' tarruing an toil-inntinn a 's mò ?
Tha e-san a' gradhachadh saimh agus solasan
beatha fheolmhor : ach am bheil iad so a co-
chordadh ri gniomharaibh a bheatha spioradail ?
Nach 'eil nan nithe sin a bhuineas do Dhia do-
fhulagnach dha ? Agus ged nach dean e sin
aideachadh, nach 'eil e 'fuathachadh Dhia 'na
cbridhe ? Tha e ga fhuathachadh, ma chreidear
a chaithe-beatha ni 's mò na bhriathra. Cha-n

urradh e aon uair a chaitheadh ann an ùrnuigh ri Iosa, gun bhi gu dionhair ag iarruidh gu-m bitheadh an obair nullachail iar a criochnachadh. Ata a chòinbradh, a leughadh, agus a shugradh, ged tha iad co folamb adh' fhoghluim 's a ta iad de sta, gu h-ainmic ga sgitheachadh; ach bhitheadh aon uair iar a caitheadh ann am beachd-smuainteachadh, no an ùrnuigh do-flulangach. Mar bi e iar a bhreith a ris, cha-n urradh dha bhi ann an staid gairdeachas a dheanadh ann an solasaibh Phàrrais ni 's mo na 's urradh do-dhuine bodhar an ceòla's binne eisdeachd le taitneas, no duine dalloibre an luchd-dreachaidh a's ainmeil a chliuthachadh, no iongantas a ghabhail riù: ach bheireadh ro mheud aoibhneas nan aingil grain do-ghiuilan dha. Seadh rachadh e fein air fuadaidh bho lathaирeachd Dhe, a roighinn air siorruidh-eachd chuir thairis ann bhi a' tuiteam sios an lathair na righ chaithreach, agus bhi gun sgnir a la no dh' oidhche, ach ag radh—"Naomh, naomh, naomh, an Tighearn Dia uile-chumbachdach, a bha, a ta, agus a bhitheas." Taisb. iv. 8.

Ach a ta e gle fhurasda do leithid so adh' fhear a' radh leis a mhòr-dhomblachadh shaoghaltach, "Ata fiughar agam-sa gu-m bi Dia trocaireach, agus gu-m fosgail e doras neàmh dhomh-sa. Gidh-eadh cha-n 'eil e co furasda barailean ceart fhaotuinn mu thimechioll an neamb, do 'm bheil e, na bheachd fein dol a steach. Bhitheadh e feumail

gu-n tugadh a leithid so fainear briathra ar Tigh-earna, " Feuch, a ta rioghachd Dhe an taobh a stigh dhibh." Lucas xvii. 21. Ata na briathra so gu soilleir a' dearbhadh gu bheil Parras a cosheasamh ni 's mo ann an rùintibh neambuidh cridheachan nam firean, na tha iad ann an greadhnachas glòrmhor neimh shuidhichte no ionadail. Ann an Leabhar Iob, a ta sinn a faicinn, gu-n d' rinn Satan, iar da e-fein a cho-mheasgadh ris na naomhaibh, e fein a nochdadadh maille riu fa chomhair na righ-chaithreach. Ach an d' rinn sin e ni bu shona? cha d' rinn, bha rioghachd na dorchadais, agus uime sin, ifrinn fein an taobh a stigh dheth. Air an lamh eile, faoduidh sinn beachd a ghabhail dhe naomh ann an ifrinn ionadail; Abednego ann am suirneis theinteich òthian-loísgeich, no an t-Abstol Eoin, a reir eachdaireachd, ann an còire adh' ola goileach, agus gidheadh iad sona trid cumhachd rioghachd Dhe 'nan taobh stigh, eadhon "fireantachd, agus sith agus aoibhneas san Spiorad naomh," Rom. xiv. 17. Uime sin, a ta sinn a' co-dhunadh gur éigin do gheata nèimh bhi iar fhosgladh air talamh, trid ath-ghineamhuinn, agus gradh Dhe, no gu m buan-aich e duinte gu sorruidh: agus nach bitheadh ann am Parras ionadail, ach ambain gainntir mhùladach, do dhuine nach deachaidh ath-bhreith; do bhrigh, iar da bli gun nith sam bith thabbhaint leis do 'n ionad sin, ach caileachdan, tograidhean agus aignidhean truaillidh agus thalmhuidh, agus

an sin, nach faigheadh e bheag ach cuspairean Spioradail agus neamhuidh, 's éigin gur a auntlachd agus neo-thoileachadh bhitheadh an co-lorg sin ; agus cosmhuil ri Satan, bhitheadh inntinn fein na h-ifrinn da, Aig an am so, cha n 'eil peacaich murrach 'so a thuigsinn ; ach 'nuair bhitheas lath' an gras iar dol thairis agus iad fein iar an "tabhairt thairis do inntinn mhi-chéillidh," mothaidh iad gu h-uabhasach éigin a bhreith Spioradail, chum bhi iar an saoradh bho ifrinn, ach mo thruaigh ! an sin bithidh e ro amnoch.

Ri uile na thug mi fainear fulaingibh dhomh an ni eile so a chur, a ta 'g eiridh bho nadur na cuise, agus dhe fein ag iarraidh ar n aire dhurachdach, cha-n urradh deadh-chéile, ach a dheachdadh dhuinn, gu-n lean misgearan, geocairean, agus iadsan ata neo-ghlan, an am focal, uile sheirbhisiach Bhelial iar an la mór sin, am maighstir do 'u bheil iad a nis a' deanaun seirbhis, agus nach 'eil e mar an ceudna soilleir, gu-m bi, na h-eucòirich, luchd an fhóir-éignidh, na sauntaich, agus iadsan uil' a ta 'dion leas rioghachd na dorchadais, tò bhratach Mhammoin, iar an druideadh amach bho rioghachd nèimh, co maith ri 'n ceann-iùil ifrinnail ? Agus an urradh dhuinn a chuir an teagamh, gu-m bi an cuibhriomh aig na saoghaltaich, aig am bheil an inntinne iar an gnathachadh le saimh agus sòlasaibh na beatha so, nis mo na le gradh agus gloire Dhe, maille ri Satan, neach

a's e dia an t-saoghal? Osbarr nach eil reusan a dearbhadh dhuinn, gu-m bi anam truaillidh, iar a luchdaechadh le cudthrom a mhi-gheinnidbeachd fein, a' sioladh gu grunnad an dubh-aigean, mar a ta cloch iar a h-eigneachadh le a cudthrom fein a' tuiteam dh' ionnsnidh a mheadhon? Agus nach 'eil e co furasda a shaoilsinn, gu m bitheadh na beatbaichean a's truime agus a's pleōisgiche de 'n t-seorsa iteagach, ag itealaich gu h-ard mar iolar dh' ionnsuidh na greine, 'sa bhitheadh e, bli an duil, gu-m bitheadh anam aig nach robh a chómhradh ann an neamh, gu-m bitheadh anam nach d' shuair riamh trid athi-ghineamhuiinn, sgiathan a chreidimh dhiongmhalta, na beo dhochais, agus an dian-ghraidh, comasach air Iosa a leantuinn, agus a dhol suas do neamh le armait buadh-mhor de mhic Dhe? Faodaidh sin, uime sin, a chodhunadh, gu bheil briathran ar Slanuighear iar an steigheachadh air reusan agus ceartas bhith-bhuan, agus mar beirear duine a ris, nach *feud* è rioghachd Dhe fhaicinn.

CEANN IV,

ROINN I.—*Cia co cunnartach 's a ta e riaghailteachd ar caithe-beath', a ghàbhail airson athbhreith ar n-anmanna.*

Faodaidh e bhith gu-n abair fear-eigin, “ A ta mi dearbhi-chinnteach nach feud luchd-eithich, iadsan a ta mi-gheamnuidh, mortairean, agus an dream a ta 'deanamh gu h-eu-coireach, rioghachd nèimh fhaicinn dh' easbhuaidh bhi iar am breith a ris ; ach buidheachas do Dhia, cha-n 'eil mis de 'n aireamh so, bho m' oige chaith mi mo bheatha ann am measarrachd, agus ann bhi cuir ceartas an gniomh, agus fòs ata dochas agam nach 'eil mi a'm choigreach do dhiadhachd : a ta mi 'n daonna a feitheamh na h-eaglais ; a ta mi 'leughadh focal Dhe ; a ta mi 'g ùrnuigh agus a' comunnaeachadh gu riaghailteach. Nach 'eil iad so 'nan comharaidhean neo-amhrusach mu m' athbhreith ? Agus nach 'eil mi uime sin iar mo bhreith bho uisge agus bho 'n Spiorad naomh 'nam bhaisteadh ? ”

Roimh dhomh a cheist so a fhreagairt, cead-aich dhomh beagan a chuir, nach 'eil dhe ni's lugha chudthrom. Am bheil sith agad ri Dia ? An d' fhuair thu maiteanas do pheacanna ? An d' fhoillsich Dia a Mhac annad ? 'Nuair a cheas-nuicheas tu thu fein am bheil thu 'mothachadh gu-r

e "Crisod annad dochas na gloire?" Ann d'f huair thu "Spiorad nn h-uachd-mhacachd a' deanamh fianuis maille r'ad Spiorad-sa, gur tu leanabh Dhe?" Am faca tu riabh dealradh gnuise Dhe, agus "an do mhotaich thu cumbachd-an an t-saoghal ri teachd?" Am bheil thu a' blasadh an neamh, a ta anama nan naomh a' meal-tuinn eadhon 'sa bheatha so, "gradh Dhé iar a dhortadh a mach 'nan eridheachaibh, tre'n Spiorad naomh a thugadh dhoibh?" Am bheil tart air t'anam chum an Dé bhed? Am bheil e 'togradh na dheigh, "mar am fiadh chum nan sruth uisce?" Am bheil thu a' meas nan uile nithe 'nan call agus 'nan aolach airson ro-oirdheirceas eòlais Iosa Crisod?" Am bheil thu iar do chumadh ni 's faide ris an t-saoghal so, agus am bheil thu beo mar choigreach agus fear-cuairt air an talamh? Am bheil thu a dian-ruith le aoibhneas adh' ionnsuidh an Ierusalem neamhuidh, anns am bheil d' ionmhas agus do chridhe a cheana? Am bheil t'anam dol suas chum Dhe, eadhon mar an lasair chum nèamh? Am bheil thu 'nad uile chaithe-beath a' cliuthachadh agus a "cuir an céill feartan an ti sin a ghairm a dorchadas thu chum a sholuis iongantaich fein?" Agus am bheil thu san taobh stigh dhiot a' faireachduinn an t-irioslachd, an fhad-fhulangas, an neo-f héinealachd, gu n do chuir thu cùl ris an t-snoghal, am bheil thu faireachduinn an aoibhneas naomh, an èud caoimhneil, an eaomhalachd bidheanta, an togradh bhi maille

ri Crisod, an stoldachd beusach, an gradh gun cheilg, a ta fior-shamhlachail orra-san tha nam fior chreid' ich.

Mar 'eil na ceiste so 'cuir iongantas ort, ma thug Spiorad Dhè comas dhuit an diomhàrachd a ta anna a dhearbhadh, ma 'se do chùram a 's ro-dhùrachdaich, bhi 'faireachduinn na caileachdan agus na h-aignidhean neamhhuidh ud ann an céuin iosal, agus gur e do dhearmail* a's ro-mho, gu-m bitheadh tu fas ann an gras do ghnath, gus am mothach thu cumhachd ais-eirighiosa,—is leanabh le Dia thu, a ta thu iar do breith a ris ! Co dhiubbh, dh' imich thu, mar Samuel, ann an slighe an Tighearn bho d' oige, no cosmhuil ri Pol, gum faca thu Grian na Fireantachd ann am meadhan do chursa, cha-n 'eil e airson diubhras : 's leatsa na h-uile nithe, agus is le Crisod thusa ; agus is le Dia Crisod."

Ach mar 'eil thu 'faotuinn na comharraighean so ann ad chridhe, no 'faireachduinn na dearbhaidean so air a bhreith nuadh agus spioradail 'nad uile chaithe-beatha, ma tha do choguis a togail fiannuis 'na t aghaidh, agus 'gad éigneachadh, gu aideachadh, gu bheil thu 'mothachadh 'nad thaobh stigh ni 's no de 'n duine nadurach na de 'n duine spioradail, iar duit bhi saothrachadh ni 's mo airson

* Anxiety, *Sasg.*

an talamh na airson neamh, airson an t-saoghal agus air do shon fein, na airson gradh Iosa, agus na gloire chum am bheil e gad ghairm, cha bhithheadh sinn ach amhain cuir ceap-tuislidh 'nad shlighe, mar togadh sinn ar guth, ann am briathraibh ar Maighistir nèamh-uidh, "Is èigin duibh bhi iar ar breith a ris, mur bi duine iar a bhreith a ris, cha-n urrainn e dhol a steach do rioghachd Dhè." Eoin iii, 5-7. Cha-n 'eil sinn le so a ciallachadh, gur èigin duit do bheath' ath-leasachadh, eadhon mar pheacaich sgainnealach. Cha-n èigin, oir faodaidh e bhith, gu bheil do chaithe-beatha a rèir riaghailtean teann na ceartais agus na measarrachd. Tha thu 'tabhairt deirc, tha thu 'coi' lionadh dleasnasa na diadhachd gu poncail bho' n leth a mach. Faodaidh sinn sin uil' a chreidsinn, cosmhuil ri Nicodemus a ta thu deanamh so uile ann an treibhdireas do chridhe, agus mar do Dhia. Ach a ta 'n Tighearn 'a cuir an ceil, ged tha coslas na diadhachd agad, h-uige so gu bheil thu ag aicheadh a cumhachd. A ta e 'cnir an ceil, nach dean d'fhìreantachd, nach 'eil 'tabhairt barrachd air fìreantachd nam Phairiseach gu brath, do thabhairt a steach do rioghachd Dhe. Seadh fòs, ged bu dara Chornelius thu, ged bu duine crabhach thu air am bheil eagal De maille ri d' thigh uile, agus ged bhithheadh tu a' tabhairt morain dheirce do 'n t-sluagh, agus ag iarruidh Dhe le trosgadh agus ùrnuigh a ghnath; mur do ghabh Dia ruit 's an aon ghradhaichte, mur d' fhuair thu trid creidimh ann an ainm Iosa.

maitheanas do pheacanna, mur d' thainig an Spiorad Naomh a nuas ort, mur 'eil Dia, d' an a'fhne an cridhe, a' deanamh fianuis dhunitsa mar Dha-san, a' glanadh do chridhe trid creidimh, cha do shaor do bhaisteadh thu, agus ged nach faod thu bhi fad as bho 'n rioghachd cha do shealbhaich thu fathast a bheag dh i, cha-n 'eil thu fathast iar t-ath-ghineannluinn. Ata eagal Dhe ort, ach cha n 'eil a ghradh agad 'nad chridhe, cha leanabh do Dhia fathast thu, fathast a ta Spiorad na h uchd-mhaeacachd a dhith ort, chum thu bli 'nad chriosd-uidh. "Oir ann an Iosa Crisod, cha-n 'eil eisfeachd sam bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-thimchioll ghearradh, ach ann an creidimh a dh' oibricheas tre ghradh," agus ann an "creutair nuadh," atharrachadh ionlau air d' anam, co maith 's air do chaithe-beatha. Ann am focal cridhe nuadh, Spiorad ceart; rioghachd Dhe an taobh stigh dhiot.

Ma tha na nithe so mar so, agus cha-n urainn iad bhi iar an aicheadh, gun bhi 'saltrachadh fo chois an fhirinn mar a ta i ann an Iosa, fuiling adh' fhocal De dhol a steach dh' ionnsuidh d' anam. An diugh cluinn a ghuth, seadh guth Dhe, agus na cruidhich do chridhe. Buinidh na nithe ata thu a leughadh do d' shith bhith-bhuan, O bi air t-fhaicill! an t-eagal gu-m bi do mihi-chreidimh 'gain folach gu siorruidh bho d' shuilibh.

An d' thusa aon de naoimh ud an t-saoghal, a ta 'deanamh spagluinn 'san fheoil; agus a ta ann an aite bhi fulang geur leanmhuinn air sgath crann-ceusaidh Chrisod, a ta iar an ûrramachadh le daoinibh do bhrigh gu bheil thu fathast iar do chùmadh ris an t-saoghal so a ta lathair? An d' thusa aon diubh-san, a ta toilichte le 'n dleasnasaibh modhail, agus an crabhachd bho 'n leth a mach, agus nach 'eil a' teachd chum Iosa le aithreachas agus liosdachd a Chìs-mhaoir? Fuiling do "amaideachd so an t-searmonuichidh" do chidhis* a tharruing dhiot. Cuir cùl ri d' ghliocas fein, reub sios culaidh diomhain t-f hireantachd fein, agus a' bualadh air t' uehd, thig dh' ionnsuidh Chrisod, maille ris na cìs-mhaoir agus na striopaichibh, agus guidh le osnaibh gu m' faigh thu an t-athghin siu dh' easbhuidh nach feud thu rioghachd nèimh fhaicinn. Chuir Nicodemus an t-eiseimpleir fa d' chombair, ghabh e faidheoidh iis an rioghachd mar leanabh beag, agus thug e tuilleadh a's buaidh trid fuil an Uain. Imich 'na cheumannaibh beaunuichte, Agus fos ged b' Fhearr-teagaisg ann an Israel thu, lean 'aon-f hillteachd-san, agus cosmhuil ris 'san faigh buaidh air t' uile chlaon bharailibh agus t' uile amhrusaibh, agus eagal an dream sin a their gur iad fein Israel Dhe, ged nach iad; agus iar duit a leantuinn 'san ath-breith, leanaidh tu e gu h-ath-ghearr chum gloir.

* Sgaile-meallaidh, *Mask, Sasg.*

Ach ma's peacach folluiseach thu, ma tha thu,
 'caitheadh do bheatha ann an èu-coir, ann an neo-mheasarrachd, ann an neo-ghloine no am meall-taireachd, ag iotadh an deigh òr, no an-tograighean soghail, a' tabhairt grain adh' ainm Dhe agus d' a fhocal, cha-n éigin duinn a dhearbhadh nach 'eil thu iar t-ath-bhreith. Ata guth aig do pheacanna, tha iad a glaoigh, mar rinn Iosa ri leithid a sharchiontaich. "Tha sibhse bho bhur n-athair an diabhol, agus is iad ana-mianna bhur n-athar a 's toil leibh a dheanamh." Eoin viii. 44.

Ata fios agad gu bheil e mar so, tha do chridhe fein g' ad dhiteadh. Uime sin, na bitheadh iongantas ort, gu bheil sinn, ann an ainm an Tighearn, a' cuir an ceilidh do leir-sgrios ionlan, mar 'eil thu iar do bhreith a ris. Dean dichioll chum do shuilean fhosgladh, agus amhaire air truaillidh-eachd do chridhe, an ionad duaichnidh sin bho 'm bheil do chaithe-beatha mi-dhiadhaidh a' sruthadh, Feuch an t-aingeal-sgrios a d' dheigh, an t-slochd siorruidh a' fosgladh fo d' choasaibh, agus an Tighearn Iosa ullamh gu dioghaltas a deanamh ort mar a namhuid. O gu-m bitheadh smuaintean mu na nithibh eagalach agus uamhasach so ga d' dhusgadh, roimh do'n dearbhachd do chlaoidheadh ! O gu m bitheadh eagal an Tighearn na thoisearch gliocais annad-sa ! Pill an dearbh uair so dh' ionnnuidh do Dhia grasmhor, "pill c'arson a bhasaicheas tu, 'faodaidh am maireach bhi ro-annnoch. 'Se so latha

na shainte dhuitse. Ma ni thu di-meas air, faodaidh an oidhche a ta teachd bhi na toiseach air an oidhche shiorruidh do t-anam, agus an cuir thu snarrach cunnart cosmhuil ri so. Nach dean thu ni-eigin chum dhol as bho chlaidheamh ceartais Dhe? Mur gluais do chunnart thu, tabhair fainear do leas. Bu leoir so chum atharrachadh ionlan a dheanamh ort, nan tugadh tu fainear e gu durachdach. 'San t-saoghal so tha Dia a' tairgse dhuit maitheanas do pheacanna agus sonas, leis an urrainn amhain barrachd bhi iar a thabhairt, le sin th' aige na naoimh th' iar an glorachadh; agus an deigh a bheatha so tha e a' tairgse rioghachd—seadh rioghachd anns na neamhaidh, agus an cuir thu cùl gu mi-churamach i so, do bhrigh nach urrainn thu a shealbhachadh gun saothair? An roghain air bhi iar do bhreith a ris, am bheil thu a' runachadh crùn gloire shiorruidh a chall—do Dhia, do Shlán-uighear, agus t-ul' a chall—seadh fòs thu fein a sgrios, agus sin gun leasachadh? Na bi ier do mhealladh, mu dhruidear rioghachd nèimh 'n a t-aghaidh, 's e rioghachd na dorchadais, eadhon an dara bàs, blitheas na chuibhlrionn dhuit. Mur bi rioghachd Dhe iar a daighneachadh 'san taobh stigh dhiet; mur bi a bunnait iar a steigheachadh 'n a t-anam 'san t-saoghal so, trid fireantachd Chriosd, sith Dhe, agus aoibhneas an Spiorad naomh, gabhaidh "an cnuimh nach basaich, agus an teine nach teid as" dioghaltas gu h-uamhasach dhiet airson an di-meas a ta thu 'cuir air fuil a

choimh-cheangail, anns am faodadh do pheacanna bhi iar an glanadh air falbh, nam bitheadh tu iar a' chrathadh naomh asluchadh. Ged tha sinn co saor, na gabh oilbheum ; tha fios aig Dia mu tha sinn a' sgaoileadh rombad ionmhasan a chorruich, gur ann chum gu-n teicheadh tusa dli' ionnsuidh ionmhasan a throcaire ; tha iad so fathast fosgailte; tha 'gheallanna mor agus luachmhор fathast air de shonsa ; agus d' an trid faodaidh tu bhi iar do dheanadh na t-fhear-com'pairt de 'n nadur dhiadhaird 's a bheatha so, agus an deigh a bhais de 'n oighreachd am measg nan naomh ann an solus.

ROINN II.—An diubhras a ta eadar ath-leasachadh an Phairisich agus ath ghineamhuinn a Chriosduidh, ni's mion iar a thabhairt fainear.

Ris an earail a chaidh roimh so, ceadaich dhomh comhairle a chuir a tha de 'n chudthrom a' mo. Tha moran pheacaich ag aideachadh éigin agus feumalachd an ath-bhreith, gun bhi 'buannachadh a bheag le sin, do bhrigh gu bheil iad a' cur ath-leasachadh beatha na h-aite. A Leughadoir, bi air t-fhaicill bho 'n whearachd so—Cuimhnich nach leoир bhi' basachadh do 'n pheacadh, mur bi sinn iar ar togail suas chum nuadhachd beatha, 's ni faoin bhi ag radh, “Trid gras Dhe 'cha-n 'eil mi an ni sin a bha mi,” mar urrainn dhuinn a' radh, “trid a ghras cheudna a ta mi nith nach robh mi riama roimh so.”

Agus mar an ceudna, 's ni faoin dhuit bhi comasach a radh, "cha-n 'eil mi nam mhionnachair, 'nam mhisgear no 'nam dhruisear, ni mo tha mi 'gluasad a reir na feola :" mur mothach thu aig an am cheudna gu bheil thu ag imeachd ann an sligh chomhnard a chreidimh, na dochais agus a ghreidh dhiadhaidh.

Cha-n 'eil thu ni 's faide eu-corach, ro-mhaith,— ach cosmhuil ri Sacheus, am bheil thu 'tabhairt leth do mhaoin chum na bochdan a bheatachadh, ma thug thu aon ni bho neach air bith gu foirearteach, am bheil thu 'tabhairt dha a cheithir uiread? Cha-n 'eil thu ni 's faide mi-gheamnuidh no soghail; ach am bheil do thograidhean spiorad-sil agus diadhaidh? Cha-n 'eil thu ni 's faide 'nad thrailл do choruich agus adh' f hearg; ach am bheil "eith Dhe, a ta thar gach uile thnígse" a' coimhid t-anam ann an ciuineas agus 'am fad-fhulangas Uain Dhe? Cha n 'eil thu ni 's faide iar do lionadh leis an ardan sin thug ort iadsan a 's inbhiche na thu fein f huathachadh, iadsan a 's neo-inbhiche a' chuir am mi-shuim, agus do cho-inbhich a sheachnad, ach an ait' an ardaid so, am bheil thu faireachduinn 'nad chridhe bochduinn spioraid agus irioslachd Iosa? Am bheil thu aig am air bith 'tabhairt maoth-chaidreamh do sin de 'n goirear "ard-aigne modhail?" Am bheil thu aig uair air bith 'deanamh uaill a d' dhaicbealachd,*

ro á eadar-dhealachadh-eigin saoghalta? Theagamh gur duine ainmeil thu, agus gur e do bheachd gu bheil e suarrach dhuit breug a dheanamh, no bhi 'cùl-chaineadh; ach am bheil thu 'n daonnan gu daingeann a cumail suas taobh na firinn? Am bheil thu a' sòlasachadh, a spreigeadh agus ag earalachadh do bhrathaire le caomhalachd agus èud a chriosduidh? Cha-n 'eil thu ni 's faide a sgeigeadh focal De; ach am bheil thu a' beachd-smuainteachadh air, a la agus adh' oidhche? Agus am bheil e ni 's milse do d'anam na tha mil do d' bhlas?

Chaidh 'dhearbhadh ort gur peacadh mòr ainn Dhe 'thabhairt an diomhaus; ach am bheil thu le h-urram a' deanamh aoibhneas gach uair a ta thu ag ainmeachadh, no a' smuainteachadh air an ainm naomh sin? Ata thu a 'suathachadh midhiadbachd, a ta thu a' glaodhaich amach an aghaidh an tuil adh' aingidheachd tha bagradh ar sgrios; ach nach 'eil thu an dara cuid iar do thogail suas le h-eud garg no meadh-bhlath, agus iar do lionadh le faoin-dhochas? Ata thu a' caoidh os-cionn moran a ta thu a' faicinn 's an eaglais, agus eig a bhord naomh; ach iar duit fein bhi 'n sin, am bheil thu a' deanamh gairdeachas mar ann an lathair an Tighearn? Am bheil gach ni ta 'n taobh a stigh dhiot a' glaodhaich a mach, trid t'fhiösachadh solasach "Cia h-uamhasuch an t-ionad so! Cha-n ait air bith so ach tigh Dhe, agus is e so geata nèimh?" Am bheil thu san taobb stigh dhiot a' beath-

achadh air aran nan aingil? Am bheil thu ag ol de na h-uisgeachaibh a ta sruthadh suas adh' ionnsuidh beatha mhaireannach? Am bheil thu a' blasadh gu bheil an Tighearna maith?

Ata thu 'dol gu riaghailteach a steach do d-skeomar agus tha thu 'faghail cron do 'n dream tha 'dearmad ùrnuigh 'dheanamh ri 'n Athair a a chi an uaignidheas; ach am bheil thusa an sin ag iarraidh Dhé le deoiribh, gus am foillsich se e féin dhuit air dhoigh nach 'eil e deanamh do 'n t-saoghal? Am bheil thu tinn "le gradh," (agus am briathra Sholaimh,) a' mothachadh gu-r leatsa "do Ghradh, agus gu-r leis-san thusa, gu bheil a lamb chli fo d'cheann, agus a lamb dheas timchioll ort?" Ann am focal, am bheil thu an sin a' faireachduinn gu bheil "gras an Tighearna Iosa Criosd, agus gradh Dhé, agus comh chomunn an spioraid naoimh, maille riut." 2 Cor. xiii. 14.

Ata thu, mothachadh, gu-m bu choir do bheatha a chriosduidh bhi na gnath ullachadh airson a bhais, agus mar a ta e an aghaidh deadh-cheil, na sug-raidhean sin a ghnathachadh, auns nach bu toil leinn, gu-m faigheadh am bas sinn, tha thu air an adhbhar sin a' fagail Cleas-chluichean, Ceilidhean neo-fheumail, Bannala-dannsaidh,* Spailpeanachd,† Rolaistean,‡ Cairtean, agus an leithide sin, dhoibh-san a "dhall dia an t-saoghail so, air eagal gu-n

* Balls. † Foppishness. § Romances, Sasg

dealraigheadh orra solus soisgeil ghlormhoir-Chriosd," 2 Cor iv. 4, no gu-m faiceadh iad siorruidheachd ullamh chum an slugadh suas ; ach am bheil thu, gnath-cheannach na h-aimsir, a chum gu-n gluais thu 's na h-oibríbh deadh-bheusach so uile a dh' ull'aich an Tighearn air do shon ? Am bheil gradh Chriosd ga d' chomh-eigneachadh, ionnas gu bheil do dh'easnas 'na thlachd dhuit ? Am bheil thu 'gabhair tlachd, ann bhi 'g ambare air an Tighearn Iosa ann am priosan, agus ann an ionad-comhnuidh a bhantraich agus an dilleachdain ? Am bheil thu 'sireadh a mach na bochdan a ta iar an cuir am mi-shuim ? Am bheil thu trocaireach gus a chuid a 's mothaidh adh' chomas, araon do chuirp agus adh' anamaibh dhaoine ? Agus am bheil bhi 'frithealadh dhoibhsan tha 'n amhgar, agus bhi a' gul maille riusan tha ri gul, a 'tabhairt dhuit ni 's mo thoil-inntinn, na tha clann an t-saoghal so a 'faghail 'nan uile aighearachd fhaoin.

Cha-n 'eil do chaithe-beatha mi-riaghailteach, buidheachas bhi do Dhia ! Cha-n 'eil thu ni 's faide beo ann am peacannaibh danadais, ach am bheil thu faireachduinn crathadh fola Chriosd ? Am bheil thu a' mothachadh gu bheil "saorsa agad tre 'fhuilsan, maitheanas do pheacadh ?" Ephes i, 7. Ann am focal, am bheil thu "iar do cheusadh maille ri Crisod," beo a so suas cha 'n ann duisfein ach do Dhia ? An e Crisod do bheatha ?

Am bheil thu a' fiosrachadh gu bheil "do bheatha folaichte maille ri Crisod ann ad Dia?" Col. iii, 3.

A Leughadoir, faic anns na ceistibh so an diubhras a ta eadar ath-leasachadh an Phairisich agus ath-ghineamhuinn leinibh Dhe. Tha meud eigin de ghras bacaidh, de rensan agus de bheachd-smuainteachadh ni 's leoир do 'n cheud aon; ach cha sasaich ni 's lughe na baisteadh an Spioraid Naoimh agus comh roien cinnteach de bhas agus adhais-éirigh Iosa an data h-aon. Bi air t-fhaicill, nam bu mhiann leat dol as, do rireadh, bho 'n chorruich a ta ri teachd, agus rioghachd Dhe fhaicinn, bi air t-fhaicill, nach fan thu ann an staid a cheud aon. Mu dhl̄ f hanas, "theid na cùs-mhaoir agus na strìopaichean do rioghachd Dhe romhadsa," no 'se is dochá nach 'eid thu gu brath steach, air chor air bith ann. Chuir Crisod e-fein gu solaimte an ceil e, Mat. v. 20, 21, 31. Na cuir bhi geur-theann as ar leth, ann bhi mar so so, a' leantuin gliocas bhith-bhuan, agus bhi gun a chridhe againn focal air bith a ta scriobhite ann an leabhar na beatha a chuir ann an neo-bhrigh. Be bhi 'gar miodalachadh 'sa chuis so, ar n-anama fein a chall agus sin gun leigheas.

Tha e iar a dhearbhadh dhuinn gu-bheil an dream aig am bheil an inntinn fheolmhor, a' togail suas an gutha air gach taobl cosmhuil ri fuaim

mhorain uisgeachan, agus a' bathadh guth an t-Slanuighear. Ann an diomhain a ta sinn cuir an ceil, nach teid iadsan tha gu breugach a gairm Tighearna dheth a steach d' a rioghachd. An diomhain a ta sinn a' glaoighaich ri peacaich-ibh spairn chruaidh a dheanamh gu dhol a stigh air geata cumhann na h-ath-ghineamhluinn, a chionn gu-n iarr moran dhol a stigh air geata na h-ath-leasachaidh, agus nach bi iad comasach. Ata peacaich an daonnan mall-chreideach agus rag-mhuinealach, agus a ghnath iar an tarruing air falbh leis a mhor-shluagh, a' diultadh eisdeachd ri guth an Aodhair. Ata madaidh-alluidh ann an culaidhibh chaorach 'g am mealladh, a ta 'm bās. roimh dhoibh bhi iar an ath-bhreith, a' gabhail greim dhinbh, agus an deigh sin tha iad iar an 'coimhidh ann an geimhlibh siorruidh fo dhorehadas, fa chomhair breitheanais an la mhoir,' Jud. 6.

Amadana ! bhi iar bhur dalladh le sin bu choir bhur suilean fhosgladh, eadhon, leis an domblachadh a ta toilichte bhi beo as eugmhais ath-ghineamhluinn. Mar nach bitheadh Criosd gu pñncail iar a radh, gu bheil "mòran iar an gairm, ach beagan iar an taghadh," Mat. xx, 16. Gur trend beag a threudsan, agus gur "tearc iadsan a ta 'gimeachd san t-slighe aimhleathan a ta treorachadh chum beatha," Mat. vii. 14.

Cuir cùl, a Lenghadoir, cuir cùl ri amaideachd dalma nan saoghaltaich, agus mur 'eil an t-seun

fathast iar a bhristeadh, fuiling do ghras Dhe a' bhristeadh aig an am so ! Na abair gu bheil thu "beartach agus gun fheum agad air ni sam bith," na cuir do mhuinghinn 'na t-oibribh maith fein, 'na d' threibhdhireas 'nad' dbleasnasaibh crabhach, no 'na d' t'fhireantachd fein. Díreach an aghaidh sin, aidich, nach 'eil thu iar do bhreith aris, gu bheil thu fathast 'na d' pheacannaibh, gu bheil thu "doruinneach, agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd," Taisb. iii. 17.

Mothaich t' éigin air "ór chaidh a dhearbhadh 'san teine a cheannach, chum gu-m bi thu saoibhir ; agus eudach geal, chum gu-n comhdaicheadh thu, agus nach bi naire do lomnochduidh follaiseach, agus sābh-shìùl chum do shuile ungadh, chum gur leir dbuit," Taisb. iii. 18. Glaodh a mach cosmhuiil ris a chis-mhaor aithreachail; le cridhe briste agus spiorad bruite, "A Dhia dean trocair ormsa ta am pheacach !" Luc. xviii. 13. No cosmhuiil ri Saul ag urnuigh a la agus adh' oidhche. A Thighearna, "co a shaoras mi bho chorp a bhais so ?" Rom. vii. 24. A Thighearna, ciod is coir dhomh a dheanamh chum bhi iar mo bhreith a ris ?

Ma 's iad so iarrasan agus dian-ghuidhe do chridhe, tabhair aire do cho-dhunadh an teagasc so, an sin chi thu, cia b'e co cunnartach 'sa dh' fhaodas do staid a bhith, nach 'eil e eu-dochasach ; theid a dhearbhadh ort, gu bheil "Ioc-

shlainte ann an Gilead,' Ierem. viii. 22. Agus aidichidh tu gu bheil creidimh an am fuil Chriosd comasach, cha-n e amhain lotan anma 'ta a' basachadh a leigheas, ach fòs anam a ta gu spioradail marbh, a thogail suas gu beatha.

COMH-DHUNADH.

*Ciod iad na meadhona leis am faod anam bhi
iar a bhreith a ris ?*

Mar thiodal dha fein, tha Dia a' gabhail, "AN TIGHEARN, AN TIGHEARN, DIA, IOCHDMHOR AGUS GRASMHOR, FAD-FHULANGACH, AGUS PAILT' ANN AN CAOIMHNEAS AGUS AM FIRINN, A GLEIDHEADH TRÒCAIR DO MIULTIBH, A 'MAITHEADH AINGIDHEACHD EUSANTAIS, AGUS PEACAIÐH," Ecsod. xxxiv. 6, 7. Tha e a mionnachadh air fein, nach 'eil tlachd aig ann am bas peacach, ach gu-m bitheadh, e iar iompachadh, agus beo, agus tha na h-eifeachdan a comhfhreagairt ris na foillsichibh caoimhneil so. Fhuair a throcair a mach doigh chum an duine iar dha tuiteam, a thogail suas, ma gheileas e, agus a chuir a ris am measg a chloinn fein, gun dochann a dheanamh d'a cheartas; tha 'n doigh so ro-

iongantach, do-smuainteachail, agus do-thuigsinn, tha e gun tomhas a' tabhairt barrachd air smuaintibh nan ainglean agus iarratasaihbh dhaoine. Agus a ta e co neo fhailneach, 's gu faod na h-nile aig am bheil beachd cheart mu thimchioll an tuiteam truagh ann an Adhamh, agus iadsan uile a ta 'faireachduinn nach 'eil iad ni 's comasaich air iad fein ath-ghineadh, na tha iad air neamha nuadh agus talaibh nuadh a chruthachadh, a theachd a chum Dhe agus ath-ghineamhluim fhaotuinn gu saor agus trid gras, agus fòs còir air rioghaich nèimh.

A Leughadoir, chuala thu mu 'n leigheas so ionmadaidh uair, ach air an aon lamb, iar dhuit blii aineolach air do bhochduinn agus iar d' euail, agus air an laimb eile, iar do d' thugse blii iar a dorbachadh trid mi-chreidlimb, faoduidh e bhith, nach d' thug thu fainear, ni mo an do thuig thu mar Chriosduidh "na nithe a bhuineas do d' shiibh." Gu-n gabbadh tu riu a nis mar shoisgeil Chriosc, "oir is e cumhachd Dhe e chum slainte do gach neach a chreideas." Rom. i. 16.

Uime sin bitheadh e aithnichte dhuit, nach ni air bith eil' an ath-ghineamhluinn, ata sinn a searmonachadh, ach da ghniomh mhoir Spiorad Dhe air anam aithreachail. 'Se Fireanachadh no maitheanas pheacanna an ceud aon, agus 's e 'n gniomh saor sin e, trid am bheil Dia a' maithreadh do 'n a pheacach a ta creidsinn ann an Iosa air

sgath a throcair fein, uile a pheacanna chaidh, seachad, agus trid am bheil e "meas a chreidimh da mar fhireantachd," Rom, iv. 5. A chionn, iar da bhi a' faireachduinn nach 'eil fireantachd aig fein, agus nach 'eil e comasach obair sam bith a dheanamh a ta maith ann an sealladh Dhe, a ta e a' striochdadh do fhireantachd Dhe, a ta e, le a chridhe, a' gabhair ri Iosa Criosd mar a Shlánughear, a Shlánughear saor-thiodhlaicte, agus aon Shlánughear, agus a ta fios aig gu bheil e iar gabhair ris, do bhrigh gu bheil Dia 'ga lionadh le sith agus aoibhneas ann bhi 'creidsinn, agus gu bheil e a' faighinn uachdrannachd os cionn uile a pheacanna,

'Se 'n t-uachdrannachd so os-cionn peacadh, a ta 'n creidmheach a faotuinn, maille ri maitheanas a pheacanna a chaidh seachad, toiseachadh no steidh an dara roinn adh' ath-ghineamhuinn, ris an abrar 's na Scriobtuiribh, *Naomhachadh*. Oir 's a cheart uair, sam bheil am peacach a faotuinn an creidimh so, an creidimh adh' fhirinnicheas,— aig an dearbh uair sam bheil spiorad Dhe a deanadh fianuis maille r'a Spioradsan, gu bheil a pheacanna iar am maiteadh, tha e faotuinn an cumhachd chum "gradhachadh gu mor," an huil mar a ta e 'mothachadh gu-n deachaidh moran a mhaitheadh dha. Iar do ghradh Dhe bhi mar so iar a dhortadh a mach 'na chridhe, a ta atharrachadh iongantach iar a dheanamh ann an uile

bhuailibh 'anam agus a ta e' fa'reachdnuinn ged 's maith a dh' fhaodta, ann an ceann iosal, eifeachd-an an Nuadh-Bhreith, mu 'n deachaibh cunntas a thabhairt sau dara ceann de 'n teasgasg so.

Cha-n 'eil sinn idir a co-dhunadh gu bheil corp a pheacaidh iar a sgrios, trit timchioll-ghearradh so a chridhe, no trid an ceud taisbeannadh so a ta Criod a' deanamh ann an anam a pheacaich : Cha-n 'eil, 'Sann amhain maille ri Criod tha 'n seann duine iar a cheusadh agus iar a chaitheadh as; agus ged nach 'eil e' na chomas bhi 'g oibreachadh mar bha e roimhe, tha e fathast beo agus ag iarruidh eothrom, chum e fein fhuasgladh, agus 'ein-tighearnas a chuir an gnionadh, le ni 's mo 'dh 'ain-iochd na rinn e riamb. Fhnair Daibhidh agus Peadar faireachdnuinn dhorduinneach dhe 'n so; agus naith sin a ta sinn a faicinn nach e obair la no eadhon bliadhna th' ann an naomhacnadh. Oir ged tha e an comas Dhe 'obair fein a ghearradh goirid ann an fireantachd, mar chaithdheanamh do 'n ghaduich aithreachail, bho chian, agus fos do mhòran a chaidh ghairm aig an aon-nair-deug bho 'n an sin, a ta e gidheadh, gu coitchionn na obair a bhitheas dol air adhaint a chuid 'sa chuid, agus maith dh fhaodta a mhaireas ré uine fhada. Uime sin, a ta sin ag radh gur e naomhachadh obair chumhachdach sin an Spioraid naoimh air eridhe a pheacaich fluair maitheanas, trid am bheil e a faghlail cumhachd gu dhol air adhart bho chreidimh gu creidiabh : trid, iar dha bhi iar a shoilleireachadh

ni's mò agus ni's mò chum gloire Dhe fhaicinn ann an gnuis Iosa Criod, agus iar ath-nuadhachadh gu lathail, agus iar a dheanamh comhchosimhuit ri ionraigh a Shlannighear, a chaill e ann an Adhanch, agus trid am bheil e ga mhothachadh fein 'na thaobh stigh, "iar atharrachadh bho ghloire gu gloire," 2 Cor. iii. 18. Gus ambe "iar a lionadh le uile hanachd Dhe," Ephes. iii. 19. Agus gus an gradhaichd e an Tighearna a Dhia le uile a chridhe, agus le uile 'anam agus le uil' a neart, agus le uile 'aintinn, agus a choimhearsnach mar e fein, eadhon mar ghradhaich Criod e-sau," Mata xxii. 37, 39. "Se so an ceum a's airde de naombachadh a chreidmhich, agus, uime sin, t'ha 'ath ghineamhuinn coimhionta.

Air an adhbhar sin, tha e soilleir, nach urrainn naomhachadh toiseachadh roimh fhíreanachadh; oir chionn gur e Spiorad Dhe a naomhaicheas eridhe a pheacaich; 'Seigin da an Spiorad sin fhaotuinn, Ach cha-n'eil an Spiorad iar fhaotuinn, ach amhain iar do'n pheacach maithenas faghail. Oir do reir an Scriobtuir 'se ceud obair Spiorad na h-uachd-mhacachd, bhi a' glaodhaich, "Abba Athair!" ann an eridhe an ti sin de 'm bheil e a' gabhair seallbh; chum fianuis a thabhairt do Spiorad a chreidmhich, gu bheil e na leanabh do Dhia, agus chum riomh-bhlas a thabhairt dha de 'oighreachd neambuidh. A bharr air so, tha reuson a dearbhadh dhuiinn nach 'eil e cómasach

do Dhia a nadur fein, agus grasan a Spiorad a chom-pairteachadh, ri duine nach d' fhuaire fathast maitheanas na pheacanna. Cha-n'eil righ truacanta do iochdaran ceannairceach, riomh dha bhi ga thabhairt air ais chum a dheadh-ghean.

Mar so tha 'n Eaglais a' cuir an ceilidh na treas pong deug, "cha-n'eil oibre sam bith th' iar an deanamh roinn dhuinn bhi nar luchd compairt de ghras Chriosd, agus de dheachdadhl an Spiorad taitneach do Dhia, do bhrigh nach eil iad a sruthadh bho Chreidimh ann an Iosa Criosd; seadh fos airson nach d' rinneadh iad mar bu toil le Dia, agus mar dh' aithne Dia gum bitheadh iad iar an deanamh; air an adhbhar sin, cha-n'eil sinn an teagamh gu bheil nadur a pheacaidh anna, ged dh' fhaodadh iad bhi maith ann an sealladh dhaoine,"* Iar do so bhi iar a dhearbhadh tha e

* Faic Aidmheil a Chreidimh, Caib 16, § 7. "Oibre a nithear le daoinibh neo-iompaichte, ged dh' fhaodás iad do thaobh na cuise mu' m bheil iad, bhi nan nithe tha Dia ag aithne, agus de dheadh fheum araon dhoibh fein agus do dhaoin eile; gidheadh, a chionn nach eil iad a' teachd, bho chridhe iar a ghlacadh le creidmili, no iar an deauamh air mhodh ceart, do reir an fhocail, no chum crioch cheart, eadhon gloir Dhe, uime sin tha iad peacach, agus cha-n' fheud iad bhi taitneach do Dhia, no duine a dheanamh iomchuidh chum gras f haghail bho Dhia. Ach gidheadh, is peacaiche dhoibhsan, agus is neo-thaitniche do Dhia na h-oibre sin a dhearmad." Am Foirceadal Fior-leathain, Ceist 94, 96, agus 97, agus Fianuis an t-Seanaidh Aonuichte Dhlu-Cheangailte, Earr. 2, Caib 2, § 5.

soilleir, gur eigin do pheacach chum aithne fhaotuinn air an doigh sam bheil e gu bhi iar ath-ghineamhuiun, a thabhairt fainear cionnas a dh' fhaodas e bhi iar fhíreanachadh agus iar a naomhachadh. Air a phone so tha 'n scriobtuir ag radh, "Le gras ata sibh iar bhur tearnadh tre chreidimh : agus sin cha-n ann uaibh fein : is e tiodblac Dhe e : cha-n ann bho cibribh, chum nach deanadh neach iar bith uaill, oir is sinn obair-san, iar ar cruthachadh ann an Iosa Criosd, chum dheadh oibre," Ephes. ii. 8.-10. Mur gu m bitheadh an t-Abstol iar a radh, Trid a chreidiadh thug Dia dhuilh gu saor, a ta sibh iar bhur tearnadh bho 'r peacannaibh, iar bhur saoradh bho 'n pheanas thoill sibh, trid fireanachadh, agus bho' n uachdranachd os bhur cionn, trid naomhachadh. Mur so tha sibh iar bhur n-ath-ghineadh, agus iar ar deanamh 'n ur creataire nuadh. 'Sann mar so tha Pol a' cuir an ceil, Gur e beo chréidimh geata na slainte, agus tha na Scriobtuire gu h-iomlan a' cuir an ni ceudna an ceil, "Bithidh an ti a chreideas iar a thearnadh" arsa Criosd, agus, "an ti a dh' eisdeas ri 'm f hocal-sa, agus a ta a' creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a bheatha mhaireanach aige, agus cha tig e chum ditidh ; ach chaidh e thairis bho bhas gu beatha," Eoin v, 24. Agus ata Eoin a' nochdadhbh dhuinn gu bheil an dol thairis so bho bhas gu beatha, agus ath-ghineamhuiunn ionann. "Cia b'e chreideas, ghineadh, bho Dha e," 1 Eoin v, 1. Agus mar an ceudna

tha e ag radh, "Gu bheil cumbachd iar a thabhairt dhoibh-san a ghabh ri Criosd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a ta creidsinn na ainm, a bha iar an gineamhuinn, cha-n ann bho f'huil no bho thoil na feola. no bho thoil duine ach bho Dhia," Eoin i, 12, 13.

Ata Leabhraichean seolaidh na h-Eaglais a' teagasc na nithe ceudna, an sin tha e iar a chuir an ceil, gur e creidimh an t-aon mheadhon amhain ata feumail chum slainte, agus ata e iar a mhineachadh bhi na "mhuiinighin cinnteach agus diong-mhalta, agus gur ann trid toillteanas Chriosd a ta ar peacanna iar am maithleadh agus siun fein iar ar deanamh reidh ri Dia."*

A Leughadoir tabhair fainear an so, a thaobh creidimh, nach urrajnn aon neach a mhealtuinn ach iadsan amhain a dh' f'hairich am feum air. Cha-n 'eil Iosa Chriosd aig am air bith tabhairt an dearbh-lheachd mhilis so, fianuis so an Spioraid, ach doibhsan, aig am bheil an eridhe do rireadh briste agus aithreachail. "Thigibh a m' ionnsuidh-sa arsa Iosa, sibhse uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh," Mata. xi, 28, Cha-n 'eil e' cuireadh

* Faic, Aidmheil a chreidimh, Caib. 14: Agus am Foirceadal Fior-leathain Ceist 73. Agus fos Fianuis an t-Seanайдh Aonuichte, Dhlu-Cheangailte, Caib. ii. Roinn 4.

seors' eile, no 'tabhairt solas do sheorsa air bith eile, ach do 'n dream a ta aithreachail. Roimh do Spiorad Dhe fireanteachd a dhearbhadh air an t-saoghal, ata e tabhairt dearbh-shoilleireachd mu pheacadh do bhrigh nach 'eil iad a' creidsinn ann an Iosa. Cha-n 'eil e comasach do neach air bith theachd adh' ionnsuidh aMhic airson creidimh adh' fhirinnicheas, mur tarruing an t-Athair e trid faireachduinn a pheacanna, agus trid a pheanas a ta e 'toilltinn.

Ma rinn na firinne so t-amharusan fhuadachadh air salbh, mar 'eil thu ni 's faide ann an iom-chombairl' eadar Dia agus Bāal; mu chaidh 'dhearbhadh ort, nach fhend thu rioghachd Dhe fhaicinn a chaoidh dh' easbhuidh bhi iai do bhrefh a ris, agus gur e creidimh ann an oibreachadh Dhe, am meadhon ambain trid am bheil am beannachd so r' a fhaghail, agus 'se an creidimh so cumhachd Dhe chum slainte, creidimh, trid am bheil Criosd iar fhoillseachadh annainn, agus a ta sinn a 'faotuinn sith ri Dia; Creidimh ni gur e "brigh nan nithe ris am bheil dochas, agus dearbh-chinnte nan nithe nach faicear," Eabh. xi, 1. Creidimh a ta, cosmhuil ri Eoin Baiste a comharrachadh ri "Uan De, a ta tabhairt air fabh peacaidh an t-saoghal," Eoin i. 29. Agus a ta tabhairt an creidimh so gu saor agus gu grasmhor dhoibh-san adh' iarras e gu durachdach.

A Leughadoirionmuinn, thig ma tachum cathair

nan gras : aobh tig, iar do dhiteadh le d' chogus fein
 iar t-uallachadh le éire t' enceartan, agus iar do
 lotadh trid mothachadh do mhi-chreidimh agus
 cruas do chridhe. Asluich trocair bho d' Bhreith-
 eamh, gus an nochd se e fein mar t' Athair, le bhi
 'tabhairt dhuit Spiorad na h-uchd-mhaeacachd, gus
 an nochd sa e-fein mar t' Iosa, ann bhi' gad'
 thearnadh bho d' pheacanna ; mar do Chriosd,
 ann bhi' tabhairt dhuit ungadh an Spiorad Naoimh ;
 agus mar t' Emanuel, ann bhi ga fhoillseachadh
 fein dhuit agus annad, agus a' gabhail comhuidh
 'na d' chridhe trid creidimh,

Ata e fein a' tabhairt cuireadh dhuit. "Ho !
 gach neach air am bheil tart, thigibhse chum nan
 uisgeachan ; agus esan aig nach 'eil airgiod,
 thigibh ceannachibh agus ithibh, sibhse a ta boehd
 ann an Spiorad, agus a ta 'criothnachadh roimh
 'm bhriathraibhsa thigibhse, ceannachibh fion agus
 bainne, gun airgiod agus gun luach, c'arson a ta
 sibh a' caitheamh bhur airgiod air ni nach aran ?
 agus bhur saothair air ni nach sasuich ? Eisdibh,
 a 's thugaibh aire dhurachdach dhomhsa, agus
 ithibh *an ni sin a ta do rireadh* maith agus gabhádh
 'bhur anam toil intinn ann an cuilm shoghmhor.
 Aomaibh bhur cluas, agus thigibh a m' ionnsuidh-
 sa', éisdibh agus mairidh bhur anam beò ; agus ni
 mi ruibh coimh-cheangal siorruidh, *eadhon* trocair-
 ean cinnteach Dhaibhidh." Isaiah iv, 1—3. "Air
 la mor na feille, sheas Iosa agus ghlaodh e ag radh,

Ma tha tart air neach sam bith thigeadh e m' ionnsuidh-sa agus òladh e. An ti a chreideas annama, sruthaidh as a bhroinn aimhnichean de uisce beò? Agus so ars' an t-Abstol labhair e mu'n Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu fhaghail: oir cha robh an Spiorad fathast iar a thabhairt, do bhrigh nach robh Iosa fathast iar a għlorachadh." Eoin vii. 37—39.

Ach a ta Iosa nis iar a għlorachadh! A ta e iar dol suas chum 'Athar fein agus ar n-Athar-ne, chum a Dluu fein agus ar Dia-ne! Agus bho righ-chaithir a ghloir, a ta e gach la 'cuir an Comh-fhurtair dh' ionnsuidh eridheachan aithreachail, cha n urrainn iadsan at a de 'n t-saoghal gabhail ris a Chomh-fhurtair, do bhrigh nach 'eil iad ag iarruidh eolas f'haotuinn mu thimchioll. Ach thusa anam amhgharaich, gabhaidh tusa ris, ma tha thu gu treibhdhireach an ro-gheall air, agus a diultadh solas a għabbail gus an tig e. "A ta an uair a' teachd, agus a ta i ni 's ann, anns an dean am fior luchd-aoraidh aoradh do 'n Athair ann an Spiorad āgus ann am firinn :" Eoin iv. 23. Agus iar duit bhi lionte le Spiorad na Firinn, glaodhaidh tu amach "Ata fħios agam co ann a chreid mi!" 2 Tim. i. 12. "A Thighearn, a nis a ta thu leig-eadh do d' she'rbhiseach siubħal an sith, oir chunnaic mo shuilean do shlainte !" Lucas ii. 29—30. Seadli, "baistear thu leis an Spiorad naomh, chum maitheanas pheacanna, agus naomhaichear thu gu-

saor tre chreidimh." Bithidh "sith agad ri Dia tre ar Tighearn Iosa Criosd," agus ni thu mòr-ghairdeachas ann an Dia do shluanuighear le h-aibhneas air dol thar labhairt, agus lan do ghloir :" 1 Pead. i. 8. "Iarraibh, agus bheirear dhuibh; siribh, agus gheibh sibh; buailibh agus fosgailear dhuibh. Ma's aithne dhuibh-se a ta ole tiodhlacan maith a thabhairt do 'ur cloinn, nach mor is mò na sin a bheir bhur Athair neamhuidh a Spiorad Naomh dhoibhsan a dh' iarras air e?" Lucas xi. 9, 13. Na cuir firinn Dhe an ambarus. Tabhair fainear, "a ta an gealladh dhuibhsa agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a ta fad bho laimh, eadhon a mbeud as a ghairmeas an Tighearn ar Dia." Gniomh, ii. 3, 9. Rian Dia na firinn an gealladh glòrmhor so, guidh gu-m bi e iar a shèuladh air do chridhe; ach dean ùrnuigh a ghuath leis gach uile ghne ùrnuigh agus asluchadh 'san Spiorad, agus a' deannmh faire chum an ni so féin maille ris gach uile bhuanachadh." Ephes. vi. 18. Agus cuimhnich an uair bhithreas t-ùrnuigh iar a h-eisdeachd, agus freagradh iar a dheonachadh di, gu-m "bi thu ann an Criosd 'n ad chreutair nuadh," 2 Co. v. 17. Bithidh "Spiorad Dhe a' deanamh fianuis maille ri d' spiorad-sa gur tu leanabh Dhe," Rom. viii. 16. Agus gur e do chreidimh sa an dearbh chreidimh sin a ta 'firinneachadh agus ag ath-ghin.

Ach aig an am cheudna, tabhair fainear nach

measgaich mi fhoighidin agus mi-chreidimh maille ri mothachadh aireamb agus ro-mheud do pheac-canna, an t-eagal gu-n cuir iad fodha thu le bròa mi-mhisneachail agus anabharrach. Am bheil thu iar do bhuaireadh chun trocair Dhe chuir an teagamb? Ath bheothaich do dhochas le bhi 'beachd smuainteachadh air cuiridhibh Dhe nan uile ghras, agus geallannaibh Dhe nan uile fhirinn. Am blieil t'anam gu Spioradail tinn, seadh, a' basachadh? Quimhnuich gu-n dubhaint Iosa, "nack 'eil feum aca-san a ta slan air an léigh, ach aca-san a ta tinn," Lucas v, 31. Am bheil t'anam marbh gu Spioradail? Eisd ciod a ta Dia iar fhoillseachadh 'san fheoil ag radh. "Is mise an ais-eirigh, agus a' bheatha: an ti a chreideas an-nam-sa ged gheibheadh e bas, bitiidh e beò: agus cia b'e neach a ta beo agus a' creidsinn annam-sa, cha n fhaigh e bas am feasd." Eoin xi, 25, 26. Tha thu a' faireachduinn gu bheil thu cailte. Ata Iosa gu pimeail ag radh, "Cha do chuireadh mise achi chuan chaorach chailte thighe Israel." Mata xv, 24. "Thainig Mac an duine adh' iarr aidi agus a thearnadh an ni sin a bha cailte." Lucas xix, 10. Am bheil thu 'cuir an teagamb an gabb 'e ruit sa? Ata e-fein ag radh, "Nach bris e a chuireach blruite, agus nach mìuch e an lion de 'm bheil caol sunuid," Isaiah xlvi. 3. Agus "An ti a thig a m' ionnsuidh cha tilg mi air chor

sam bith a mach e," Eoin vi, 37. Am bheil eagal ort gu bheil e neo-chomasach do anam co truaill idh ri t' anamsa bhi iar ath-ghineadh? Ata Iosa ag radh ruit "creid agus chi thu gloire Dhé. Ata gach ni comasach do 'n neach a chreideas." Marc ix. 23. Am bheil thu ag radh nach 'eil cumhachd sam bith agad? Cuimhnuich gur ann do Dhia amhain a bhuineas cumhachd. Agus, thubbairt e-fein, "Is leoир mo ghras-sa dhuit: oir a ta mo chumhachd-sa foirfe ann ad anmhuinneachd 1Cor.xii. 9. Agus "Cuiridh mi mo rēachdan 'n ur inntinn, agus sgríobhaidh mi iad 'nur eridheachaibh; agus bithidh mi dhuibh a 'mDhia, agus bithidh sibh-se 'nur sluagh dhomh-sa." Eabh.viii. 10. Am bheil amharus ort. nach urrainn Dia le ceartas peacanna co graineil ri do pheacannaibh-sa a mhaitheadh, "Thigibh anis, agus tagramaid ri chéile, deir Iehe-bhah; ged robh 'ur peacanna mar an scarlaid, bithidh iad geal mar an sneachdad; ged robh iad dearg mar choreur, bithidh iad mar clainn." Isaiah i, 18. Agus fós a ta Eoin ag radh, "Ma dh' aidicheadas sinn ar peacanna, tha esan firinneach agus ceart, chum ar peacanna a mhaitheadh dhuinn, agus ar glanadh bho gach uile neo-fhìreantachd." 1 Eoin i. 9.

Oh thusa a Spiorad neo-bhasmhor, a ta 'leugh adh na geallanna so, c'ar son a ta thu a' dheanamh moille? C'ar son nach 'eil thu ag éigheachd a mach le aoibhneas, tha 'n Tighearn firinneach

chum nio pheacanna-sa a mhaitheadh. Gheall e, agus coi 'lionaidh se e; uime sin aidichidh mi iad dha, le deoiribh a la agus adh' oidhche: cha tabhair mi clos do m' shùilibh, gus am faic iad slainte an Tighearna.

Tabhair fainear, gur ann do bhrigh gu bheil an t-Uile-chumhachdach ceart a ghlanas e air falbh tuile pheacaidh, seadh thug a Mhae, aon-ghin Mhic Ian dioladh do cheartas De air do shon. Thuit am buille chaidh chomharrachadh air do shon-sa air a cheann neo-chiontach-san. Bha 'n iobairt neamhuidh, chaidh a shineadh air a chrann, iar a caitheadh as le teine na dioghaltais shiorruidh sin bha a' lasadh a t'aghaidh-sa. Réitich deadh bholadh an iobairt choimhlionta so, an Dia sin, a ta na theine dian-loisgeach do 'n pheacach. Shruth fuil a cho' cheangail nuaidh; rinn i réiteachadh air son do pheacanna-sa. Cha-n'eil an fhuil so cosmhuil ri fuil Abel ag eigheach air-son dioghaltas; ach a ta i a' toilltinn, ag iarruidh, agus a' fagbail aithreachas, creidimh, ath-ghineamhuiinn agus beatha shiorruidh air do shon. Tha 'n t-Uan Caisge, an t-Uan gun smal iar iobradh air do shon. A ta Dia 'cumail gairdean an aingil sgrios air ais, gus am bi an fhuil luachmhor so iar a crathadh air t'anam: gus am bi thu iar do "bhreith a ris." A ta an Iosa naomb, air am bheil eagal gu-n teid thu

dhith, na d' neo-aithreachas a' deanamh cabhaig, chom beatha shiorruidh a thairgse dhuit. "Feuch, a deir è, tha mi a' m' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh : ma dhi' éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu-m' fosgail e an dorus, thig mi a steach d' a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuip-eir mailleris agus esan maille riùm-sa," Taisb. iii. 20. Tha e ag radh ruit le beul 'Abstoil fein, "An ti aig am bheil an Mac, tha beatha aige ; an ti aig nach 'eil Mac Dhé, cha-n 'eil beatha aige ; ach a ta fearg Dhe a' gabhail còmhnuidh air," 1 Eoin. v. 12. Aita e a' guidh ort le 'sheirbhiseach Daibhidh "Am Mac a phogadh, air eagal gu-nì bi fearg air, agus gn' sgrioear thu 'san t-slige, 'nnair a lasas a chorruich ach gu beag," Salm. ii. 12.

Oh a Leughadoir ! le taingeileachd, gabh ris na cuiridhibh caoimhneil so, striochd thu fein sios aig cosaibh Mhic Dhe, fosgail dorus do chridhe dha, agus an daonman eigh a mach, Thig a stigh, Thighearna Iosa, Thig a stigh ! Aidich do bhochduinn do pheacanna, do thruaighe agus do mhi-airisheachd fein, gus am bi rioghachd Dhe an taobh a stigh dhiot. Dean caoidh gus am bi thu iar do shòlasachadh bitheadh oeras agus tart na còrach ort, gus bi thu iar do shasachadh ; agus bi "ri saothair gus an dealbhar Criodlannad," gus am bi thu, iar dhuit bhi iar do bhreith bho Dhia, a' giulan iomhaigh an Adhaimh neamhuidh, mar a ghiulan thu iomhaigh an Adhaimh thalmhaidh.

Ata mi a' guidhe ort, ann an ainm an De mhordha sin, roimh am bheil ainglean a' deanamh gairdeachas le ball-chrith. A ta 'mi guidhe ort trid uamhasan an Tighearn, a dh' f haodas labhairt riut ann an tairneanach, agus t'anam iarraidh uait an dearbh thiota so ! Trid trocairibh truacanta, trid innidhibh iochdmhorachd t'Athair neambuidh th' iar an gluasad air do shon, neo-thaingeil gu leir mar tha thu ! Guidheam ort air sgath corp-ghabhail an Fhocail bhith-bhuan, leis an robh thu iar do chruthachadh : air sgath irioslachd, piantan, buairidhean, deoir, fallas fuileachdach, cruaidh-ghleachd anam, agus eighich an " De mhoir agus ar Slanuighear Iosa Criosd !" Guidheam ort air sgath na geimhlean, an tarcuis, na sgiursaidhean na culaidhean sgeige, an crùn droighinn, an crann-ceusaidh cudthromach, nan tairngean, nan innilean bais a throimh-lot a chorp reubte ! Trid saigldibh nimheach an Uile-chumhachdaich, a shugh suas a Spiorad ! Trid a bhuale dhiomhair sin de chorruich Dhe, agus trid na h-uamhasaibh neo-aithnichte sin a dh' eignich e chum a ghlaodhaich a mach " Mo Dhia , mo Dhia c' arson a thréig thu mi !" Cuiream impidh ort, trid leas t anam neo-bhasmhor, agus trid na sgorraidhibh neo-fhaic-sinneach a dh' f haodas do thilgeadh sios dh' ionnsuidh siorruidheachd ! Trid an leaba bais air am bi thu gu h-aithghearr sinnte, agus trid na h-osnaidhibh gun sta a thaomas tu aig an am sin a mach, mur bi do shith iar a deanamh suas ri Dia !

Cuiream impidh ort, trid claidheamh ceartais De agus righ-cholbh nan gras ! Trid fuaim na trompaid dheireannaich, agus trid teachd obann an Tighearn Iosa Crosd, le deich mile de 'ainglibh naomh ! Trid a chathair breitheanais flathail sin, an lathair am bi thusa agus mise, agus a shuidhicheas ar staid gu siorruidh ! Trid eu-dochas dhiomhain pheacaich chruaidh-chridheach, agus trid aoibhneas do-labhairt nan anama ath-ghinte ! Cuiream impidh ort bho 'n dearbh am so, "do shlainte fein a lan oibreachadh a mach le h-eagal agus ball chrith !" Philip ii, 12. "Rach a stigh troimh an dorus do chro nan caorach." Eoin x. 1. "Reic na th' agad, agus ceannuich an neamhnuid ro-luachmhor." "Meas nan uile nithe nan calldach agus nan slaoit ann an coimeas ri ro-óirdheirceas eolais Iosa Criod." Philip iii. 8. Na leig air falbh e gus am beannuich e thu leis a chreidimh sin, a dh' fhirinnicheas, agus an naomhachachadh sin as eugmhais nach fhaod duine air bith an Tighearn fhaicinn. Agus iar dhuit bhi iar do ghiulan le buaidh-chaithream bho ghleann nan deoir so, dh' ionnsnidh aite comhnuidh "nam firean iar an deanadh foirfe," tilgidh tu sios do chrun gloire siorruidh aig cosaibh an Ti a ta na shuidh air an righ-chathair, agus ann an lathair an Uain, a shaor sinn le 'f huil fein, dhas-an gu robh am moladh, agus an t-urram, agus an gloire, agus an cumhachd, gu saoghal nan saoghal ! Amen.

GAIRM DHUSGAIDH.

BHO'N

Dia shiorruidh do mhuinntir neo-iompuichte.

“Tilgibh uaibh 'ur n·uile chionta leis an do chiontaich sibh, agus deanaibh dhuibh fein cridhe nuadh, agus spiorad nuadh ; oir c'arson a bhasaicheas sibh, O thigh Israeil ? Oir cha-n'eil tlachd agam-sa ann am bas an ti a bhasaicheas, tha an Tighearna Dia ag radh ; uime sin, pillibhse, agus mairibh beo.”—*Eseciel*, xviii. 32, 33.

THA teachdaireachd agam bho Dhia a' t'ionnsuidhse nach do mhothaich riabh ath-ghineamhuinn, no cumhachd ais-eirigh Chriosd, ach a ta marbh ann do pheacaibh gus an la'n diugh, cia b'e cia fhad'sa thainig thu air t'aghaidh ann an coslas sgiamhach na diadhachd a chum muinntir eil' a mhealladh, agus na naoimh, agus t'anam fēin ; tha olc iar a chur an ceil a' t'aghaidh leis an Tighearna, tha la do sgrios am fagus, agus tha na nithe a thig ort a' deanamh cabhaig Deut. xxxii. 35. Tha leir sgrios agus truaigh ann do shlighibh, agus tha'n leabhar beag so air a chur a' t' ionnsuidh leis an Tighearn

theagamh, gu stad a chur ort ann do shligi eacéillidh. Co is urradh a chur an ceil cia iongantach a ni thu luathghaire gu siorruidh ann an saibhreas saor ghrais, ma dh' fhosglas spiorad Dhé do shuileansa, tha nis ri cabhaig dhall a ruith dh'ionnsuidh na muinntir a ta iar an damnad, le brèig ann do laimh dheis, Feuchaidh mi ri do grainealachda, agus truaigh do staid a chur fa d' chomhair. Ged tha moran aig aideachadh gur peacach mhora iad fēin, gidheadh cha'n 'eil am peacadh iar a dhearbhadh orra, agus cha do chreid iad gu'm bheil am binn iar a toirt a mach, oir cha' 'eil iad a' creidsinn leis a chridhe chum fireantachd. Is duine no bean thu tha buailteach do'n bhas, agus theagamh nach 'eil ach beagan gaineamh ann do ghloine gun ruith, agus an sin c' ait' am bi thu? Na diult am mathanas a ta nis iar a thairgse gu saor dhuit, gun airgiod agus gun luach; na cuir suarach fuil Chriosd, na saltair fo d' chois mac Dhè, oir an sin cha'n fhagar iobairt air son do pheacanna: na mùch gluasaid a' spioraid, oir tha'n t-am am fagus, nach dean e stri riut tuille gu brath. "Mosgail thusa a tha d' chodal agus eirich o na marbhaibh, agus bheir Criosd solus duit," Ephes. v.

14. Na diult a chomhairle so tha Dia toirt dhuit, a' t'aghaidh fēin. Na bi ri fanoid air eagal gu-n-deanar do chuibhreach laidir, Isa. xxviii. 22. An uair a chunnaic an Thighearn bho shean gu'n robh aingidheachd an duine mór, sgrios e an saoghal le

tuil, agus bithidh Iosa Criosd gu h-aithghear iar fhoillseachadh bho nèamh ann an teine lasrach a ghabhail dioghaltais orrasan nach 'eil umhail da shoisgeul. Ged tha thu ann a' leithid a chodal trom nach urradh cumhachd chruthaichte do dhusgadh, gidheadh is urradh an Tighearna le ro mheud morachd a chumhachd a radh ruit a nis, an uair tha thu ann a' t'fhuil, Bi beo, agus is urradh e an t'am so a dheanamh na am gaoil. Duisg, duisg. O ghairdein an Tighearn, mar anns na laithibh bho shean. Gheall thu gu'm "bheil an uair a' teachd agus a nis ann, anns an cluinn na mairbh guth mhic Dhé, agus iadsan a chluinneas bithidh iad beo." Eoin v. 25. Ach co aca dh'eisdeas tu no nach eisd, biodh fios agad, gu'm bheil rioghachd Dhe air teachd dlu dhuit.

1. Smuainich air do pheacaibh antromaichtete. Tha do chridhero aingidh; bho sin tha t-uile dhroch smuaintean a' sruthadh a mach, t' adhaltranas, do striopachas, do mhortadh, do ghoid, do shannt, t'aingidheachd, do mhealltoireachd, do mhacnus, do dhroch shùil, do thoibheum t-ardan; is iad so na nithe tha ga d' shalachadh Mar. vii. 21.

Air son na nithe so tha fearg Dhe a' teachd ort, Eph, v. 6. Na meall t'anam neo-bhasmhor, thusa, tha deanamh an leithide so do nithibh, cha shealbhaich thu rioghachd Dhe mar oighreachd, 1 Cor. vi, 9, 10. Cia an aon de reachdaibh cothromach

Dhé nach do bhrist thu? Rinn Dia an duine ceart
 ach dh'iarr esan iomadh innleachd a mach. " Tha
 uile bhreithneachadh smuaintean do chridhe a
 mhain olc an comhnuidh. Tha t'inntinn fleolmhor
 na naimhdeas an aghaidh Dhé; am feadh tha thu
 anns an fheoil cha'n urrainn thu Dia thoileachadh
 Rom. viii. 7, 8. Cha'n eil eagal De fa chomhair
 do shuilean. Nach eil e na throcair iongantach
 nach sgriosadh Dia thu ann am mionaid air son
 meud t'ain-eolais, do leisge agus eion mothachaidh,
 cruais do chridhe agus do mhi-chreidimh, agus air
 son do ghrainéalachd uaigneach? Nach eil do
 pheacanna iar an antromachadh gu mor? Am
 bheil peacanna air bith cosmhuil ri do pheacaibh-
 se? Nach do shaoithrich seirbhisich Dhe, agus
 nach do chaith siad iad fein gu diomhain air do
 shonsa? Gu cinnteach tha thu iar tuiteam ann
 an lamhaibh an De bheo, agus feudaidh tu bhi na
 t'uamhann dhuit fein. Cha'n ionghna leam ged
 tha curam ort air eagal nach mathar do pheacauna
 gu brath, ach gu'm bheil thu an eunnart ditidh
 shiorruidh, air eagal gu'n ol thu de fhiion corruiuch
 Dhe, tha iar a thaomadh a mach gun mheasgadh
 ann an cupan 'fheirge: air eagal gu-n teid am
 peanas is mó chur an gniomh ort; agus gu'm bheil
 thu beo fuidh dhúil eagalach breitheanais agus
 corruiuch theinntich a sgriosas an t'eascaraid. Gabh
 aithreachas uime sin, mu'm peacaich thu, gus nach
 bi leigheas air do shon. 2. Eachd. xxxvi. 16. Nach

'eil thu bodhar do fhuaim aoibhneach shaor mha-thanais pheacanna iar a chur an céill dhuit trid fola Chriosd? Cionnas a theid thu as a ta dean-amh di-meas air slainte co mor? Thoir an aire an t-eagal gu'm bi thu cosmhuil ris an talamh a tha 'g ól an uisce a tha teachd gu tric air; agus gidl-eadh a' toirt a mach droighionn agus drisean, agus a tha iar a chur air chul, agus fagus do mhallachadh; d'an deireadh a bhi iar a losgadh Eabh. vi, 7, 8. Tha aobhar agad bhi fo uamhann an cómh-nuidh, air eagal gu' abaireadh an Tighearn mu'd thimchioll, mar thuirt e mu'n chraoibh fhige gun mheas; "gearr sios i, c'arson tha i na dragh air an talamh?"

2. Smuainich air do staid eagalach 'san ám a ta lathair. Tha thu iar do dhiteadh a cheana, do bhrigh mach 'eil thu creidsinn Eoin iii. 18. Tha beagan dàile bho'n bhas iar a thoirt dhuit a mhàin trid foighidin iongantach Dhé. Cha'n fhaic thu beatha ach tha fearg Dhé gabhail comhnuidh ort. An staid so, gu fuireach ann gu neo-churamach aon mhionaid ni's faide? Thoir comas labhairt do d'choguis.

2. Cha'n 'eil earbsa agad; nam biodh t'anail iar dol as, tha do staid an-earbsach. Tha thu ag radh, tha dùil agam bhi iar mo thearnadh le Iosa Criod; ach tha'n Tighearn ag radh, gu'n teid dochas a chealgair a dhith, agus gu'n gearrar as e. Oir

ciod e a dhochas an uair a bheir Dia air falbh anam? Job xxvii. 8. Cha'n aithne dhuit sligh na sith; tha thu gun Chriosd, 'na do choigreach do na geallaibh, gun dochas, agus gun Dia 'san t-saoghal, Eph. ii. 12.

3. No theagamh gu'm bheil thu ni's measa, agus ann an cor ni's cunnartaiche, cha'n 'eil agad ach earbsa mharbh. Am bheil t' earbsa air a gintinn le cumhachd ais-eirigh Chriosd? Nach do phill cridhe meallta thaobh thu, nach urrainn thu t'anam a shaoradh, no radh, nach eil breug ann am laimh dheis? Isai. xliv. 20. Tha'n duine laidir fo arm-aibh ga d' chumail ann an sith mheallta. Tha thu a'd' chodal, an uair nach 'eil do sgrios ri taimh-neul, ach ri mor chabhaig. Tha thusa cosmhuil ri neach 'na chodal air barr cruinn luinge; gluais car tamuill ann an solus nan sradan a bheothaich thu, agus an sin gheibh thu so bho laimh Dhé, luidhibh tu sios ann an doilghios. Is. l. 11.

4. Tha thu dluth do sgrios, agus is iomchaidh dhuit, a bhi a' bith-shealltuinn gu'm bheil truaigh nach gabh seachnad a' teachd ort. Tha thu an crochadh os ceann lasraichean ifrinn a mhain le snathain do bheatha; nam biodh sin iar a ghear-radhbh, thuiteadh tu sios air ball ann an truaigh bho nach 'eil saoradh. An uair luidheas tu sios gu codal co aig am bheil fios nach duisg thu le lasraichibh mu do chluasibh? An uair a thig an oidhche,

fendaidh tu radh le cùidhe gort craiteach a nis tha mo dharnadh ni's faigse na bha e 'sa mhaduinn. Thusa chaidh chronachadh gu minic, agus a ta fathast a' cruadhachadh do nhuìneal, sgriosar gu h-obann thu, agus sin gun leigheas. Gnath.xxixii. Feudaidh am focal so namhainn a chur ort gach aon oidhche: amadain air an oidhche nochd iarrar d' anam ort. Luc. xii. 22.

5. Mur do dhùin Dia cheana thu fo mhallachadh uaigneach, cha-n 'eil fhios agad, c'uine dh'f heudas e cheanamh, agus mionnachadh na fheirg nach teid thu a steach d'a shuaimhneas. Eabb. iii. 11. Do bhrigh gu'm bheil thu ceangailt ri d' iodholaibh, tha aobhair agad a bhi fo churam, air eagal gu-n dubhaint Dia, Leig leis. Esan tha truaillidh biodh e truaillidh an comhnuidh. Coidlidh tu codal bith-bhuan agus cha dùisg thu. Ann ad shalchar tha neo-ghloine, do bhrigh gu'n do glan mi thu agus nach robh thu glan: cha bhi thu iar do glanadh o d' thruaillidheachd ni's niò gus an toir mise air mo chorruich gu-n gabh i tamh ort. Esec. xxiv. 13,

6. Feudaidh thu dail fhaotainn bho ifrinn chum do pheacanna cheanamh ni's antromaicte, gus an lion thu suas tomhas t-airgeidheachd, O staid uambasach! duine bhi beo mhain chum a bhi carnadh suas connaidh gu bhi ga losgadh fein gu siorruidh, eadhon ionmhasan feirge airson an la dheireannaich. Seum v. 2.

7. Feudaidh e bhith, gur e an t-aobhar nach 'eil Dia ga d' bhualadh marbh ann ad pheacaibh do bhrigh gu-m bheil thu iar do ghleidheadh air son doirinnean ni's mò, chum s gu'n tig feirg ort gus a chuid is faide. B' f horasda do Dhia do leithidse de chnuimhghraineil a phronnadh na bloighdibh ann am mionaid, ach tha e a' caomhnadh an t-aingidh gu la na sgrios ; chum la na feirge gu'n toirear a mach iad, Iob xxi. 30. Air son na criche so, agus an rùin so feudaidh thusa bhi iar do thogail suas chum gu-m foillsicheadh Dia a chorruich agus gu-n deanadh e aithnicht' a chumhachd, agus uime sin tha e giulan le mor fhad-f hulangais soitheach na feirge a ta air ullachadh air son sgrios.

3. Thoir fainear do naimbdean.

1. Tha-n lagh ga d' mhallachadh oir a ta e scribhte. "Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h uile nitribh a ta scribhte ann an leabhar an lagha chum an deanamh ; tha e aig innseadh dhuit gu'm faigh thu gu cinnteach bas. Gal. iii. 10. Frasaidh an Tighearn nuas ribean ort ; ann an iomlaine pailteis t' f hein-floghantais bithidh tu ann an teanntachd. Tha na h-uile nithe tha thu sealbhachadh iar am malluchadh dhuit. Deut. xxviii. Bi air chrith a pheacaich a ta ann an suaimhneas oir a ta Dia a' teachd ann an teine 'eud chum an talamh a bhualadh le mallachd : tha fearg Dhè iar f hoillseachadh bho nèamh an aghaidh gach uile

aingidheachd agus eucoir dhaoine, a tha cumail na firinn ann an neo-fhireantachd.

2. Tha'm bas agus ifrinn a' feitheamb riut; tha chruitbeachd gu leir air a sgitheachadh le do leithid a dhragh air an talamh agus a ghrian le bhi dealrachadh air do leithid chreutair breun, agus gu h-aithghear foillsichidh na nèamha d' aingidheachd uaigneach, agus eirigh an talamh suas a t' aghaidh. Is e so do chuibhrionn bho Dhia, agus an oighreachd th' iar a cuir air leth dhuit le Dia. Nis thoir fainear so, thusa nach cuimhnich Dia, air eagal gu'n reub e as a cheile thu. gun neach ann a theasairgeas thu. Salin I. 22.

3. Tha'n diabhol a' beucaich mar leomhan air son na creich gu do shlugadh suas; an uair tha e ga d' chasadid an lathair Dhē; ch-n 'eil a b-aon agad ann an flaitheas a thagras do chùis. Smuainich ort fein, ciod a ni mi ann an lá an fhirosrachaidh, agus anns an sgrios a thig bho chein? Co dh-ionnsuidh a theicheas mi chum cobhair, no c' ait am fag mi mo ghlóir. Isai. x. 3.

4. Tha Dia na namhaid millteach dhuit. Tha gnuis an Tighearn a t'aghaidh. An urradh do chridhe fulang, no do lāmhan a bhi laidir anns an la anns am buin mise riut. Cò a's urradh seasamh roimh fhearg-san? Agus cò dh'fheudas fuireach ann an dian theas a chorruich? Nah. i. 6.

4. Smuainich air do thruaigh an deigh so.

1. Is eigin duit am bas fhaotainn gu h-aithghear, agus an sin cha bhi t-uine, no la do ghrais ann ni's mò. Cha'n fhaigh thu tuille a chaoidh an ni a ta t'anam a' miannachadh.

2. Thig Criosd le deich mile d'a naoimh gus a chuis a dhearbhadh ortsa, nach gabh dusgadh a nis. Bithidh cumhachd agus teachd an Tighearn losa 'sna neoil ro-uamhasach, an uair thig e ann a ghloir fein agus ann an gloir Athar. Seididh an trompaid dheireannach, fosglar na h-uaighean, agus bheir a'mhuir agus am bas agus ifrinn suas na mairbh ; an sin bheir Criosd a mach a naimhdean leis nach b'aill gu'n riaghladh e os an ceann ; an sin eighidh tu ris na beanntaibh agus ris na creagaibh, tuitibh orm agus folaichibh mi o ghnuis an Ti a tha na shuidh air an righ-chathair, agus o chorruich an Uain, oir tha la mor fheirge air teachd, agus co dh-fheudas seasamh ? Taisb, vi, 16, 17. Ach cha bhi dorchadas no sgaile bais ann, far am folaich luchd deanamh na h-aingidheatcnd iad fein. Job xxxiv. 22. Dh'fheudadh eadhon iomradh air na nithibh so am peacach a's aingidh a dhusgadh.

3. Theid cùis dhitidh a thoirt a t'aghaidh agus breith thoirt ort aig cathair breitheanais an Dè cheirt far an eigin duinn uile seasamh. 2 Cor.v.10. Ann an sin bithidh do pheacanna uaigneach uile air an toirt gu solus chum do naire shiortuidh.

Tha'n t-am iar teachd, anns an toisich breitheanas aig tigh Dhé, agus ma thoisicheas e againne, ciod is crioch dhoibhsan nach 'eil umhail do shoisgeul Dé? Agus ma's ann air éigin a thearnar am firean c'ait an taisbean na h-ain-diadhuich agus na peac-aich iad fein? 1 Pead. iv. 17, 18. Esan a dhoirt fhuil aon uair air son pheacach, thig e nis chum breith a thoirt ort, agus do dhiteadh, agus bho bhreith-sa cha'n 'eil e air chomas a chùis a thogail. An sin eiridh gach uile shearmon agus cronachadh dileas a' t' aghaidh. Cha-n aill leat a bhi réidh ri t'eascairaid gu h-aithghearr am feadh tha thu maille ris air an t-sligte. Cha chluinn thu ni's mò guth caomh Chriosd a ta gairm ort. Thigibh oir a ta na h-uile nithe nis ullamh Luc. xiv, 17- Ach is éigin dhuit an guth sin a chluintinn, olc air mhath leat. Eiribh sibhse a ta marbh, agus thigibh gu breitheanas. Bu mhór an trocair dhuit, nan gabhadh roimh-smuaineachadh air uambainn an la sin greim air do choguis neo-mhothachail, cia b'e ait an rachadh tu. Tha do Bhreitheamh na sheasamh aig an dorus, agus tha teachd an Tighearn tarruing fagus; duisg uime sin thusa tha 'd chodal, agus ullaich gu coinneamh a thabhairt do'n Tighearn anns an athar. Cuiridh Iosa Chriosd fein an ceil a bhinn uamhasach sin a t'aghaidh; imichibh uam sibhse ta malluichte, gu teine siorruidh a dh' ullaicheadh do'n dhiabhol agus d'a ainglibh. Cia brònach a ghlaodhas anama iar an diteadh an sin air son tro-

cair, no fuasgladh, leis am fuath a nis a bhi iar an aith-leasachadh, agus tha toirt toibhheim do spiorad Chriosd ?

4. Thusa air nach druidh focal a nis chum teich-eadh a dh' ionnsuidh Chriosd, luidhidh tu sios anns na lasraichibh a's teoithe an ifrimm. Bithidh e ni's so-iomchair do Shodom agus do Ghomorra aig la a bhreitheanais, na dhuitsa. Is éigin duit falbh gu teine siorruidh, an uair a theid na fireanaich gu theatha shiorruidh. Iarruidh tu basachadh, ach eichidh am bas uait.

Bu mhiann leat dol as bho laimh Dhe, ach bithidh e do-dheanta. Nithear peanas ort le sgrios siorrúidh bho lathair an Tighearn agus bho ghlòir a chumhachd. An sin bithidh uachdranachd aig na firean-aibh os do cheann air a mhachuinn so, agus dealraidh iad a mach mar a' ghrian an rioghachd an Athair ; cia b'e aig am bheil cluasa chum eisdeachd, eisdeadh e. Gabhaidh Dia tlachd ann a bhuaidhean a ghlorachadh le thus a sgrios. Ni e gaire ri do sgrios agus ni e fanoid an uair a thig eagal ort ; an uair a thig eagal ort mar fhasachadh, agus do leir-sgrios mar iomghaoith, an uair a thig eigin agus amhghair ort Gnath, i. 26, 27. Cha-n urradh cridhe a bhreithneachadh, ni mò 's urradh teanga dhaoine no aingil a chur an ceil, ciod an fhearg a dhoirteas an Tighearn Dia siorruidh, firinneach, agus cumhachdach a mach air soitheach feirge air ullachadh

air son sgrios. Anns an aite sin guilidh tu, agus ni thu caoidh agus casaidh tu t' fhiacan far nach basaich enuimh na coguis, agus far nach bi an teine air a mhuchadh. Nach 'eil thu fathast iar do dhusgadh gu eigheach a mach "Ciod a ni mi chum 's gu'n tearnar mi bho'n fheirg namhasaich so a ta teachd? An robh mi a' scriobhadh gu mir fiodha, no gu cloich, no gu carraig ailbhinn? Thoir an aire air eagal gu-n tig an rabhadh so am breitheanas a t'aghaidh chum gu'm biodh tu iar do bhriseadh, agus iar do ribeadh, agus iar do ghlacadh Isai. xxviii. 13. Bi cinnteach dheth so, gu-m faigh do pheacanna a mach thu, Air. xxxii. 23.

Ach feudaidh cuid a radh, C'arson a ta thu mar so a' cur eagail air peacaich bhochda. Nach 'eil Dia trocaireach?

Ach, Carson tha thusa seasamh a mach, a' deanamh tareuis air gras agus trocair? Bu choir gu-n treoraicheadh mathas Dhé thusa chum aithreachais. Ged tha Dia trocaireach gidheadh air son ar peacanna gin agus gniomh thainig breitheanas air an t-saoghal uile chum ditidh, agus gach uile neach nach creid damnar e. "Is cumhann an dorus agus is aimhleathan an t-sligte a ta treorachadh chum beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre." Matt. vii. 14.

Tha thu 'g radh 's doch a nach tig an la chreid-

eas mi gu-m bheil mo staid co uamhasach agus
toiltneach air damnadhbh.

1. Thoir fainear, cha'n e scriobhhadh dhaoine ach
focal Dé a ta iar fhosgladh an so : bheir am focal
so breith ort air an la dheireannach.

2. Cha'n 'eil sibh a' creidsinn do bhrigh nach ann
de'm chaoraich a ta 'sibh, deir Criod. Eoin. 10. 26.
Is comhara air feirg Dhe gu'm bheil thu diultadh
comhairle Dhe a' t' aghaidh fein, Leugh Deut. xxix.
Ma tha ar soisgeul-ne folaichte, tha e folaichte
dhoibh san a ta cailte ; anns na dhall Dia an
t-saoghail so inntinn na droinge nach 'eil a'
creidsinn, 2. Cor. iv. 4. Thoir an aire uime sin
air eagal gu'n tig sin ort a ta air a labhairt
anns na faidhibh, amhaircibh a luchd tarçuis,
gabhaibh iongantas agus rachaibh a dhith ; oir tha
mi 'g oibreachadh oibre ann ur laithibh, obair nach
creid sibh air chor air bith, ged innseadh neach
dhuibh e Gniombh. xiii. 40, 41.

3. Tha mi faicinn la do sgrios fagus air laimh,
an uair a dh'fhaireas tu an ni nach creid thu nis,
an sin saoraidh tu mise, agus ditidh tu thu fein.

Mur 'eil thu nis iar do dhusgadh ann an trocair,
tha 'n t-am a' teachd gu dluth an uair a bhios am
peacach a 's cruidhe iar a dhusgadh ann am
breitheanas, aon chuid aig uair a bhais, no aig a
chuid a 's faide aig cathair a bhreitheanas. An

robh Corah agus a chuideachd tearuinte an uair dh' fhosgail an talamh a bheul agus a shluig e sios iad, an uair a chaidh iad sios do'n t-slochd agus a dhùin an talamh orra : an uair theich Israel uile a bha timchioll orra, aig an glaodh ? Aireamh. xvi. 32-34. Nach d'thaing crioch air fois Bhelsasar an uair, ann am meadhon 'iodhol-aoraidh, 'ana barra, agus a ghleocamas, ghlac uamhanu e air an uair sin fein. Dan. v,

Cha'n fheudar fuireach fad anns an staid neochuramach so, an uair a bheirear breith ort, agus a dhitear thu chum dioghaltais an teine shiorruidh f hulang, am bi thu an sin suaimhneach agus neomhothachail ? Cha bhi, cha bhi, cha'n' eil fois am measg a mhuinnitir a ta iar an damnadh ; tha e iar f hoillseachadh bho nēamh gu-m bi gul agus gios-gau fhiacla an sin.

4. Am bheil thu brosnachadh an Tighearn gu h-eud ? An treise thusa na esan ? Tha Dia glic an cridhe, agus treun an neart, cō chruaidhich a chridhe 'na aghaidh agus a shoirbhich ? Iob. xi. 4. Cha'n'eil tuigse, no gliocas, no comhairle an aghaidh an Tighearn. Gnath. xxi. 30. Uime sin mur rannsuich thu na scriobtuirean, no mur eisd thu ri guth Dhe, no mur eigh thu air son a Spioraid chum t-eas-creidimh a dhearbadh ort, agus romheud morachd a chumhachd a chuir a mach chum thusa dheanamh toilichte teachd a dh' ionnsuidh

Chrionsd mar pheacach ain-diadhuidh cailte ; nis tha rioghachd neimh a' fulang ain-neart, mur teannuich thu da h-ionnsuidh, agus mur glac thu i leis an laimh laidir, tha mi a' toirt cinnteas duit o Dhia nam flaitheas gu-m bi dorus na trocair gu h-aithghearr duinte ; Seasaidh tu gu h-aithghearr an leth-muigh, agus glaoibhaidh tu gu muladach a Thighearna, a Thighearna fosgail dhomh; ach freagraidh esan le gruaim, gu deimhin cha 'n aithne dhomh thu, Matt. xxv. 11, 12.

Ach their neach eile, tha mise iar mo ghabhail a steach gu co chomunn eglais, agus tha mi meall-tuinn shochairean.

Biodh eagal air peacaich agus air cealgoiribh ann an Sion, oir tha Dia iar teachd a nuas a rann-sachadh Ierusalem le coinnlibh. Na meall t-anam fein uime sin : feudaidh ainm a bhi beo a bhi agad agus thu fathast marbh ; feudaidh tu bhi ann an ceangail ri eglais shoisgeulaich, agus gun a bhi air do cheangal ri Criod. Cuimhnich air Iudas agus criothnaich : cuimhuich gu-n d'imich ua cuig oigh-ean amайдeach maille ris na h-oighibh glic ann an aideachadh ; agus theagamh nach robb iad iaran cur an amharus leis na h-oighibh glic, no leo fein gus an d' thainig an glaoibh sin, mu mheadhon oidhche, tha'm fear-nuadh-posd a' tighinn, rachaibh a mach na choinnimh.

Tha moran a sgrios an anama fein le bhi' gabhair
fois ann an dearbhadh nach 'eil ceait. Thusa a
chealgair a ta ga d' mhealladh féin, bithidh ifrin
shios air a gluasad aig do theachDSA, Isai xiv. 10.

Ach tha thus' ag radh thuille air so, tha grasan
tearnaidh agam mar a ta creidimh, aithreachas,
naomhachd, eud, agus an leithide sin.

Freag. Nach 'eil daoine ini-naomha an t-saoghail
fein ag radh gu'm bheil iad a' creidsinn, agus a'
gabhair aithreachais? Tha searmonachadh bagarrach
eagla trailleil roimh ifi inn, foglum diadhuidh.
no gluasaid leis an lagh, a' toirt muinntir gle fhad
air an adhart anns na laithibh so a bhios gu h-
aithghearr iar an cothromachadh 'sa mheidh, agus
a gheibhear ro-eatrom. Feudaidh tu am focal a
ghabhail le aoibhneas, agus creidsinn car tamuill.
Feudaidh tu bhi iar do thilgeadh sios le eagal feirge
cosmhuil ri Cain. Feudaidh tu peacanna a thil-
geadh uait le grain fo choguis iar a teannachadh,
agus an deigh sin dosgeith ghraineil imleachadh suasa
ris. 2 Pead. ii. 20. Feudaidh an spiorad neo-ghan
dol a mach asad, agus an deigh sin pilltinn le
seachd spioradaibh a's measa na e fein. Feudaidh
dian thogradh a bhi agad gu'm faigheadh tu bas an
fhirein, agus gu'm biodh do chrioch dheireannach
cosmhuil ris agus an deigh sin uile, thu bhi caillte
gu sioruich. Thoir an aire uime sin nach tog

thu gun bhunait. Feudaidh muinntir eile bhi a'gabhall iongantais ri do chaithe-beatha fhaicillich, am feadh a ta thusa dol mu'n cuairt a chur air bonn t'fhireantachd fein, iar dhuit a bhi ain-eolach air fireanteachd Dhe trid creidimh. Feudaidh tu call na h-uile nithe f hulang, agus gidheadh t'fhlolangais a bhi mi-tharbhach, do bhrigh gu'm bheil thn dh'easbhuidh graidh.

Tha thu 'g radh a ris, bha mi iar mo lot gu domhain air son mo pheacanna agus fhuair mi sith bho sin.

Ach cha-n e gach uile lot agus dearbhadh obair eifeachd spioraid Dhe ; ni mò tha gach uile leigheas a' sruthadh bho shith ri Dia trid aonachd ri Criosd le creidimh a ta de oibreachadh Dhé ; ni mò tha t'aoibhneas a ta maille ris do ghnath a' sruthadh bho fhior mhothachadh air gradh Dhé. Tha moran 'gan cuairteachdh fein le sradaibh d'am fadadh fein, dh'a nach b'aithne riamh gras Dhé ann an treibhireas, no fianuis an fhior spioraid.

Tha thu nis ag radh O ! Aman, do bhrigh gu'm bheil mo staid co uamhasach a's a ta focal Dhé a cur an céill, innis dhomh, guidheam ort, ma tha dochas air bith air son mo leithid-sa pheacach, agus ciod is eigin dhomh a dheanamh ?

An uair a dh'fhiorsraich fear gleidhidh a phriosuin de Phol agus de Shilas, Fheara ciod a ni mi

chum gu'm tearnar mi? Thuit iad. Creid ann an Tighearn Iosa Criosd agus bithidh tu iar do thearnadh agus do thig. Uime sin air ball ann am meadhonaibh nan gras, feith air son an spioraid chum do tharruing leis an t-soisgeul. Cluinnidh tu an sin gu'n do shaor Criosd sinn bho mhallachadh an lagha iar dha bhi iar a dheanamh na mhallachd air ar son, Gal. iii. 13. Chur Dia mach a mhac, iar a dheanamh fo'n lagh, chum iadsan a bba fo'n lagh a shaoradh. Ghradhaich Dia an saoghal air a leithid a dhoigh, 's gu'n tug e aon-ghin-mic, chum cia b'e chreideas ann nach rachadh e dhith, ach gu'm bi a bheatha mhaireanach aig. Eoin iii. 16. Na rach mu'n cuairt uime sin a chur air chois t'fhirean-teachd fein, oir is e Criosd crioch an lagha do gach neach a ta creidsiunn, Rom. x. 3, 4. Cluinnidh tu an sin am fuaim aoibhneach, gu'n chreid ceann-feadhna nam peacach agus gu'm bheil e iar a thearnadh; agus nach e antromachadh do pheacanna, no do staid thruagh a nis a chumas air ais trocair uait, Bheir an Tighearn mathanas am pailteas, Isai. lv. 7. Tha gras Criosd a' dol a meud, tha tiodhlaceaing air son na muinntir cheannairceach. Is fior an radh so, agus is fiu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thaing Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach, d'am mise an ceud fhear 1 Tim. i. 15. An neach a thig a'm' ionnsuidh cha chuir mi air falbh air chor air bith. Uime sin

na gabh ceum an-earbsach, a blrig gu'm bheil
 thu am beachd nach 'eil peacadh ann cosmhuil ri
 do pheacaibhse ; oir tha fuil Iosa Criod a mhic 'gar
 glanadh bho 'r n uile pheacaibh. I Eoin i. 7, Tha
 Dia a fireanachadh pheacach gu saor le ghras trid
 an t-saorsa ta ann an Iosa Criod. Thugadh e buaidh
 air do chridhe a bhi smuaineachdh cia saor a riun
 Criod e fén aithnichte do pheacaich an uair a
 ghabh e comhnuidh 'n ar measg, an uair a sheas e
 suas agus a ghlaodh e, Ma tha tart air neach air bith
 thigeadh e a'm' ionnsuidhisa agus òladh e : tha
 fhuil phriseil ni's comasaiche gu fireanachadh, na
 tha do pheacanna mora gu do dhiteadh, Thig,
 deir Iosa ruit, oir a ta na h-uile nithe ullamh.
 Agus deir an Spiorad agus a' bhean nuadh-phosda,
 'Thig, agus abradh an ti a chluinneas, Thig agus
 thigeadh an neach air am bheil tart agus cia b'e
 neach leis an aill, gabhadh e uisge na beatla gu
 saor. Taisb. xxii. 17.

Tha fireanteachd ann an Criod gu d' chomhdachadh,
 agus creidimh chum gabhail riut mar an cend-
 na. Ni Dia trocair orrasan nach d'fhuir trocair,
 agus ni e iadsan nan sluagh dha fein nach robh nan
 sluagh dha Hos. ii. 23. Tha Criod iar ardachadh
 chum aithreachas a thoirt, agus c'arson nach
 d'thoir e dhuit-sa e aig am bheil feum air ? Nach
 do ghairm agus nach d'fheith Criod fad, gus

an robh a chiabhan fliuch leis an dealt? A pheacuich bhochd! Cionnus is urrainn thu gun gheilleadh do ghradh an Ti sin, a ta fathast a' guidheadh ort a bhi reidh ris, ged dh'fheudadh se e fèin a ghlorachadh ann do sgrios. Nam feuchadh Dia dhuit beagan de ghradh a chridhe féin, agus cridhe Chriosd do pheacaichibh, leaghadh e do chridhe reota, agus chuireadh e iongantas ort gu'm biodh mathanas ri fhaotainn fathast le do leithid-sa chreutair truagh air son nam peacanna is mó. An uair a bha Chriosd air an talamh, faic cia taitneach an t-searmon a rinn e do chis-mhaoir agus do pheacuich Luc. 15. An uair a rinn e iomradh air an staid chailte, agus a dh'innis e dhoibh gu'n robh e iar teachd g'an iarruidh agus g'an tearnadh; agus a chum misнич a thoirt do mhacaibh strōghal a ta ullamh a bhi gabhal eagal nach 'eil trocair air an son, tha e feuchain dhoibh, ged tha iad fad as, gu'n do leagh a chridhe os an ceann, agus gu'n do ruith e nan coinneamh, a leum thar beanntaibh a chum an glacadh na uchd. Biodh cinnteas agad gu'm bheil uiread de ghradh agus adh'iochd ann an cridhe Chriosd a nis ann a' ardachadh; is an uair bha e an so air an talamh. Ged tba thusa 'n ad fhear-tarcuis air spiorad Chriosd, gidheadh deir an Tigh-earn, Cia f had a luchd fochaid, a ghabhas sibh tlachd ann am fochaid; pillibh ri m' achmhasan; feuch doirtidh mi mach mo spiorad oirbh. Gnath. i. 22, 23. Mar so thoir thusa eisdeachd do ghuth

taitneach blasda Chriosd gus an toir a ghaol thairis thu, agus am bi thu iar t-eigneachadh gu teachd a stigh.

Bha cuid a dhearbhan tha thu 'g radh agam, ach tha eagal orm nach robh mi iar m' iompachadh,

Tha mi faicinn gu'm bheil moran iar an gairm ach beagan air an taghadh ; ciod a chomhairle bheir thu dhomh chum nach caillear mi gu siorruidh ?

Thuille air na bheil scriobhta ann am chomhairle do pheacachaibh gabh na h-earail so a leanas.

1. Oibrich a mach do shlainte le eagal agus ball-chrit. Dean baigh ris an eagal dhiadhuidh, neach a theachd gus a bhreith, agus gun neart ann chum gu'm beirear e. Thoir an aire nach basaich agus nach tig do dhearbhan gu neo-ni : na gabh fois na socair dh' easbhuidh leighis, trid crathadh fola Chriosd.

2. Na gabh fois ann an uamhann an lagha a dh' easbhuidh broin diadhuidh ; claidhaich gu domhain a chum gu'n tog thu air a charraig. Ma dh' fhosglais Dia do shuilean agus gu'm feuch e dhuit cia mar a ta thu na' d' uaigh fhosgaitl lan de phuinsion mairbhteach, firinnichidh tu Dia an sin ged thilgeadh e dh' ifrinn thu gun dail ; agus bithidh jongantas ort ciod a chum air h-ais lámh a chear-

tais gun thusa sgrios bho chionn fhada. Cha bhruth Dia fo chasaibh a leithid a phriosuineach talmhainn. Tuir. iii. 34. Ni mò dhiteas e thusa a ta mar so 'ga fhirinneachadhsa, agus 'g ad dhiteadh féin, agus a ta luidh sios aig a chasaibh le fadaidheachd chum bhi iar t-fhaotainn ann an Criosd: feith uime sin air son dearbhaidh an spiorad mu pheacadh do bhrigh nach 'eil thu a' creidsinn ann an Iosa Criosd. An uair a thig an Comhf hurtair, dearbhaidh e an saoghal mu pheacadh, do bhrigh nach 'eil iad a creidsinn annamsa. Is e sin dearbhaidh e am peacadh so gu sonruichte orra: tha'n spiorad ag an-tromachadh peacadh a mhi-chreidimh, far am bheil e a' teachd a dh'oibreachadh gu h-eifeachadh; tha so iar a ghealltuinn anns na laithibh deireannach, gu-n amhairc na peacuich is mo air Criosd a lot iad, agus gu-n dean iad bron air a shon mar ni neach bron air son aon ghin mic. Sechar, xii. 10.

3. Biodh dian iarrtus agad gu-m faighear ann an Criosd thu, gun t'fhireantachd fein a ta o'n lagh a bhi agad, ach an fhireantachd a ta trid creidimh Chriosd: na earb gu brath gu m bi thu iar do leigheas leis an lagh: ach trid fireantachd Chriosd a dh'easbhuidh oibre an lagha; oir is e gach uile ni is urrainn an lagha a dheanamh do lot, agus eolas a' pheacaidh a thoirt dhuit. Rom. iii. 20, Agus an



sin tha e ga d' f' hagal ann an staid gun chobbhair,
 agus ullamh r'a dhol a dhìth; tha e g' oibreachadh
 feirge, agus ga d' mhallaichadh; a' toirt breith
 ort, agus ga d' dhiteadh. Tha e na ghnath aig
 anamaibh to thrioblaid, gu tric, ruith nan neart féin,
 a dh' ionnsuidh an dleasnas no'n deoir, no rùna
 nach peacuich iad ni's mó, an aite amharc air
 Criosc a rinneadh na pheacadh air an son, chum
 agus gu-m biadh iadsan iar an deanamh nam fir-
 eantachd Dhé aunsan. 2 Cor v. 21. Bu choir
 dhoibh teachd gun airgiod, mar pheacuich a dh'
 ionnsuidh Chriosd an neach b'e toil an Athar a
 bhruthadh. Chuir Criosc crioch air easontas,
 agus chriochnaich e lochdan, agus rinn e reite air
 son aingidheachd, agus thug e steach fireantachd
 shiorruidh. Ann an so tha feum aig teachdairibh
 Chriosd a bhi air am faicill an uair a ta iad a' cur
 pheacuich iar an dusgadh, gu dleasnasaibh, gu-n
 teagaisg iad dhoibh amharc air son fireantachd le
 creidimh dh'easbhuidh oihre an lagha, air eagal
 gu-n dean iad ginealach de chealgoiribh féin-
 fhirinneach an aite creidmhich f' ballain. 'Malluich-
 te gu-n robh gach teagasg, beatha, no creidimh a
 dh'f heuchas ri fireantachd ullachadh an lathair
 Dhé, leis an lagh bhrist, no le oibríbh an lagha."

4. Uime sin, nam b'aill leatsa gu-n gabhta riut
 ann an Criosc, thig mar ain-diadhach, mar eucor-

ach d'a ionnsuidhsa fhuair bás air son pheacach, an uair bha iad nam peacuinch, agus tha 'gam faotainn marbh ann an peacaibh an uair a ta e teachd 'gan gairm. Is e obair an lagha mhain a dhearbhadh oirnn gu-m bheil sinn 'n ar ain-diadbaich, marbh ann am peacaibh gun fhireantachd gun neart. Mur nach bu mhath leat a bhi iar do chuir iar chúl, agus air do mheas mar Phairseach, thig mar pheacach gun chobhair gun earbsa. Ged tha thu gad' fhaireachduin fein marbh, neo mhothachail, cadalach, seadh ged nach 'eil f hios agad gu-m bheil thu doruinneach agus truagh, agus bochd agus dall agus lomnochd, gidheal a deir Criod. Comhairlicheam dhuit or a cheannach uamsa, iar a dhearbhadh 'san teine, chum gu'm bi thu saibhir, agus endach geal chum gu-n comhdaichdear thu, agus nach bi naire do lomnochd follaiseach Taisb.

iii. 18. Ann an aite Criod a dhinltadh le micreidimh, air eagal thu bhi neo-airidh, no do bhrigh gu'm bheil thu dh'easbluidh an oibre so, no eibre ud eile an lagha, uidheamachaith, uo ulla-chaidh, is ann bu chóir dhuit iongantas a ghabhal gu-m bheil fireantachd trid saoir ghras iar a foillseachadh do d'leithid a chreutoir ceannairceach; gu'm biodh tus 'a ta do nainhaid a' faotinn aithne, agus cuireadh teachd a dh'ionnsuidh Criod air son fireantachd, chum t'f hirinneachadh agus do thearnajdh.

5. Duisgeadh na bagraidhean an aghaidh a mhi-chreidmhbhich thu, agus na gabh de dhanadas Criod a dhiultadh. Is peacadh an-tromaichte agus uamhasach e, mathanas saor ann am peacaibh trid fola Criod a chur suarach. Is trocair so nach deachaidh riamh ordachadh air son dheimhan, O na tionndaidh air falbh bho Criod le neo-aithreachas mi-chreidmbeach, agus cruas-cridhe ! air son a pheacadh so brisidh Criod gu h-aithghearr troimh na neoil ann an teine lasrach maille ri' ainglibh naomha. 2 Thess. i. 8, 9.

6. Biodh eagal ort roimh mhi-chreidimh os ceann gach ni eile Eab, iii. 12. Tha moran de'n mhuinntir a ta iar an dusgadh fo thrioblaid air eagal nach'eil mathanas peacuidh air son an leithide so de chreutairibh graineil, tha eagal orra nach gabhar ri'n leithidibh sa pheacaichibh cruidh, salach neo-churamach, ach O pheacuich aingidh! biodh eagal ort Criod a dhiultadh, no nach tugadh tu deagh bheatha dha. Biodh curam ort an t-eagal iar do ghealladh a bhi iar fbagal agad dol a steach do shuaimhneas, gu'n tig thu dheigh-laimh air trid mi chreidimh.

Cha'n 'eil fhios agad, tha thu 'g radh, cia aingidh a bha mise, cha'n urradh mi gun eagal a bhi orm, gu'n sgrios mo pheacaidh mi, Ma tha do choguis gu tric gad' bhualadh le eagalaibh craiteach, gu'n

dean do neo-ghloine, t'fhein-thruaillidheachd do gheocaireachd, t'fhearg, t'ardan, do shann agus an leithide sin do sgrios : tha peacadh is mò na iad so agad ; is e sin t'eas-creidimh ; nach d'thainig thu dh'ionnsuidh Chriosd, nach d' thug thu deagh-bheatha do 'n sgeul mhath mu thinichiell math-anais pheacanna trid fola Chriosd do na peacaichibh is mo. Is e so am peacadh sgriosail sin bho 'mo bu chòir dhuit eagal a bhi ort : is esan a mhàin nach 'eil a' creidsinn anns a mhac nach flaic beatha, Eoin iii. 36.

7. Biodh cinnteas agad nach danadas, ach dleas-nas a bhi a' creidsinn ; ged tha thu gad' fhaicinn fein mar am peacach is mo ; oir measaidh Dia e fein iar a ghlorachadh le thusa bhi a creidsinn ann an dochas an aghadh dochais. Rom. iv. 20.

C'arson tha thu 'g radh ris, tha thu gam chuir gu creidsinn dhiom fein.

Do bhrigh gu-m bheil an Tighearna a toirt air t' aitheantaibh a theachd le cumbachd air luchd tarcuis, agus gu'm bheil e a' compairteachadh a' spioraid agus a neart ann an cleachdadhbh orduigh-ean gnathuichte chum chreidimh a thoirt seachad agus oibreachadh. 1 Thess. i. 4, 6.

8. Na sgrios t'anam luachmhor le bhi 'saothrachadh chum am peacadh a chlaoidh, roimh dhuit

bhi iar t-ath-bhreith. Cha'n fhend co-chomunn a bhi ann roimh aonachd; air tús dean a chraobh gu math, agus bithidh a meas gu math. Tha fios aig moran gur eigin doibh iomadh dleasanais a choimhlionadh, agus tha iad a' toiseachadh ris an obair 'nan neart féin, agus tha iad do ghnath a' foghlum; iarruidh moran mar so dhol a stigh agus cha'n urrainn iad. Mar nach bu mbath leat dol air seachran bho'n t-slighe chumhang; iarr air tús bhi iar do shuidheachadh ann an Criod le cumachd ais-eirigh, agus an sin oibrichidh do chreidimh le gradh gu pait.

Tha Mr. Cotton 'n a mhineachadh air leabhair an Taisb. a' toirt fainear. "Gu'm bheil sagairtean eaglais na Roimh 'nan teagasc cosmhuilis na locuist, a' cur gath ann an coguisibh leis an lagh, agus a' leigheas an loit le muinntir a chur h-uige gu oibrabh claoibhidh as an leth a muigh, iar dhoibh a bhi aineolach air teagasc fireantachd le creidimh, a dh'easbhuidh oibre an lagha." Thugadh ministeirean Chriosd an aire nach cuir iad, gu mearachdach, muinntir gu oibrabh roimh chreidimh, agus gu meas math a thoirt a mach ma'm bi a bhunait iar a suidheachadh le h-aonachd ri Criod trid teagaisg Dhe. Is e so duine chur a thogail aitribh gun bhunait. Tha eagal orm gu'm bheil miltean iar an call trid a leithid so de shearmonachadh.

9. Gu h-araidb thoir an aire nach gabb thu fois dh'easbhuidh aonachd ri Criosd. Tha aonachd glormhor agus diombair ann ri Dia iar a dheanamh aithnichte 'san fheoil, leis an spiorad. An uair a ta Criosd a' posadh anam ris fein gu brath ann am fireanteachd, ann an caoimhneas graidh, agus ann an ceartas, agus an am firinn, an sin gabhaidh e eolas air an Tighearna, Hos. ii 19, 20. Ann an sin tha urnuigh Chriosd air a freagairt, "Chnm gu'm bi iadsan uile 'nan aon, mar a ta thus' Athair annamsa agus mise annadsa, gu'm bi iadsan 'nan aon annainne, Eoin, xvii. Is e neach aig am bheil am mac aig am bheil beatha, agus esan aig nach 'eil am mac, cha'n 'eil beatha aig, ach tha fearg Dhe a' gabhal comhnuidh air. Cuiridh na creutoirean is graineile meas air sochairean Chriosd aig uair a bhais. Tha 'm fior chreidmheach a' gradhachadh Chriosd fein. Is eigin duit a bhi iar do ghearradh as a chrann-ola a ta fiadhaich a thaobh naduir le laimh Dhe, agus iar do shuidheachadh ann an aghaidh naduir anns an deagh Chrann-ola; no mur bi, cha'n aidich Criosd thu mur bhall dheth fēin; ach seargaidh tu mar gheug, agus bithidh tu iar do thionail le daoinibh, agus iar do thilgeadh 'san teine, Eoin. xv. 6. Is eigin duit, ann an creidimh, ful Chriosd 6l. agus 'fheoil itheadh, no cha'n urradh thu beatha spioradail a bhi agad annsan.

Fuasgladh iar a thoirt do cheistibh neach a ta
iar a bhuaireadh,

Tha an t-anam 'sa staid so 'g radh gu tric, och! tha
mi cinnteach nach urradh mi creidsinn dhiom fein.

Ach nach fheud Criod gearan ort mar rinn e
orrasan. Eoin v. 40. "Agus cha'n aill leibh teachd
ain' ionnsuidh a chum gu'm biodh beatha agaibh.
Is e taineolas a thaobh naduir air Criod, agus do
bheatheachd mearachdach air, is coireach nach 'eil thu
creidsinn ann.

2. Fuidh fhaireachduin air t'anmhuiinneachd
fein guidh air son, agus feith, ri eolas faireachdail
cumhachd ais-eirigh Chriod, Phill. iii. 10. Chum
gu'n cuireadh Dia mach ro-nheud morachd a
chumhachd a thoirt comais dhuitsa dol a dh'ionn-
suidh lanachd Chriod, a chum gu'n rioghaich
gras annad, Ephes. i. 3 Is e croich an spioraid gu
sonruichte ann a bhi dearbhadh t'anmhuiinneachd
ort, gu'n teagaisgeadh e dhuit sealltuinn ri Criod,
a ta lan grais, agus aon an uile orduighibh Dhe a
bhi feitheamh air son tarruing an Athair a gheall a
theagasg, Eoin vi. 44, 45.

3. Choisinn agus gheall Criod an spiorad, an
Comhfhurtair a chuir chum an t saoghail a dhearbh-
adh mu mhi-chreidimh, agus creidimh a ghintinn.
Uime sin ann an aite an earbsa mhi-chreidmheach,

seall air son dortadh a mach an spioraid an am meadhonaibh nan gras a chum do chomhnadh gu creidsinn.

Och ciod mo ghnothuchsa ri teachd a dh'ionn-suidh Chriosd, a ta am ain-diadhach, cadalach ain-deas, am cheann-cinnidh nam peacach? Och! Tha'n lagh a' toirt cuis dhitidh a' m' aghaidh, agus tha eagal orm gu'm bi mi truagh gu siorruidh.

'Se an Tighearna a thoisich ri do shuilean fhosgladh a chum gu-m faiceadh tu do staid; feudaidh e bhith gu'm buin an gealladh sin duitsa. Abraibh riusan a ta lag-chridheach bithibh laidir, na biodh eagal oirbh.

2. Is tusa an neach a ta iar do ghairm, agus gabhaidh Criosd riut cioutach, agus ain-deas mar tha thu ann do bheachd agus do mhothachadh fèin. Tha Dia aig aithneadh dbuit gn'n taice leigeil air t-oibrigh féin air son sith, ach creidsinn ann an Dia ta firinneachadh nan ain-diadhach, agus measar do chreidimh air son fireantachd, tha thu gu creidsinn ann an Dia a ta beothachadh nam marbh. Tha Dia saibhir ann an trocair air son a ghraidih mhoir leis an do ghradhaich e peacuich, gu'm beothachadh maraon ri Criosd, chum gu'n taisbeanadh e ro-mheud saoibhris a ghrais, Ephes. ii. 4—7.

Tha Criosd a' toirt aithne agus cuireadh do

pheacaich teachd da ionnsuidh fein agus cha-n ann chum neach eile ; agus tha e 'g innseadh gu soilleir, gur aill leis trocair agus ni h-e iobairt, agus gu'n d' thainig e cha-n ann a ghairm nam fireanach ach nam peacach chum aithreachais.

Tha so a' cur aoibhneas ann mo chridhe gu-m feud mo leithidsa chreutoir aingidh teachd a dh' ionnsuidh Chriosd : ach am feud mi nis teachd a dh' ionnsuidh Chriosd, co aithghearr an deigh mo dhusgaidh ?

Thig agus 's e do bheatha nis a dh' ionnsuidh Chriosd. Thug Criosd mor mhisnich do Nataniel, do bhrigh gu'n d' thainig e air a cheud ghairm. Deir Iosa ris, do bhrigh gu'n dubhaint mi ruit, chunnaic mi thu fo'n chrann f'hige, am bheil thu a' creidsinn ? Chi thu nithe is mo na iad so. Tha thu 'g radh tba 'n Tighearn iar tarruing air falbh uam, agus deir t-anam craiteach, tha eagal orm gur mealladh bho Shatan a ta ann a'm' fhair-cachduinn ; agus gur sradan d'am f'hadaidh féin a ta agam ?

An deigh an eagail churamaich a ta dusgadh chum aire dhichiollaich, bu choir da so bhi ghnath annad : ach bi air t'fhaicill bho eagal traileil a mhi-chreidimh ; uime sin an uair a sheinneas tu cliu Dhe na dic huimhnich gu h-aithghearr obair iongantach, mar rinn na h-Israelich bho shean, Salm. evi, 12, 13,

2 Na tilg air falbh do dhochas. Tha comharan graidh Chriosd agad mar gheall air a sheasmhalachd an uair nach'eil e lathair maille riut. An uair bha Asaph ann an amharus thuirt e, "cuimhuichidh mi caochladh deis-laimhe an Ti 's airde, gu cinnt-each cuimhnichidh mi 'iongantais bho shean." Sal. lxxvii. 10, 11. Nach do reub an t-Uan a bh' iar a mharbhadh brat roinn an eas-creidimh, agus nach d'f hosgail e an leabhar a bh' iar a sheuladh, agus nach d'f heuch e dhuit, gu soilleir, mu-n Athair? Nach do chuir e riamh seula air a ghradh dhuit le aon ghealladh? Nach d'f huair thu riamh buaidh thar aon ana-miann? Nach do thog e riamh solus a ghnuis ort an uair a bha duil agad ri sgrios, iar dhuit bhi iar do thogail, mar gu-m b' ann a broinn ifrinn agus iar do chuir ann an uchd Dhè? C'arson a ta thu mar so gu mi-chiatach agus neo-thaingeile a' dichuimhneachsdh an la anns na shaor an Tighearna thu, cha, b' ann bho aon, ach bho t-uile eagalaibh. An sin shuidh thu fo sgaile Chriosd le mor thlachd agus bha' mheas milis do d' bhlas. An sin b'e a bhratach thairis ort gradh. Au sin b' urradh thu a sheinn, is leamsa mo ghradh agus is leis-san mise, O airde agus doimhne, fad agus leud graidh Chriosd do m' anam, tha e dol thar eolas! Nach urradh thu cuimhneachadh air an la anns an d'thainig Criod a leum thar na beanntaibh, agus a' cruijan leum thar na cnuic

a dh'ionnsuidh t'anam fann. An sin labhair t-aon ghraidih agus thuirt e riut. Eirich mo ghradh m'aon sgiamhach thig leam, oir feuch tha 'n gearmhradh iar dol seachad ; tha'n t-uisge thairis agus air falbh. Na biodh sòlasan Dhe beag leat. Smuainich air am do cheud cheangail pòsaidh an uair a rinn Criod e fein aithnichte dhuit, agus a dh'fogail e gaol siorruidh a chridhe dhuit, an uair a bha thu ann an cor bronach agus aonarach— an sin tharruing e leis do chridhe. Bha do ghradh an sin laidir mar am bas, agus cha b'urradh moran uisgeachan, a mhuchadh ; an sin b'e do chainnt. “ Cumaibh suus mi le cornaibh, thugaibh sòlas dhomh le ubhlaibh, oir tha mi lag le gradh : an sin thilg gradh iomlan a mach eagal, agus le solus ghluais thu troimh an dorchadas. Cuimhnich air na laithibh bho shean, an uair ghabbh thu fois do t'anam sgìth ann a' għairdeinibh bitħ-bħuan, a' deanamh aoibhneas ni 's mò na fear buaidh, thar a pheacadh agus an lagh, am bas, ifrinn agus an diabhol trid Criod a għradhaich thu. Ambaire air Criod lan a chreutair bhochd f'holamh ; pillidh do Tighearn' a ris, cha tilg e uaith gu brath. Rùnaich maille ri Iob Ged mħarbh e mi, earbaidh mi as. Mar an ceudna bitħidh e dhomhsa chum slainte, Iob xiii. 15. Dh' f'hoillsich an Tighearn e féin dhomh bho shean ag radh, “ Seadh għradhaich mi thu le gradh siorruidh, uime sin le caoimhneas

graidh rinn mi do tharruing." Ciod ged tha minis an dorchadas, an doimhne, agus 'san t-slochd is ilse, cosmhuil riusan a ta marbh san uaigh, air nach 'eil cuimhne aig Dia ni 's mò, gidheadh nach 'eil e taisbeanadh iongantais do na mairbb? aithnidh an Tighearn a chaoimhneas graidh anns an la. Bheir e mi mach a chum an t-soluis, agus chi mi fhir-eantachd.

Ged tha thu nis aigimeachd gu brònach a dh' easbhuindh na greine, gidheadh fan ann an Criod le cumhachd Dhè a thog bho na mairbh e; dealraichidh an la, agus teichidh na sgaile air falbh ; dealraichidh tu mach, bithidh tu mar a mhaduinn, eirigh do sholus ann an dorchadas, agus bithidh do dhorchadas mar inbeadhon an la ; bithidh an Tighearna na sholus slorruidh dhuit, agus thig crioch air laithibh do bhròin. Guidh air son searragan nuadh chum a 's gu'n cum iad am fion nuadh aig ath-philleadh do Thighearn. Tha cuis chonnsachaidh aig an Tighearna an aghaidh moran san tir so, eadhon d'a chloinn ghradhach, ullamb r'a dhortadh, airson am mi-chreidimh agus am meadh-blathad.

3. Thoir fainear criochan áraidh an Tighearn ann a tharruing air falbh ; is ann an gradh rinn se e, chum a theagasg dhuit a bhi beo le creidimh ann an Criod, agus cha'n ann air na nitibh a tha thu mealtuinn ; chum gu'n leigeadh tu do thaise air

t-aon ghraidh 'san fhasach. Nam feoraicheadh neach de Phòl. cia mar a bha e maille ri anam; faic am freagairt, Gal ii, 20. "A bheatha tha mi nis a' caitheadh san fheoil, caitheam i troimh chreidimh mhic Dhe," Ged ghluaiseadh tu 'san dorchadas agus thu gun solus agad, gidheadh tha e 'g aithneadh dhuit earbsa ann, agus do thainice a leigeal air Dia, "Is beannuichte esan nach f hacá, agus gidheadh a chreid." Eoin xx. 29.

Ach tha neach eil ag radh, is neach a chùl-sleamh-nuich mise, agus tha 'n Tighearn ann an ceartas a' folach a ghnuis uam.

Is mor an t-aobhar misnich a bhi toirt fainear cridhe Dhe agus Chriosd do thaobh a chloinne 'nuair a ta iad a' cùl-sleamhnachadh uaith, tha so ri fhaicinn ann an gairmibh lionmhòr an t-soisgeil, agus geallannaibh mathanais, agus leigheis a ta iar an tabhairt do anamaibh iar am buaireadh, an uair a ta iad air seachran, agus iar an tilgeadh a mach a sealladh Dhe. Leugh, Isai, liv. Ier, iii. agus xxx, agus xxxi. Hos. xiv. Luc. xv.

Ach is dochá gun abair thu fodh chumhachd buairidh, air chinnte is fearr dhomhsa mi féin a sgrios, na bhi beo mhain a chum mo dhamnadha chur am meud. Tha mi iar mo dhiteadh a cheana. Chuir Dia suas mi mar chomhara air fheirg; c'arson a bhithinn beo ni 's faide anns an doruinn so?

Thoir an aire bho pheacaibh a ta lot an anam, agus air eagal gu'n teich thu air falbh bho Chriosd le mi-chreidimh an deigh dhuit tuiteam anna, Tha cuid a' peacachadh an agbaidh soluis, agus an sin, an aite teicheadh chum fola a chrathaidh, tha iad a dol ni 's faide air falbh le mi-chreidimh, na chaidh iad le'n cùl-sleamhnachadh chum peacaidh, agus tha iad ag altrum smuaintean cruaidh mn thimchioll Dhé agus Chriosd ; ann an ardan an cridhe, is fearr leo ionnsuidh a thoirt air ceum an-earbsach a gabhail, na geilleadh do fhireanteachd Dhe, agns tuiteam sios aig cosaibh Chriosd, aig am bheil a lamhan sgaoilte mach chum gabhail ris na peacaich is mo.

2. Nam biodh tu ad luidh iar do scaldadh ann an losgadh siorruidh, mheasadh tu e na throcair mhor, a bhi mach a ifrinn aon uair eile. Cha'n eil aon an sin a ghabhas truas dhiot, na bheir boinne an uisge dhuit chum do theangaidh fhuarachadh.

3. Ged tha do staid a nis muladach, na cuir as duit fein ma dheonaicheas Dia dail dhuit anns an t-saoghal, An uair a bhuairear thu chum thu fein a mhilleadh tha mi a' toirt aithne dhurachdach dhuit thu chuimhneachadh gu'n do thoirmisg Dia e, ag radh, "*na dean mort.*"

4. Na rach a mach ann do neart fein ann an

uair a bhuaireadh. Amhaire air Criosd, agus dean greim air san a ta comasach do gbleidheadh bho thuiteam. "Chuir an Tighearna cuideachadh air aon a ta cumhachdach."

5. Na tabhair aite d'an diabhol. Na biodh eagal ort fantuinn ann do gbairm ; gheall an Tighearna do gbleidheadh ann ad uile shlighibh, sgus bithidh aithne air a thoirt d'a ainglibh mu d'thimchioll.

6. Tha thu ann am mearachd mhór le smuaineachadh nach 'eil staid ann cosmhuil ri do staidsa ; oir cha do thachair deuchainn air bith riut ach an ni a ta cumanta do dhaoinibh. 1 Cor. x. 13. Bha lionmhoireachd de chloinn ghradbach Dhe iar am bualadh leis na buairibh cheudna bho ifriun, ged tha thusa am beachd gu'm bheil do chor gun choimeas, agus bha iad iar an saoradh uapa, agus a mi-chreidimh, agus bha an uile bbriathran cruaidh nan aghaidh fein, iar am faotainn a mach bhi nam mearachd,

7. An uair tha thu iar do bhuaireadh chum peacaidh, teich a dh'ionnsuidh a gbeallaidh sin. Isai. liv. 17. Cha soirbhich inneal air bith a' dhealbhar a't'aghaidh. Bruthaidh Dia na sith gu h-aithghearr Satan fuidh do chasaibh. Tha Dia dileas nach leig dhuit bhi iar d'fheuchainn thar do chomas, ach nī, maille ris an deuchainn slighe dol as mar an ceudna þum gu'm bi thu comasach air a ghiulan.

Tha eagal orm, deir neach eile, gu-m failnich mi
ann an uair deuchainn.

1. Tha'n t'eagal diadhuidh na ghleidheadh son-
ruichte, iar a ghealltuin anns a chumhant nuadh,
an aghaidh uile bhuairidhean chum peacaidh agus
tuiteam air falbh. Ier xxxii. 40.

2. Dean faire agus urnuigh do ghnath, a chum
gu measar thu airidh air dol as bho na nithibhse
uil' a thig, agus seasamh an lathair Mbic an duine.

3. Na rach a mach ann do neart fein, oir is e an
Dia siorruidh do dhidean, agus fodhad tha ghair-
deanna bith-bhuan. Bi-sa n'ad fhear comhpait
de thrioblaidibh an t-soisgeil, trid cumhachd Dhé
bi laidir anns a' ghras a ta ann an Iosa Criod.
Amhairec ri Criod chum do neartuchádh leis an
uile neart, a reir a chunihachd ghlormhoir chum an
uile fhoighidin, agus f had-f hulangais, maille ri
gairdeachas. "Chraidih na fir-bhogha gu geur
Ioseph, agus thilg iad air, eagus dh'fhuathaich iad
e; ach dh'fhan a bhogha 'na neart, agus rinneadh
gairdeana a lámh laidir le lambaibh Dhé
chumhachdaich Iacoib." Gen, lix. 23, 24.

4. Focal Dé is focal dearbhta e. Feuch an
neul mor de fhianuisibh bho thoiseach an t-saogh-

ail gus an la'n diugh, uile a' cur an seula ris gu'm bheil Dia firinneach ann a bhi a' coimhlionadh a gheallann a ro-mhor agus luachmhор.

5. Faic gradh iongantach Chriosd ann a bhi fagail a chathair glóire, agus uchd Athar, agus a bhi iar cheangal ris a chrann-cheusaibh ann do naduir-sa, a giulan feirge Dhé air son t-uile pheacanna uambasach : co-eignichidh so thu chum Dia a leantuinn gu h-iomlan, chum an t-Uan a leantuinn cia b'e taobb an teid e, agus chum fantuinn maille ris ann a bhuaireadh. Amhaire ri Criosd chum gu-n dortadh e a ghradh ann do chridhe le spiorad. Tha gradh laidir mar am bas : cha-n urradh morain uisgeachan gradh a mhuchadh, ni mo's urrain tuiltean a bhathadh.

Deir aon eile, tha mise bho chionn fhad iar mo bhuaireadh chum peacanna graineil agus sgriosail ; gu cinnteach is cealgair mi ; bha mo bheatha mar ifrinn air an talamh.

Earail. Cha bu mhath leam gu-m mealladh cealgair air bith a ta gabhail tlachd ann an peacreibh uaigneach e fein le so, a bhi toirt a chreidsinn air fein nach'eil ann a pheacreibh a ta riaghlaibh os a cheann ach anmhuinneachd, do bhrigh gu-m bheil a choguis 'ga leon an deigh dha am peacadh a chur an gniomh.

Teich a dh'ionnsuidh fola Chriosd a chum cionta do pheacaibh a ta mar an scarlaid a ghlanadh air falbh ; agus bithidh faireachduin air gradh mathanais Dhé iar a sgaoileadh ann do chridhe, na mheadhon eifeachdach a chum do ghleidheadh o philltinn air t'-ais chum amaideachd. Tha so sòilleir o inbhothachadh Phoil. Gal. ii. 20. Is e bhi 'g anfhare air Criosd iar a cheusadh air son do pheacanna, agus do chùl-sleamhnaichda, an cuid-eachadh is fearr a chum thusa bhi iar do cheusadh maille ris, agus a chum gu'm biodh corp a pheacaibh iar a sgrios ; dhearbh na Corintianaich gu'r ann le bhi 'g anfhare, mar ann an sgathan air gloir an Tighearn, is e sin, saibhreas gráis agus mathanais Dhé trid fola Chriosd, a bha iad-san iar an cruth-atharrachadh a chum an iomhaigh cheudna. 2 Cor. iii. 18.

Ni taisbeanadh air gradh mathanais Dhe do chosigneachadh ; is e so am beachd a bhios agad. Ma huair Criosd bas air do shon an uair a bha thu ad amhaid, uime sin thusa tha beo, cha bu choir huit o so mach a bhi beo dhuit fein, ach dhasan a' hasaich air do shon, agus a dh'eirich a ris.

Ma dh'fhoillsichear gras Dhe tha toirt slainte huitsa, teagaisgidh e dhuit mi-dhiadhachd gus ana-mianna saoghalta aicheadh ; oibrichidh e

aithreachas soisgeulach annad; leaghaidh e do chridhe reota chum gu'n cuimhnich thu do shlighe agus gu-m bi amhladh ort, agus nach fhesgail thu ni's mò do bheul a bhrigh do mhaslaidh, an uair a chi thu gu-m bheil Dia reidh riut air son gach uile ni a rinn thu Esec. xvi. 63. Uime sin an deigh dhuit tuiteam ged robh do chridhe marbh agus gun tuigse, gidheadh dean cabhag a dh'iomnsuidh Chriosd le rughadh gruaidh, oir tha esan iar ardachadh a chum aithreachas agus mathanas peacaidh a thoirt, Gniomh. v. 31. Creid ged pheacaich thu gu-m bheil fear-tagraidh agad maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean, a ta beo gu brath a chum eadar-ghuidh dheanamh air son nan ciontach. Bi sealltuinn suas ris-san air son t-uile uireasbhuidhean a dheanamh suas duit.

An deigh dhuit peacachadh na teich ni's faide bho Dhia le mi chreidimh, na rinn thu le do chùl-sleamhnachadh. Na spiòn do bhunait as a freamh-aibh air ball. 'Se so aon de innleachdaidh Shatain, air tùs do mhealladh a chum peacaidh agus an sin do shith a mhilleadh, do chradh agus do chuir air seachran, agus do thoirt air falbh bho t-oibre agus t'f heumalachd do Dhia. Feudaidh morau pheacanna aobhar irioslachd a thoirt dhuinn, ach cha-n'eil iad a' toirt aobhar dhuinn chum dail a chur ann an gnethuchaibh ar slainte.

3. Imich à mach ann an neart Chriosd agus bheir thu buaidh fa dheoigh. Is e aon aobhar air son ar tuiteam ann an uair a bhuiridh, gu'm bheil sinn a' dol a mach ann an neart a' ghrais a fhuair sinn a cheana. Uime sin bi beo an combnuidh ann an dearbhadh agus fuidh fhaireachduinn air do neochomas chum cur an aghaidh a bhuiridh a's lugha, agus fuirich ann an Criosd anns am bheil gach uile iomlanachd a' gabhail combnuidh.

4. Bithidh e na ghradh air leth bho Dhia, matharas, trid tilgeadh steach nan saighdean teinteach so, agus buairidbean eile, gu'm bi thu iar do ghleidheadh ad dhuisg bho bhi meadb-bhlath, agus bho spiorad suain agus suaimhneis, am peacadh a ta do ghnath a' leantúim uair a' bhuiridh so, agus tha buadhachadh gu mor araon anns na naoimh, agus anns an t-saoghal, a dh'ain-deoin air gach freasdail dusgaidh, a reir mar a dh'innis Criosd roimh-lainh. Matt.xxiv. agus xxv.

5. Theagamh gu'm mair do bhuaireadh feadh uile laithean do bheatha. Na biodh fadal ort comor air son saorsa, 's a bbios ort, air son neart a chum cuir 'na aghaidh; tha sinn gu minic ag eigheach air son buaidh bho'r leisg, uime sin, tha'm buaireadh iar f lagail again fathast; Thoir an aire do'n fhreagairt a thug Criosd do Phol. 2 Cor. ii. 7—9.

Cha robh saorsa ann o'n sgolb na fheoil, ach so; "tha mo ghras foghainnteach air do shon, oir tha mo neart ionlan an do laigse." Bi cinnteach de'n ni so, nach bi aig a' pheacadh tighearnas os do cheann, do bhrigh nach'eil thu fuidh an lagh ach fuidh riaghluidh grais; agus gu-n toir Dia cumhachd dhuit an uair a ta thu fann, agus gu'm meud-uich e do neart an uair nach 'eil cumhachd agad.

Isai. xl. 29. Agus ann an creidimh nan geallanna ionlan a choisinn Criod le fhuil, gabh misneach; agus dean uaill ann ad anmhuiinneachdaibh do bhrigh gu'n gabh cumhachd Chriod fois ort. "Na dean aoibhneas tharam O mo namhaid, oir ged thuiteas mi, eirigh mi a ris; an uair a shuidheas mi an dorchadas, bithidh an Tighearna na sholus domh."

Dean gairdeachas ann an Criod trid an d'fhuair thu buaidh a cheana air an t-saoghal, agus am bheil thu iar do thogail maraon ris, agus a suidh maraon ris an ionnadaibh flaitheal ann an Iosa Criod. Cog an aghaidh a' pheacaidh, an t-saoghail, an lagha, a' bhais, agus cumhachdan an dorchadais, mar ann an aghaidh naimhdean iar en toirt a chean fo chis. Guidh le creidimh air son sin a cheannuich Criod.


Rom. v. 21. Mar rioghaich am peacadh a chum bais annadsa, gu'n rioghaich gras a nis trid fireantachd chum na beatha maireannaich. Dean aoibhneas ann an earbsa na beatha shiorruidh, far am mò an gabh thu a dh'iongantas ri cumhachd agus

gliocas Dhé, ann a bhi treòrachadh agus a cumail suas cnuimheag bhochd anmhunn trid a' leithide a threigsinnibh, agus a bhuaireibh, agus a shlighibh cham, na ged' bheireadh e thu air slighe réidh chum gloire Dhasan a bhuaidhicheas bheir mise, deir Iosa, comas suidh sios maille rium air mo righ-chathair, eadhon mar thug mise buaidh, agus tha mi iar suidh sios maille ri m' Athair air a righ chathair. Dean urnuigh air mo shonsa a ta gu minic iar mo dh'fheuchain le corp anmhunn, agus le cogadh as an leth a stigh. "A nis dhasan tha comasach sinn a gleidheadh bho thuisleadh, agus ar taisbeanadh neo-lochdach an lathair a ghloire le aoibhneas ro mhór; do'n Dia ata amhain glic ar Slanuighear gu robh gloir agus moralachd, neart agus cumhachd, a nis agus air feadh nan uile linn."

Amen.

CRIOCH.

MEARACHDAN A CHLODH-BHUALAIDH.



Taobh.	Sreath.	Airson.	Leugh.
9	15	am deigh so	an deigh so.
10	17	scriobte	scriobhle.
12	2	Eion	Eoin.
13	20	Ach thn	Ach tha.
—	21	gu-a	gu-n.
—	27	machuireas sinn an ceil co laidri	ma chuireas sinn an ceil co laidir.
14	2	manochdas sinn	ma nochdas sinn.
—	19	chrdhe	chridhe.
16	9	claon-bhrieth	claon-bhreith.
19	5	dbth	dbeth.
31	28	coichionn	coitchionn.
46	1	Crisod	Criosd.
58	2	Crisod ann ad Dia	Criosd ann an Dia.
59	22	pnncail	puncail.
64	26	a ta sin ag radh	a ta sinn ag radh.
70	7	sa e-fein	se e-fein
96	20	O ! Aman	O ! Anam.
105	20	t' aitheantaibh	'aitheantaibh.
111	18	dichuimhneachsdh	dichuimhneachadh.



